

AN SGEULAICHE.

LEABHAR III.

AN T-EARRACH, 1911.

AIREAMH

J. C. VICKERY

179, 181, 183 Regent St., LONDON, W.

Ceard Usgralehean agus airgid do'n Charaid Rìoghall.



**AIG VICKERY
THA
UAIREADAIREAN
AGUS
USGRAICHEAN-
BRAGHAID.**

Air. q 2988.

Uaireadair air a dheiltreadh le airgead agus enamel de'n fhiamh is eibhinne de ghorm, de chorcur agus de ghlas; maille ri slabhraidh braghaid fresgarrach dha.

Anabarrach saor air £2 12s 6d

Air. q 2990.

Uaireadair Cruinn air a dheiltreadh le airgead agus enamel de'n fhiamh is eibhinne de ghorm, de chorcur agus de ghlas; maille ri slabhraidh braghaid fresgarrach dha.

Anabarrach saor air £27 18s. 6d.



SAOB. LEIS A'PHOST AIR 1/9 'SA BHLIADHNA.

J.C.VICKERY

J.C.VICKERY

**Fiorghlan !
Fiorghlan !
Sar-fhiorghlan !**



Cha'n) fhaodar sealltainn air SALANN CEREBOS gun bhi cinnteach gu'n deach a dheanamh le mor churam agus le suil ri fiorghlaine.

Theid an sugh as an deanar e — eadhon an t-aileadh bhios mu'n cuairt air—a ghlanadh; agus theid a chur an taisgeadain stoin nach leig a steach an t-aileadh, a chum 's gu'm bi e glan ur nuair a theid a chur gu feum. Sud e

Salann Cerebos

24
Rth Henderson Mac Phaulay
DEAN DE OBAIR-SHLAT, FEUMAIL AN GARADHEAN




SGATH-THIGH WINDSOR.

an cathrach agus combdach de chaineb stiall-dhathte, air 55/-, 63/-.



Air ar sarrachadh leis an rìgh.



PAILLIUNN HENLEY.

Meud 1 (le combdach de chaineb stiall-dhathte), air 29/6; Meud 2, 35/6; Meud 3, 45/-.

Lan ionradh air prìcean agus air gach nì, saor leis a' phost.

Cathair-Sinteach de Shlatan 'Cane' (a reir an dealbh) le cui a ghabhas atharrachadh agus cas a ghabhas sìneadh a chum na casan a ghluian. An meud beag, 25/-; Meud is mo, 32/6.

Cùirear ionradh le dealbhan saor leis a' phost dh' fonnuidh neach air bh'.

GLAS LTD., BROAD STREET, READING

GACH GOIREAS A THA DHITH AIR PIOBAIRE.



MA tha Piob a dhith ort a bhitheas math gu ceòl, agus eireachdail air gach dòigh, so far am faigh thu i:

Ma tha toil agad do Phìob a chur an gleus, fàg an so i agus gheibh thu air a h-ais i fo làn uidheam, deas air son a séideadh.


Tha Pàruig MacEanraig, 24 Sràid Renfrew, an Glaschu, a' cumail gach leabhar ciùil airson na Pioba, cho math riobainean is breacan de gach seòrsa is dath.

Gheibh thu an so Deise Ghaidhealach agus gach nì a bhuineas dhi.

P. HENDERSON,

BAGPIPE MAKER AND HIGHLAND
COSTUME OUTFITTER,

24 F Renfrew St., Glasgow.



GUAL

ga reic air mheud luchd-
feun, no air mheud luchd-
luinge bige, air prìcean
mor-luchd.

MAXWELL M. HART,

34 ST. ENOCH SQUARE,

GLASGOW.

FIOR
**PHEILEAN
WIDOW WELCH.**

deanta le
C. is G. KEARSLEY.

So an leigheas is eifeachdaiche agus is ealaimhe a th'ann air son nam mnatha.

Bhuidhinn iad bonn-teist air sgath am mor fhu aig Exhibition Tasmania, 1891.

Tha corr is ceud bliadhna nis o na chaidh am faghiln am mach, ach tha an ollu mor anns gach alte fathast. Cha'n' eil ann a tha toirt barr orra so a chum euslaintean nam mnatha a leigheas. Tha gach lighiche is fhearr na chelle gam moladh air fad.

Gheibhear r'an ceannach iad aig luchd-reic nan cungaidh-leigheis air 1/1 1/2 is 2/9 am boosa, no air 1/2 is 2/10 am boosa, saor leis a' phost, aig **Catherine Kearsley** (Dept. S.E.), 42 Waterloo Rd., London, S.E.

Guth na Bliadhna.

Chaidh Aonghas Mac Aoidh, Leabhar-reicear an Struibhle, a shònrachadh gu bhi 'na fhear-foillseachaidh do *Ghuth na Bliadhna*, agus is e esan a chuireas am mach an Leabhran ràitheil dà-theangach sin 'na dhéidh so. Thàtar ag ràdh gu'm bi an leabhran air a ghiulan air aghaidh air a' cheart mhodh 's air a' cheart bhonn sin a thug cliù cho mór da anns an aimsir a thréig, ach thàtar ag ràdh, mar an ceudna, gur àrd an dùil a th' aig luchd-seilbh a' *Ghutha* gu'm bi an t-atharrachadh cudthromach so chum leas is — rath an leabhraim. —

THOIR AN AIRE DHA SO!

Anns an àireamh fa chomhair an ràithe th'ann, gheibhear dealbh daite gu math ciatach air a' chruth sin de'n deise Ghàidhealaich ris an abrar gu cumanta 'Deise na Cùirte,' no'n 'Deise Chiomh-lionta'.

Bu choir do gach neach a tha cur ùigh anns an Deise Ghàidhealaich samhladh air an àireamh so de *Ghuth na Bliadhna* a bhi aige. Cuir fios air son fir an diugh féin, matà, gu

AONGHAS MAC AOIDH,

1/2

saor leis
a'phost.

43 MURRAY PLACE,

STRUIBHLE.

1/2

saor leis
a'phost.

No ma's fear-aiteachaidh Ghlaschu thu-sa, faodaidh tu samhladh fhaighinn le dol thun a'bhuth aig A. Mac-Labhrainn, 360-362 Sraid-nan-Earraghaidheal.

THE REMEDY OF KINGS



A further mark of Royal Appreciation has again distinguished PHOSFERINE by the bestowal of a

**ROYAL WARRANT
TO SUPPLY
PHOSFERINE**

TO

**His Majesty
THE
King of Spain**

THE ROYAL EXAMPLE

Phosferine is used by the Royal Families of Europe, thus assuring every user of Phosferine that this famous tonic is highly commended by the greatest living physicians.

PHOSFERINE

HAS BEEN SUPPLIED BY

ROYAL COMMANDS

To the Royal Family | The Imperial Family of China
H.I.M. the Empress of Russia | H.I.M. the Dowager Empress of Russia
H.M. the King of Greece | H.R.H. the Crown Princess of Roumania
H.M. the Queen of Roumania | H.I.H. the Grand Duchess Serge of Russia

And the Principal Royalty and Aristocracy throughout the World.

PHOSFERINE

THE GREATEST OF ALL TONICS

A PROVEN REMEDY FOR

Nervous Debility	Sleeplessness	Premature Decay	Neuritis
Influenza	Maternity Weakness	Neuralgia	Hysteria
Indigestion	Mental Exhaustion	Lassitude	Brain-fag

And all disorders consequent upon a reduced state of the nervous system.

Bottles, 1s. 1½d., 2s. 9d. and 4s. 6d.

Sold by all Chemists, Stores, &c. The 2s. 9d. size contains nearly four times the 1s. 1½d. size



Bu choir Quaker Oats a thoirt do'n chloinn da uair 'san latha

Taitnidh e riù agus bithidh e a chum buannachd mhòir dhaibh.

Chaidh fheuchainn 's a dhearbhadh air cloinn-
sgoile nach 'eil ni a bheir bàrr air Quaker
Oats a chum spionnadh, feòil is féithean a
dheanamh 's a chumail suas.

Thoir an aire dha so: Ged tha sin mar sin,
ceannaichear uiread 's a lìonas dà fhichead
trìnnsear de Quaker Oats air sè sgillinn.

Deasaich a rèir an t-seòlaidh a tha air a'
phasgan.



AN TIGH-GNOTHAICH GAIDHEALACH,

60 RENFIELD STREET, GLASGOH.

R. G. LAWRIE.

FEAR-DEANAMH PHIOBAN-MORA.

DEISEACHAN GAIDHEALACH AIR SON FHEAR IS CHIOLLAN.

Gheibhear breacain is suaicheantais nam Fìneachan Gaidhealach uile air
laimh agam, agus ma tha dad dhiubh so a dhith orm
gheibhear r'an ordachadh iad.

CLAR-PHRISEAN GA THOIRT SEACHAD A NASGAIDH.

TIGH-OBAIR, 63 SRAID IAIN.



DE DHEANADH TUSA

NA M MOTHACHIDH TU

Gaduiche san tigh?

Thilginn air le

Dag 'Ded-les'



C'ar son "DED-LES"?
A chionn gu'n cuir an toth
a thig as an dag sin, nuair
loisgear e, an gaduiche an
neul fad chòig mhionaidean,
gun dochunn sam bith a dhèanamh air a
shlàinte; agus, le sin, faodar a ghlaadh gun
an spàirn is lugha. Bu chòir fear de na
dagan sin a bhi aig gach fear-tighe, gach
fear-siubhail, gach fear-faire, agus gach neach
a tha an cunnart roimh luchd-fuadain no
beathaichean borba.
Gheibhear e air a phasgadh gu cruinn,
maille ri 10 cochuill-chungaidh, air 7/6;
agus cochuill-chungaidh a mhàin air 2/6
an dusan.

G. WATSON & CO.,

69 JESSEL CHAMBERS,

88 Chancery Lane, LONDON, W.C.

Ged bhios speuran a' taomadh,
Cha tig smal air mo chridh;
IS UISGE BLATH 'S MUSTARD
A' feitheamh orm fhin.

LEANN-UBHLAN LE WHITEWAY.

"Cho math ri Fhion gun a dhaoiread."
"Na's fearr na Beòir gun bhì cho trom air a' ghoile."

Leanntan-Ubhlan Gucagach am Botuil.

De gach fas a bh'anns na deich bliadhnaichean mu
dheireadh, agus iad gun chungaidh-ghleidhidh chronail
annta.

Air prìsean bho 7/6 gu 27/6, gach dusan cairtean;
agus bho 4/- gu 15/- gach dusan pinnt.

Leanntan-Ubhlan Bog, as a'Bhotul.

Cho math ri iomadh gnè de Fhion Hock no Moselle.
Air prìsean bho 8/- gu 20/- gach dusan cairtean;
agus bho 4/6 gu 12/6 gach dusan pinnt.

Leanntan-Ubhlan, as a'Bhuideal.

Gheibhear buidealalan fghalan agus na 's mò r'an
ceannach.
Air prìsean bho 1/3 gu 1/9 gach salan, Milis, Meadhon-
ach no Searbh.

"CYDRAX."

So deoch nan uaislean stuama. Chaidh a mholadh leis
a Bhaintighearna H. Somerset, agus leis an Ard urran-
ach Deaghan Wilberforce (Ministear do Thigh nan
Cumanta), etc.

Air prìsean bho 6/6, gach dusan cairtean; bho 3/6
gach dusan pinnt, agus 2/6 gach dusan drùdhag.
Clàr iomlan nam prìsean a nasgaidh do gach neach a
dh' iarras e.

H. WHITEWAY & CO., Ltd.,

Whimble, Devon, England.

AM MUSTARD AIG COLMAN

LAN SPAINE NO DHA

AIR A CHUR 'SAN AMAR-FHAILCIDH,

'S e dh' uraicheas call
'Sa choluinn bhios sgith,
Aig deireadh an la.

Am Bheil Beart-labhairt Agad?

Comhairle saor
bhuamsa.

Mur a h-eil, cha'n aithne dhuit an t-aoibhneas agus an toil inntinn a bheir
beart-labhairt math do neach. Bidh mise a cur beartan-labhairt air feadh
an domhain mhòir, agus iad air am pasgadh gu cùramach agus air an urras-
achadh an aghaidh call.

Air prìsean bho 23. Iarr lomradh orra ormsa.
Ma tha Gramophone agad d'am foghainn am brod eagach, leig dhoinhsa
brodan eagach a chur chugad. Tha iad agamsa gu lìonmhor agus de gach
gnè. Leigear air iasad, g'am feuchainn, iad do chèarn air bith 'sna
h-Eileanan Breatunnach. Sgrìobh chugamsa an duigh féio.

**DAWSON GOODEY, 24 LEGARD ROAD,
LONDON, N.**



UISGE-BEATHA



Air an sonrachadh
Le Rìgh Seorsa V.

AN EICH BHAIN

Aosmhor, Blasda, Fallan Gasda.
Togaidh e solas, Leagaidh e dolas.

'S GUR FIOR MHAC-NA-BRAICH E.

MACKIE & CO., DISTILLERS, LIMITED.

Air an suidheachadh 1742.

TIGH-TOGALACH LAG A' MHUILINN

'SAN EILEAN ILEACH.

Solasan na Piob-Thombaca

Coimeasgadh "Two Hours," 5sg. an t-unnsa
Fionnar, Fàlleanta, Fìorghlan.

Coimeasgadh "Alderwood," 5½sg. an t-unnsa
'Na trì cumhachdan. Toradh na h-oidhirp mu dheireadh
a shoirbhìch leinn.

Coimeasgadh "Luntin," - 6½sg. an t-unnsa
'Na trì cumhachdan. An coimeasgadh a shuidhich ar eil.

Coimeasgadh "The Mound," 1/4 an dà unnsa
Air a dheanamh leis na dulleagan is fhearr a ghabhas faotainn.

Faodar an ceannach bhò na Reiceadairean Tombaca is fhèarr a th'ann; ach
ma's duilich dhuit do riar fhaighinn, cuir chugainn dealbhainn postachd a réir
luach na tha dhìth ort, agus cuiridh sinne gad ionnsuidh sampulan air am faod
thu do roghainn a dheanamh.

THOMSON AGUS PORTEOUS, DUN-EIDINN.

AN SGEULAICHE

An T-Earrach, 1911.

1. AN SGEUL GOIRID,.....*Le Calum Mac Phàrlain* 1
2. THALL 'S A BHOS.....*Le Iain Mac Cormaic* 26
3. BUAIDH LEIS NA SEOID..... 49
4. GAOL A' BHAIRD.....*Le L. M. V.* 52
5. CLANN AN RÌGH FO GHEASAIBH..... 65
6. NA SEANGANAN.....*Le Ruaraidh Arascaim is Mhàirr* 85
7. MOID NA CLOINNE.....*Le I. N. M.* 98

Ma 's miann le neach fios a chur uaithe mu nì air bith a bhuineas do'n SGEULAICHE, seach na sanaisean-malairt is malairt an leabhraim, cuireadh e thriall e air An Fhear-dheasachaidh aig 356-362 Sràid nan Earraghaidheal, Glascho.

Ach, gach fios mu shanaisean-malairt is malairt an leabhraim, bu chòir an cur a dh' ionnsuidh An Fhir-ghnothuich aig 356-362 Sràid nan Erraghaidheal, Glascho.

Bu chòir gach mìr litreachais a sgrìobhadh air aon taobh na duilleig a mhàin, agus sin cho soilleir ri leughadh sa ghabhas deanamh; agus is ceart fìor ainm is sloinneadh an ùghdair a thaisbeanadh air na duilleagan sgrìobhte, eadhon nuair nach miann leis am foillseachadh.

Chan eil Am Fear-deasachaidh a' gealltainn mìr litreachais nach eil freagarrach a chur air ais do'n ùghdair; ach nì e a dhìchioll a chum a ghleidheadh tèarainte sa thilleadh, ma chuireas an t-ùghdair d'a ionnsuidh còmhach-litreach is dealbhan-postachd air.

* * Bu mhath leinn ar leughadairean aig an tigh is thairis bhi a ghnàth cuimhneachail air an luchd-malairt sin a tha deanamh feum de'n SGEULAICHE a chum an gnothuichean a thaisbeanadh do'n t-sluagh. Is math is fhiach iad sin. Agus, cagar, sud aon dòigh, agus dòigh àraidh, air bhi 'g àrdachadh sa cuideachadh na Gàidhlig. Sinibh air, ma tà, 's a choidheche tha bhi aichreachas oirbh.

AM BHEIL SUILEAN GOIRT AGAD?

DO YOU SUFFER
from Sore Eyes?



Ma bhios do shùilean goirt no dearg, no ma bhios ròineagan do ruigs a' tighinn am mach, dochainnidh e t' aogasg gu dona. Bidh tu, a bharrachd air sin, fo anshocair, agus an cumnart sachar is dùradain a dh'ol nad shùilean. Bheir sin cràdh do-fhulang ort, gun ghuth air a' chunnart a bhios ann gu'm bi thu cùirte fad do bheatha.

Bi furachar, faicillench, ma tà, mu na sùilean air neo creanaidh tu air. Creid sinne. Fo e do leigheas:—

SÀBH-SHÙL SINGLETON

(Singleton's Eye Ointment).

Riun e miorbhuilean air feadh 300 bliadhna le bhì fuadachadh droch thoradh an fhuachd, ainteas agus iongrachadh; agus leighis e goirteas-sùil a dh'fhàg a' ghriuthach is am fiabrus-dearg 'nan dèidh, neamhnagan agus galair eile d'am bheil an stùil buailteach.

Gheibhear r' a reic e aig luchd reic cungaidd-leighis, agus am bùithean muinntir eile, air 2/- gach pìgean.

Leig fios do Stephen Green, 210 Lambeth Road, Lunnainn, gur toil leat a leabhran a chum feum an teaghlaichean, air a' chuspair so: "Mar ghabhas fradharc sùil a chòimhead fallan," a eughadh, agus cuiridh e gad ionnsuidh e gu saor.

IS MIANN LEINN

CLAIDHEAMHMAN-MORA, BIODAGAN, DAGAICHEAN

agus gnothuichean air bith a bhuineas do
'n t-Sean-aimsir, a cheannachadh.

Measaidh sinn ni air bith dhiubh sin a theid a chur d' ar n-ionnsuidh; agus cuiridh sin na prìsean is àirde orra; agus sin gun bhì call ùine.

:: Dundas ::

Furniture House

32 Port Dundas Road

(faisg air Ceann-nidhe an rathaid-Iarainn),

AN SRAID BHOCHANAN,

Glascho.

Tha luchd mòr de Stràillidhean Innean-ach air tighinn chugainn, de'n mheud is motha, agus dealbhan sàr-mhaiseach orra. Air 6/6 an t-aon, saor leis a' phost. Tillear an t-airgead mur bi sàsachadh ann.

Na Nithean is feumala do Leanabh

Biadh freagarach d'a chor, aig amannan iomchuidh, aileadh ur, is gu leoir dheth, fìor ghlaime. Se m' biadh is fearr, bainne na mathar. Ach nuair nach foghainteach sin, bu choir :: "Allenburys' Milk Food, No. 1," a thoirt dha; a chionn gu'm bheil e coltach na ghne ri bainne-cich na mnatha, agus a h-uile cuid cho smheirbhidh ris.

The
'Allenburys'
Foods.

Leabhran a' buntainn ri beathachadh
is altrum leanabh ga thoirt seachad
a nasgaidh.

ALLEN & HANBURYS Ltd.

Lombard Street, LONDON.

GALAIR CLEIBH.

Am measg na th' ann de ghalair cleibh no sgambain, 's e An Caitheamh is miosa. A dh' innseadh na firinn, bidh naol neach as an dèich a' saoilinn gur e cliabh lag a th' aca; no gur e an cnatan no casdaich a m' b' a' tha cur orra, am feadh is e An Caitheamh a th' ann. Thig an galar so air aghaidh cho mall, sèapach sin is gu'm bi e oirnn air meud is gur gann a ghabhas e leigheas, eadhon, mu'm bi fios againn gu'm bheil cunnart idir ann. Mar sin, ma thig comharra air bith fo d' aire gu'm bheil greim aig galar sgambain ort, cuir fios air CHARLES H. STEVENS, Lung Specialist, 204 Worple Road, Wimbledon. Is duine esan a thairg a bheatha a dh' iobairt, a dhearbhadh gu'm bheil an t-loc tir a th' aige air A' Chaitheamh, làn fhoghainteach. 'S e a g' n' a' gun fhacal a ràdh riusan a ni taghall aige, mu dhiol no tuarasdail gus am moth- aich is an aidich iad iad fèin a bhì dol am feabhas. Faodar comhairle a chur ris gun dhol, gach latha 'san t-seachdain, saor o Dhi-Sathuirne, eadar 2 agus 3 uairean p.m.

IMPORTANT.

With the February Number of *Guth na Bliadhna* commenced an important series of articles in English, by the Hon. R. Erskine, on the subject of *The Scottish National Dress*. Some years ago Mr. Erskine published "The Kilt and how to wear it;" and now, at the urgent request of numerous friends, he has decided to supplement that popular brochure with additional notes and observations. The series will be illustrated by *modern* drawings, done somewhat in the style of the well-known illustrations of Mac Ian's "Costumes of the Clans." The series will epitomize the latest opinion of advanced Celtic scholarship as to the topic of which it treats, and in view of the great numbers of Scotsmen who take a lively interest in this subject of the National Dress, the series of articles in question is sure of a wide-spread and popular reception.

The Annual Subscription to "*Guth na Bliadhna*"
is 5/-, or 1 dol. 24 cents Post Free

GUTH NA BLIADHNA,
Horse Cross, Perth.

THE 'Highland' Pen

AIG JOSEPH GILLOTT.

Tha miadh mor air a' pheann so a chionn gu'm bheil e
lan airidh air sin.

IS GANN a bha am peann so air fhoillseachadh le luchd-reic gus an robh e soilleir do luchd-sgrìobhaidh gu'm b'e an dearbh pheann air an robh iad an tòir. Bho'n àm sin, dhir agus dhir e am miadh an t-sluaigh; agus is làn dèarbhadh sin nach robh iad air am mealladh 'san dol am mach. Tha am peann so so-lùbte agus bàrr-chocte; agus tha sin 'ga fhàgail furasda dh' iomairt. Cha'n 'eil peann eile ann a ghabhas iomairt cho luath agus le cho beag dragh.

Gheibhear aig luchd reic bathair-phaipeir e.

Cuirear bocsan anns am bi samhlaidhean seorsaichte air na pinn is fearr, saor leis a' phost dh' ionnsaidh neach air bith a chuireas 6d. chugainne:

JOSEPH GILLOTT, 37 Gracechurch Street, London, E.C.

NONSHEDDO

BHO

H. N. WILLIAMS,

282 SRAID BHOCHANAN,
GLASCHO.

Le so faodar stad a chur air tuiteam am mach an fhuil, air sgòtadh nan ròineagan, is air a sìleadh gu làr. Tha e teirt air an fhàil a dh'fhàs gu rò phailt, agus tha e ga neartachadh sa dhòmhlachadh gu mòr.

Saor leis 1/6 air a' phost.

F.C.—Is thoir-fas-air-fuill NONSHEDDO—
chan e reidheadair.

AM BU MHATH LEAT COSDAS DO CHUAIL A LUGHdachadh?
Ma's math leat sin,

Feuch Cungaidd Chaomhnadh Mhor a' Ghuail

Crath beagan de 'n chungaidh so air gual agus bheir e air
bhi na's teoithe agus na 's buaine.

Còmhnan leis aon cheathramh de 'n iomlan.

THA E AIR A REIC AIR 6d. GACH PASCAN; NO DA PHASCAN AIR 1/- SAOR LEIS A' PHOST

Cuir fios air

GOAL SAVING DEPOT, 12 Elms Buildings, Eastbourne

Agus gheibh thu gach fiosrachadh a tha dhith ort.

Siapannan is cotr a bhi agad.

GIBBS'S

COLD CREAM TOILET.

Gibbs's French Dentifrice

Gibbs's Shaving Soap.

Am measg shiapannan de'n gnè féin, cha'n 'eil ann a bheir bàrr orra. A chum a bhi toirt ort am feuchainn, cuiridh sin chugad buill-shampuill diubh air faighinn duinn 2d mu choinneamh costas na postachd, agus ainm an leabhair so.

Is sinne an t-aon luchd-deanamh—

D. & W. GIBBS'S, Ltd.,

City Soap Works, LONDON, E.

Aic HINKSMAN'S

Furlachd o'n Chuing-analach

IOCSHLAINT A SHEAS FADA.

A fhuair dearbhadh agus nach d'fhalinteach riamh. Bheir i faochadh air ball dhalbhsan air am bheil A' Chuing-analach; agus tha mor fheum ann dhalbhsan air am bheil Bronchitis no An Triuthach.

1/- gach pasgan stoin bho luchd-reic chungaidh-leighis; no saor leis a'phost air 1/- bho

J. HINKSMAN, Chemist, Carlisle.
Cuiridh Cairé a' phosta a thriall air, agus gheibh-eas saor dhanlachd air an rud a th'ann.

NIMH NUADH A RUAGADH RADAN.

Cha'n 'eil ach an t-aon seòl cinnteach air radain a sgrìos; agus is e sin le "**Ready Rat Relief**" Virus. Cha dean e dochar air an duine no air peataichean tighe; ach is aobhar bàis cinnteach e do radain is luchagan.

AIR A REIC LE—

'Ready Rat Relief' Virus Co.,

**120 SOUTHWARK STREET,
LONDON, S.E.**

Caise Naoimh Ibhel

Tha'n goirteas a th' anns a' chàise so air fhaotainn, air a' chuid is mò, trid a mheanbh-ghin d'an goirear

Bacillis Bulgaricus Chassol.

Agus mu'n mheanbh-ghin so tha'n t-ollamh Metchnikoff ag ràdh 'na leabhar air "Sineadh na Beatha," mar so:—

"It is the **most useful** of the microbes which **can be acclimatized** in the digestive tube for **the purpose** of arresting putrefactions and pernicious fermentations, such as the butyric fermentation."

Tha Càise Naoimh Ibhel sàr-bhlasda, agus 'na bhiadh fallan. Tha e air a dheanamh an àileadh glan na dùthcha sin Somerset, fo sgrùdadh nan daoine is mò eòlas air a' ghnòthuch.

A chumail na slainte,

Cha'n 'eil biadh a bheir barr air;

'S a dh' aiseag na slainte,

Ith crioman gach la dheth.

Air 6^d gach mulachag bho luchd reic bidh agus bho luchd reic bainne. Sgrìobhte air gach té dhiubh gheibhear ainm an là a dh' fhag i an Tigh-bainne aig Yeovil.

Cuirear samhla de 'n mhuilachag chaise so, agus leabhran a' toirt iomraidh air an Leigheas le Bainne Goirt, saor leis a'phost air faighinn dhuinn fiach 9d de dhealbhan postachd.

APLIN & BARRETT, etc., Ltd., YEOVIL.



**NA ROTH-BHANNAN
SREANGACH PALMAIREACH**

*Tha iad so, gan coimeas beag ri beag, is mor
ri mor, na's domhala na seorsa air bith; agus
le sin moran na's socraiche.*

CAOMHNAR LEO AM PETROL

Cuir fos air leabharan a gheibhear a nasguidh air

THE PALMER TYRE, LTD.,
119, 121, 123 Shaftesbury Avenue.
LONDON, W. C.



AN SGEULAICHE.

An Sgeul Goirid.

(Paipear a chaidh a leughadh mu choinneamh Céilidh nan Gaidheal an Glascho air a chóigeamh là de cheud mhìos a' gheamhraidh le Calum Mac Phàrlain.)

Is e so aimsir nan sgeul goirid. Tionnsgnar iad, foillsichear iad, agus leughar iad 'nam mìltean am measg luchd-labhairt na cànan Shasunnaich. Tha sin a' taisbeanadh gu'm bheil miadh air na sgeòil ghoirid am measg nan Sasunnach; agus rud a ruigeas miadh am measg nan Sasunnach, cha'n fhada gus an gabh na Goill Albannach ris; agus an rud a ruigeas miadh am measg nan Gall, cha'n fhada gus am bi ciocras nan Gaidheal Albannach a' dol am mach chuige.

Is beachd leam féin gur e is màthair-aobhair do'n mhiadh sin a th' air an sgeul ghoirid, meud na cabhaig a th' air muinntir an t-saoghail anns na làithean a th' ann.

**Feoil rag agus cneas min,
maiseach.**

Sin na their gach mathair a bheathaich
a leanabh air bainne agus

**ROBINSON'S
'PATENT' BARLEY**

Thugaibh an aire gu'n do chliùthaich Luchd Tigh-eiridinn Lunnainn agus Luchd an Tigh-eiridinn a tha chum leas Cloinn Euslaintich, Uisge Bha'r Eorna, air a mheasgadh le bainne, mar bhiadh do 'n leanabh nach 'eil bainne cich dha.



Leabhran dhaibhsan a bh' iarras e oirne:
Keen, Robinson & Co., Ltd., London.

MANY LADIES DRINK

common Tea without knowing it, but
the finest lady in the land must realise
when drinking

STUART CRANSTON'S TEAS

that they are not common, but that
they are pure, sweet, and refreshing,
and she need not feel ashamed in these
'Budget' times to economise by using
his blends

at 1/2, 1/4, 1/6, & 1/8 per lb.,

which are a revelation to those who
have not hitherto used them.

Full weight guaranteed without wrapper.
4 lbs. Parcels and upwards (except 1/2 and 1/4)

Post or Carriage Free.

Buy only at—

28 Buchanan Street, Glasgow
(Corner of Arcade)

Cranston's Tea Rooms Ltd.

Seall sibhse. Air an latha 'n diugh, faodaidh duine dol am mach 'sa mhaduinn air turus a ghabhadh seachdain r'a dheanamh ri linn a sheanar, agus bithidh e aig ceann na h-uidhe mu'n dorch-aich an latha. Cha'n e a chionn gu'n téid an t-astar a ghiorrachadh dhà; ach 's ann a chionn gu'n gabh an ùine a b' àbhaist da a ghabhail g'a shiubhal, a lughdachadh le bhi cur cumhachd ùir air cùl na beairt-iomchair.

Is amhluidh, le bhi buileachadh innleachd orra, a théid iomadh obair eile a dh' aotromachadh 's a luathachadh. An àite bhi cur teachdaire air muin eich, mar anns na làithean a dh' fhalbh, le fios-cabhaig gu neach a tha air astar ceithir là deug air falbh, cuirear a nis an teachdaireachd a suas crann air amas an speur, agus thig i a nuas air amas na talmhainn ceudan de mhiltean air falbh mu'n gann a dh' abradh tu, "Bo chugad e!"

Ach ged tha eòlas is ealain cho fad sin air an aghaidh, cha do thionnsgnadh fathast seòl air labhairt no leughadh a luathachadh. Nis, an inn-tinn a bha cleachdte ri beachd a ghabhail air a' mhòr chuid de nithean a' dol air an aghaidh le luathas, is dual dith gu'n glacadh mi-fhoighidinn no fadal i gach uair nach faigheadh i nithean eile a' dol air an aghaidh leis an luathas cheudna. Agus bho nach faodar leughadh is labhairt a luathachadh na's mò na ghabhas iad, 's e 'n t-aon leigheas air a' mhi-fhoighidinn, no air an fhadal sin: leughadh is labhairt a thighinn 'nan codaichean beaga agus gu minic, a roghainn air na blòigh-

ean mòra a b' àbhaist a bhi ann. As an sin tha e ag éirigh gu'm bheil miann leughadairean an latha 'n diugh a' dìreadh dh' ionnsuidh an sgeòil ghoirid. 'S e seal goirid air caochladh cuspair is fèarr a thaitneas riu—amhuil mar a thaitinn am foclair ris a' bhodach: "Tha mòran brìgh ann," ars esan; "ach 's e loinn na cùise tricead 's a dh' atharraicheas e cuspair.

Anns na làithean o shean mu'n d' thàinig am fonn cabhaig so air an duine, an cois cumhachd na toite, bha na sgeòil—seadh, agus na h-òrain féin—fior fhada. Cha b' annas idir sgeul a ghabhadh trì no ceithir céilidhean r'a aithris, no òran a ghabhadh leth-uair no uair g'a sheinn. Ach an diugh, thig cianalas air cuideachd an ceann uair an uair-eadair ri éisdeachd sgeòil no òraid; ni cóig mion-aidean deug an gnothuch air luchd-éisdeachd searmoin—cha'n ionghnadh sin—agus cha'n fhuil-ingear idir òran anns am bi na's mò na ceithir ceathramhan.

Cha'n e fad nan sgeul a mhàin air an d' thàinig an t-atharrachadh so; ach thug caochladh aimsir mùthadh air aobhar is ealain. Air a' Ghalldachd far an deachaidh mi féin àrachadh, an àm dhomh bhi 'nam ghiullan, cha mhór nach robh an sluagh air na seann sgeòil a leigeil a dhìth gu buileach. Bha éibhleag beò an luathre an teine a bh' ann 's a chaidh as; agus còrr uair rachadh an éibhleag sin a shéideadh 's a dh' fhadadh nuair bhiodh cuideachd cruinn—le nighin òig mar bu trice. Ach b' fhìor leibideach, a thaobh aobhair is ealain,

an sgeòil a thigeadh air uachdar anns nan h-amanna ud. Is gann a chuala mi a h-aon diubh nach deachaidh a thoirt gu comh-dhùnadh leis na briathran so: "An they gae'd on and gae'd on till they saw a wee licht; and when they reached the house it was inna; they keekit through the winnock for fear some ill thing might be there; and when they saw naethin' but a clean fireside and big braw bleezin ingle, they lifted the sneck and ga'ed in; and after that they leeved happy a' their days." Bu shuarach iad an coimeas ris na seann sgeòil Ghallda a tha r'am fhaotainn an leabhraichean, ged b' ann de'n aon ghnè iad. An diugh is gann a tha'n t-ìomradh is lugha air an leithid anns an àite 'sam bheil mise chòmhnuidh.

Tha na sgeòil Ghaidhealach a nis a' dol eug, mar an ceudna, air an aon seòl, agus, cha'n fhada bhitheas e gus am bi fuigheall sheann sgeul nan gleann air cho beag luach ri spruidhleach sheann sgeul na machrach.

Bha e 'san dàn gu'n tigeadh an t-atharrachadh sin.

'S ann le cumhachd na cànan Shasunnaich a tha an ruaig 'ga cur air na seann sgeòil Ghaidhealach. Gach oilean a tha air a mheas feumail do'n òigridh Ghaidhealaich, 's ann troimh 'n chànain sin a theid a sparradh orra. Beus an oid-fhòghluim—'s e sin, mar is trice beus na bana-Ghoill—beus is mò a thig fo aire na h-òigridh; agus 's e is mò a mhiannaicheas iad aithris. 'S e a' bhuil gu'm bheil dùthchas nan Gaidheal an Albainn 'ga

mhùchadh, gu sìor 's gu sèimh leis a' Ghalldachas, mar mhùchas an dorcha na cnuic air dol fodha do'n ghréin. Agus an cois an dùthchais sin tha'n t-seann sgeulachd a' triall gu tìr na di-chuimhne; agus an sgeulachd ùr a tha tighinn 'na h-àite 's ann sgrìobhte air paipear is trice thig i; agus is glé annamh a gheibhear 'ga h-aithris i. Agus bho na bha sgrìobhadairean Gàidhlig air fàs tearc anns an linn a b' fhaisge d'ar linn féin, no air an toirt suas do chràbhadh gruamach, cha robh móran sgeulachd a' tighinn am mach; agus air feadh aimsir fhada bha bèarn mór an litreachas sgrìobhte na Gàidhlig air a cheann sin.

Bha comunn an sud 's an so, a bha mór 'nam beachd féin, a bha car mothachail air a' chunnart a bh' ann; agus bha iadsan a' gabhail os làimh grabadh a chur air an diobairt cànan is dùthchais sin, agus 's e an leug-tàlaidh a bh' aca gu dùthchas nan Gaidheal ath-bheothachadh: A' Ghàidhlig a theagasg anns an sgoil. Is fada bho'n cheud uair a chaidh an glaodh sin am mach; ach gus an àm so cha do bhrosnaich e 'n sluagh gu athchuinge dhùrachdach a dheanamh air a shon: agus cha mhò a ghluais e bàigh 'nan cridheachan ris an luchd-éighich. Theagamh gu'n d' thug iad fainear, air seòl dìomhair nach do thuig iad féin, gu'm b' iad a' cheart fheadhainn a bu déine air cur air aghaidh na cànan Shasunnaich, a bu dùrachdaiche mu theagasg na Gàidhlig anns na sgoilean—cha'n e idir d'an cloinn féin, thugaibh fainear, ach do chloinn dhaoine eile.

Co-dhiùbh thug an sluagh fainear sin no nach d' thug, faodaidh sibhse bhi cinnteach á so: nuair gheibhear daoine a' tagradh an nì nach 'eil iad féin toileach a chur an gnìomh, tha foill 'sa chùis. Is math a thuig iadsan aig am bheil fòghlum na dùthcha fo 'n cùram gu'm bu bhaoth-iarrtas iarrtas nan Comunn nuair a thagair iad a' Ghàidhlig a theagasg anns na sgoilean; agus ri baoth-iarrtas cha do ghéill iad sud riamh; cha mhò a sheas iad fada an aghaidh athchuinge fhìor dhùrachdaich o 'n t-sluagh.

Biodh sin mar a dh' fhaodas e, cha do nochd an sluagh fathast gu'n robh iad dian air teagasg na Gàidhlig anns an sgoil. Is annamh iadsan a fhuair bho theagasg na Gàidhlig anns an sgoil, no anns an oil-thigh, cuideachadh air a' Ghàidhlig a labhairt no a sgrìobhadh air dòigh a b' fhèarr na bh' aca bho bheul-aithris dhualchasaich.

Creid sibhse mise: 's e cion-teagaisg is aobhar gu'm bheil beagan dùthchais beò fathast am measg an t-sluaigh, agus gu'm bheil grunnan de sgeul-aichean agus de òranaichean air mhaireann air feadh nan garbh-chrioch agus nam bailtean móra anns an taobh deas, nach d' thugadh bhuapa an dùthchas le oidean-fòghluim a bha iad féin gun ionnsuchadh ceart anns an nì a bha iad ri bhi teagasg.

An àite nan comunn a bhi glaodhaich: Teagaisg a' Ghàidhlig do'n òigridh anns na sgoilean, 's e bu chòir a bhi aca mar chathghairm—an toiseach na streup, co-dhiùbh—Teagasgaircean fogh-

ainteach dhaibhsan a tha ri teagasg a thoirt seachad.

Ach is faoin eadhon an glaodh sin aig an àm so, air a' cheann so: *nach toirear móran feairt air gus am bi e air a dhearbhadh nach 'eil an t-sean chànan air a cumhachd 's a loinn a chall fathast.*

Nis, co leis a théid sin a dhearbhadh?

Tha dreaman de Ghaidheil ann, anns am bheil spiorad an litreachais Ghaidhealaich beò—agus tha cuid diubh 'san làthair. Is aithne dhomh féin obair deich neach air fhichead aig am bheil comas cuimseach air a' Ghàidhlig a sgrìobhadh, agus a tha toileach an comas sin a chur gu buil far an gabhar ris. Ach anns a' bhuidhinn sin cha'n 'eil ach uimhir bheag a tha ullamh gu làmh a thoirt air obair is àirde na òran no sgeul. Tha deagh leisgeul air sin a bhi mar sin. Anns na linn-tean a b' fhaisge d' ar linn féin, chaidh a' Ghàidhlig a leigeil fo dhearmad cho mór is gu'n do leigeadh seachad cothrom air ainmean gnothuichean ùra nan aimsirean deireannach so a thionnsgnadh; agus gun iad sin a bhi ann, is deacair obair inn-ealta a dhealbh as aobhar nach 'eil a' buntuinn do'n t-sean aimsir no do'n tuath aig an tigh. 'S e an neo-fhoghainteachd sin na Gàidhlig a dh' fhàg gu'm bheil sgrìobhadairean gann agus gur sgeulaichean is òranaichean a' chuid is mò air fad diubh. 'S e sin a dh' fhàg, cuideachd, nach urrainn leughadairean brìgh le tlachd a ghabhail á litreachas nach 'eil 'na sgeul no 'na òran. Cha do chleachd an inntinnean tuigse a thoirt á gnè

eile de litreachas—a chionn gu'n robh e gann agus iad féin neo-oileanaichte 'na leithid. B' iad gnothuichean taobh an teallaich, gnothuichean a' bhaile bhig, gnothuichean an t-sean shaoghail, agus gnothuichean fuaighte ri cràbhadh is each-draidh, agus iad uile air an iomairt leis an teangaidh a mhàin a bu bhiadh inntinn do na Gaidheil o chionn fada.

As an sin dh' éirich e gur iad an sgeulaiche 's an t-òranaiche an aon dithis a théid aca air cridhe nan Gaidheal a ghluasad le'n ealain. Air an aobhar sin tha e fo mheachainn an dream sin—na sgeulaichean 's na h-òranaichean—a' Ghàidhlig a thogail an àird no a leagail a bhàn. Cha'n fhaodar idir idir a ràdh gu'm bheil rùn a h-aoin diubh sud air a' Ghàidhlig a leigeil a dhìth; oir 's iad na sgeulaichean 's na bàird ro-dhìlsean na Gàidhlig. As an eugmhais, c' àite 'm biodh i an diugh? Fo na leacan. B' iadsan a chum air mhaireann an urram, mar chànain sgrìobhte, i; agus is iadsan a tha 'ga cumail air a bonn air an latha 'n diugh.

Ach ged a tha na bàird a' toiltinn mór-chliù a thaobh an dìlse, cha'n 'eil ar gnothuch riù an nochd. 'S ann air an sgeulaiche a mhàin a tha ar n-aire an tràth so. Tha 'm bàrd, is eagal leam, an impis dol 'na shuain. Ach tha 'n sgeulaiche, ar leam, an impis mosglaidh; agus ma's glic sinne, bheir sinn rùsgadh sùilean air, gun mhóran dàil ann.

Ach arsa tusa: Ciod e an sgeul goirid ann. Ma ta, gheibh sinn sin am mach le bhi fiosrachadh

ciod è is ciall do'n fhacal "goirid." Tha fios againn gu'm bheil an t-astar a tha eadar a' ghealaich agus an talamh goirid nuair choimeasar ris an astar a tha eadar a' ghréin agus an talamh, e. Ach, dh' aindeoin gu'm bheil sin mar sin, is urrainn dòmhsa a ràdh gu'm bheil an t-astar a tha eadar a' ghealaich agus an talamh ana-cuibheasach mór nuair choimeasar ri fad mo shròine féin e; agus cha'n fhaodar a ràdh gu'n do bhuilich am Freasdal sròn ghoirid ormsa. Le sin tuigidh sibh gur facal anns am bheil ciall neo-shuidhichte, am facal "goirid"; agus air an aobhar sin is éiginn duinn crìochan freagarrach d'ar beachd, a chur m' a thimcheall gach uair a chuireas sinn gu feum e, los gu'm bi aig an fhear-éisdeachd fios air meud a' ghiorraid a th'anns an amharc.

Theirinnse gur sgeul goirid an sgeul sin a ghabhadh o cheathramh uair gu trì ceathramhan r'a aithris. Sin agaibh, co dhiùbh, an gnè sgeòil a tha tighinn fasanta am measg luchd labhairt na cànan Shasunnaich; agus 's ann de 'n dream sin sibhse agus mise fad na h-ùine, a' cumail am muigh uair no dhà a chuireas sinn seachad aig Céilidh nan Gaidheal air na h-oidhcheannan Di-Sathuirne air feadh a' gheamhraidh. Deanamaid na ghabhas deanamh sinn féin a chumail gun a bhi fo bhuaidh na cànan Shasunnaich, cha téid againn air. Gheibh a' chànain sin làmh an uachdair air dòigh on air dòigh eile. 'S i chànain leis am bheil an rìoghachd air fad air a riaghladh; agus 's i chànain anns am bheil sinn uile a' cur air aghaidh ar gnothuichean

lathail; agus is deacair, eadhon do Chéilidh nan Gàidheal, i a chnmail air taobh am muigh nan dorsan. Ach, aidicheam gu'n d' thug sibhse, agus gum bheil sibhse a' toirt, na h-oidhirp is treise a chaidh a thoirt riamh roimhe air sin a dheanamh.

Bha àm ann nuair b' i ar cànanain mhàthaireil féin a' chànain troimh an robh an rìoghachd so, Albainn, 'ga riaghladh; agus bu deacair do na fineachan nach robh 'nan Gàidheil, an gnothuichean a chur air an aghaidh gun iad a bhi fo bhuidh na Gàidhlig mar a tha sinne fo bhuidh na Beurla Shasunnaich. Cha b' fhada sheas cànanain nam-fineachan ud—gu h-àraidh na Cruithnich—an aghaidh na Gàidhlig. Dhearmaid iadsan an cànanain a sgrìobhadh agus a chur an cleachdadh ri gnothuichean ùra na rìoghachd, ri cogadh, ri malairt, ri cràbhadh, mar a dh' atharraich na Gàidheil 's na Ròmanaich iad. Agus c' àite'm bheil an cànanain an diugh? Cha'n 'eil deich facail dith air mhair-eann air taobh am muigh ainmean àitean 'san leth an ear-thuath de Albainn. Theagamh nach b' urrainn daibh bhi cumail suas ris a' Ghàidhlig; ach cha robh e mar fhiachaibh orra a' Ghàidhlig a leigeil as am beachd 's an sealladh nuair bha iad a' feuchainn an cànanain féin a chàradh 's a chur gu feum as ùr—ma dh' fheuch iad idir sin.

A sìos gu linn ar n-athraichean 's ar màthraichean féin, lean ar sinnsear na fasain Ghallda cho fad 's a b' iomchuidh sin a dheanamh, agus cho fad 's a chaidh an eòlas, gun a bhi call an greim air an cànanain féin. Agus 's e mo bheachd

féin nach gabh ar cànanain a theasraiginn o'n bhàs mur dean sinne a cheart leithid. Tha a' chuid mhór againn dian gu leòir air bhi leantainn fasain nan Gall; ach is mór is eagal leam nach 'eil sinn a' cumail greim air ar cànanain.

Seall sibhse car tacain air mar a rinn ar sinnsear anns an t-slighe so. Thàinig an Creideamh Crìosduidh á Eirinn dh' ionnsuidh na dùthcha so. Thàinig e a dh' Eirinn as an Roinn Eòrpa. B' anns an Làidinn a bha gach ainm, cha mhór, air a ghiùlan, a bhui ri cràbhadh is aoradh nan Crìosduidhean. An ceann aimsir thugadh dreach Gaidhealach air na facail Làideann sin air a leithid de dhòigh 's nach b' aithne do neach a nuas gus an linn so féin nach b' iad facail a tharmaich 'sa Ghàidhlig iad.

A rithis, thàinig a' phìob mhór á Sasunn gu Albainn, agus an ceann aimsir ràinig i a' Ghaidhealtachd. An sin chaidh i féin 's a ceòl a dhreachadh as ùr, ainmean ùra a thoirt air a fuinn, agus puirt-á-beul Ghàidhlig a chur ri cuid mhóir dhiubh. Thug ar sinnsear am Failte 's an Cumha bho'n chlàrsaich agus chàir iad ris a' phìob iad, agus thug iad am mach pìobaireachd, le a crunn-lùth 's a cliath-lùth 's an leithidean sin—ainmean a bhui roimhe do cheòl na clàrsaich. Cìod è thachair 'na dhéidh sin? Air an latha 'n diugh is duilich a thoirt air neach a chreidsinn nach i a' phìob mhór an inneal-ciùil is Gaidhealaiche th' ann. Ach cha'n urrainn sin a bhi; a chionn, a' cumail ùrlar na pìobaireachd am muigh, cha'n

aithne dhomh ceòl cho neo-Ghaidhealach ris a' cheòl a thig as a' phìob mhóir. Creid sibhse mise a rinn mion-sgrùdadh anns a' chuìs.

Aig àm eile, thàinig an Creideamh Protestanach a dh' Albainn, agus 'na cois thàinig seinn nan Salm a rinn Daibhidh rìgh nan Israelach. Thàinig na Salm sin á Sasunn, agus a' chuid mhór de na fuinn ris an robh iad air an seinn. An ceann aimsir, dh' éirich e gu bhi fasanta an Sasunn agus air a' Ghalldachd a bhi sìneadh am mach nan earannan de na fuinn a bha tighinn an déidh nan earannan canntaireachd. Cha robh Salm aig na Gaidheil gus a' bhliadhna 1659, nuair chuir Seanadh Earra-Ghaidheal an Ceud Caogad de Shalmaibh Dhaibhidh am mach. Cha'n ion a chreidsinn gu'n robh am fasan seinn sin aig Gaidheil an taobh tuath roimh 'n bhliadhna 1700. Ach is ion a chreidsinn gu'n d' thàinig e steach do'n Ghaidhealtachd air a' cheart shlighe a thug na Ròmanaich 's na Sasunnaich fo Eideard 's fo Chromwell, agus a' Bheurla Shasunnach, agus ioma rud eile. 'S e sin le bhi leantainn bonn nam beanntan mòra troimh Shiorramachdan Pheairt, An Fhorfhair, Abair-eadhainn, Mhoraidh, Ailginn, Ionbhar-Nàrainn, etc. Tha cuid a' meas gur anns a' Ghaidhealtachd a thàrmaich e; cuid eile a' smaointinn gu'n d' thug saighdearan Gaidhealach as a' Ghearmailt e. Ach tha mi féin a' meas gu'n d' thàinig e troimh 'n Ghalldachd bho Shasunn. Tha a' phìob mhór air dol eug an sin cuideachd; ged bha miadh mór oirre fad linntean an sin. Ach tha

aon ni cinnteach: nach 'eil rud eile coltach ris an fhasan seinn air am bheil ar n-aire, an ceòl a tha fìor Ghaidhealach. Ach bha e' na fhasan aig na Goill, na h-Eireannaich, agus na Sasunnaich a bhi 'g atharrachadh sean fhonn air dòigh car coltach ris an dòigh a tha air mhaireann 'san taobh tuath air seinn nan Salm.

Cha chreid mi nach cuala cuid agaibh samhladh air seinn nan salm air a' mhodh fhada, aig a' Mhòd mu dheireadh. Air m' fhacal firinneach, cha cuala mi féin riamh rud a bha cho anabarrach aocoltach ris an nì a bha e a' samhlachadh. Bha 'n seinn car troimh chéile; cha'n aithnichinn air fuaim nan guth gu'm b' iad Gaidheil a' bha seinn; agus rud a bha uile gu léir an aghaidh spiorad na seinn: bha co-sheirm ann. A thuilleadh air sin, chaidh an luchd-dreucd an aghaidh riaghailtean a' Chomuinn nuair a thug iad air lom e. Oir tha riaghailt ag ràdh, "The Association shall be non-sectarian."

Cha chreid mi féin gur ni math a bhi deanamh taisbeanadh de neo-aghartas ar cinnidh aon chuid mu choinneamh ar sùilean féin no sùilean ar coimhearsnach. Tha an dòigh seinn sin a bhi beò gus an latha 'n diugh 'na aobhar-maslaidh d'ar cinneadh; a chionn gu'm bheil e a' leigeil ris gur sinne an t-aon sluagh air taobh an iar na Roinn-Eòrpa aig nach 'eil comas air ar cànan féin a leughadh.

Coma co-dhiùbh, tha e nochdadh gu'm b' urrainn d'ar sinnsear am fasan Gallda leantainn gun a

bhi leigeil as an greim air an cànan féin. Agus mur dean an sliochd an ni ceudna cha mhair an cànan. Cha'n 'eil mi ag ràdh gu'm bheil na Gaidheil uile dearmadach 'sa ghnòthuch. Ach tha a' chuid mhór gun suim deth.

Seall sibhse. 'S e is ainm oirbhse: Céilidh nan Gaidheal. An e ur beachd gu'm maireadh a' Chéilidh cho fada beò na'm bitheadh i air a giùlan air a h-aghaidh a réir na seann dóigh a bha ann o chian? Cha mhaireadh. Rinn sibhse freagarrach i do'n àm a th' ann; agus tha i aghartach. Guma fada bhios i mar sin!

Samhladh eile. Tha cuimhne aig cuid agaibh air cor na seinn mu chòig air fhichead bliadhna roimhe so, am measg nan Gaidheal aig an tigh agus anns na bailtean móra. Smaoinich air a cor an diugh. An saoil sibhse gu'n ruigeadh i an inbhe anns am bheil i gun a bhi leantainn àbhaistean ar coimhearsnach, na cinnidhean móra? Cha ruigeadh. Agus an àite lasachadh greim air a' chànan a thighinn 'na lorg, 's e mo bharail féin gu'n d' fhuair i teannachadh beag bho àrdachadh a' chiùil. An t-urram do Eaglais Chalum Chille anns a' bhaile so; agus do Ghilleaspuig Mac Fhearghuis, gu sònruichte! Cha deachaidh e riamh aideachadh air cheart meud ar comaine mar Ghaidheil do Ghilleaspuig, agus do ar caraid "Fionn" a thaobh na rinn iad air sgàth ceòl nan Gaidheal mu'n gann a bha neach eile air tòiseachadh air smaointinn air.

Nis, tha fasan nan sgeul a' toirt car mu'n cuairt

dh' ionnsuidh an sgeòil ghoirid; tha sgeulaichean ag éirigh 'nar measg, agus 's e dleas gach comuinn air am bheil leas na Gàidhlig 'na chùram, gach còmhnadh a tha 'nan comas a thoirt dhaibh; na sgeòil a leughadh aig na Céilidhean a bhios aca; agus gu h-àraidh na paipearan-naidheachd, na mìosachain agus na leabhraichean anns am bi na sgeòil, a cheannachadh.

Abramaid na thogras sinn, bithidh sùilean tuilleadh 's a chòir de na Gaidheil a' sealltainn thar an guailnean air na h-amannan a dh' fhalbh agus na nithean a bhuin daibh, agus bithidh iad 'gam meas os cionn an luach. Am measg nithean eile; faodaidh mi na seann sgeòil ainmeachadh.

Thubhairt ministear o chionn bheagan mhìosan, aig Blàr-athail, ma's math mo chuimhne: "How chaste these old tales are compared to the modern comic stories which we hear to-day." Bha e bruidhinn mu'n sgeulachd Ghaidhealaich.

Chuala sibhse bho Iain Camshron, air an Di-Sathuirne so chaidh, samhladh air an sgeul ghoirid*—

"comic story," theireadh am ministear ud—agus, mur 'eil mise meallta, thaitinn e ruibh gu math. Cha robh ni anns an sgeul nach faodadh tachairt. Cha robh e "grotesque." Bha ealain air a bhuil-eachadh air fàgail nàdurra a tha aig cuid de bhoireannaich—agus, faodaidh mi ràdh aig cuid de fhireannaich—a bhi di-chuimhneachadh am bròin anns an dùrachd leis am bi iad a' cur an céill fàth

* "Ealasaid Nic Uisdein" à "Leabhar na Céilidh."

am mulaid. Cha robh facal anns an sgeul a bha mi-chubhaidh. Bha e air fad neoichiontach.

A' cheud uair a ghabh Iain Camshron gu follaiseach e, b'ann aig Mòd Ionbhar-pheobharain a bha e. Bha e tighinn air aghaidh gu math leis, agus an luchd-éisdeachd a' faighinn móran toil-inntinn is aigheir as, nuair a chuir am ministear ud grabadh air. Bha e 'na bhreitheamh aig a' Mhòd sin. Cha d' fhuair Iain duais ged bha e cho soilleir ris a' ghréin gu'm b' esan a b' fhèarr a rinn.

Aig àm eile bha am ministear ceudna 'na bhreitheamh aig Mòd; agus an àite bhi feuchainn có a b' fhèarr a bhuilicheadh ealain air leughadh, 's e bh' aige agus aig a sheise: feuchainn có a b' fhèarr a dh' fhuaimnicheadh facail a roghnaicheadh na breitheamhan—có a b' fhèarr a b' aithne leughadh gu'n aon ghràinne ealain a chur ann.

Tha mi ag ràdh ruibh gu'm bheil tuilleadh 's a' chòir de Ghaidheil ann leis am fuath ealain air a bhuileachadh air an cànan féin. Agus tha e a' tachairt gu tric gur iad an fheadhainn cheudna is déine air ealain an coimh-cheangal ris a' chànain Shasunnaich. Thoir dhaibh ni a tha sean gun ealain, gun snas, agus ni iad aoradh dha. 'S ann mar sin a bha am ministear a dh' ainmich mi mu na seann sgeòil nuair thubhairt e gu'n robh iad "chaste."

'S e mo bharail féin a thaobh nan seann sgeul nach 'eil ach fear 'sa chóig dhiubh a tha ealanta idir; gu'm bheil cuid ann diubh nach eil laghach

air aon dòigh 'san gabhar iad. An seann sgeul is bréine chunnaic mi riamh, b' anns a' Ghàidhlig a bha e air innseadh, agus bha e air innseadh gu math ealanta cuideachd. Ach is annamh a leithid 'sa Ghàidhlig, ged tha gu leòir dhiubh an cànan-ean eile. Ach cha'n 'eil neach ann a smaoinicheas gu ceart agus gu cothromach orra, is urrainn a ràdh gu'm bheil móran math anns na seann sgeòil. Faodaidh e bhi gu'n robh iad freagarrach do'n àm a chaidh seachad; ach cha'n 'eil iad freagarrach do'n latha 'n diugh. Is annamh iad nach deanadh Eachann Mac Phaidein no Iain Mac Phaidein no Iain Mac Cormaic na's fèarr na iad. Agus a thaobh a' chòmhnaidh a bheir iad do'n fhear a tha fòghlum na Gàidhlig, tha iadsan fada am mearachd a shaoileas gu'm bheil iad na 's fèarr na leabh-raichean eile a dh' fhaodainn ainmeachadh gu teagasg snas is loinn a chur air cainnt. Creid mise: Tha là na seann sgeulachd air dol seachad.

Beachdaicheamaid a nis air na th' againn de sgeulachd nach 'eil 'na sheann sgeulachd.

A nìs gu linn an Teachdaire Ghaidhealaich—b' e sin 1830—cha robh aig na Gaidheil Albannach aon ni sgrìobhte d' am bu fhreagarrach an t-ainm "sgeul." Bha "Turus a' Chrìosdaidh" aca 'sa bhliadhna 1812; agus bha "Nighean an airich" aca 'sa bhliadhna 1822. Ach b' iad sin sgeòil chràbhach a chaidh a dh' eadar-theangachadh o'n Chànain Shasunnaich. Bha sgeòil no dhà Gaidhealach anns a' *Chollection* a thàinig am mach 'sa bhliadhna 1828; agus bha "Màiri a' ghlinne," le

Tormod Mac Leòid, an “Leabhar nan cnoc.” Ach cha robh sràd anns a h-aon diubh sin; agus cha robh iad freagarrach do chor nan Gaidheal mar chinneadh aig an àm. Eadar a’ bhliadhna 1830 agus 1872 ’s iad bu mhò a bha tighinn am mach còmhraidhean agus naidheachdan, a bha air an dealbh a chum eòlas nan Gaidheal air nithean an t-saoghail mhóir a mheudachadh. Bha cuid diubh sin anns an robh gràinne de mhath, agus cuid eile dhiubh a rinn móran croin, air a cheann so: gu’n robh iad a’ taisbeanadh aineolas nan Gaidheal air nithean a bhuin do’n choimheach gun a bhi aig an àm cheudna a’ taisbeanadh an tiugh dhorchadas a bha air sùilean nan coimheach a thaobh cànan, eachdraidh is suidheachadh nan Gaidheal; agus le sin a’ gin an cridheachan nan Gaidheal spiorad an ao-dòchais agus an nàire a thaobh an cinnidh ’s an cànan féin, agus déidh air àbhaistean nan coimheach.

Anns a’ bliadhna 1872, thainig am mach “An Gaidheal,” mìosachan nach robh fo bhuidh eaglais no cléir, a mhair seachd bliadhna. Labhair “An Gaidheal” le guth misneachail, agus rinn e togail nach bu bheag air aigne an t-sluaigh. Anns a’ cheud leabhar, bha sgeul le Dùghall Mac Phàil, am Muileach, air an d’ thug e an t-ainm “Calum a’ Ghlinne.” Bu sgeul taitneach e air a dheagh ìnnseadh. Na dhéidh sin rinn Dùghall eadar-theangachadh fìor ealanta air dà sgeul le Seumas Hogg, “The Ettrick Shepherd,” air an robh mar ainm “Donnachadh Caimbeul,” agus “Silis Nic Coinn-

ich.” Mu’n àm cheudna thòisich Iain Mac Gillebhàin air bhi ’g eadar-theangachadh sgeul o Bheurla nan Gall. B’ ann leis-san a thòisich linn nan sgeul àbhachdach a rinn mosgladh mór air ar luchd-dùthcha. An déidh Iain thàinig Eanruig a bhràthair, a lean ’na cheuman, agus a thug bàrr air Iain am feabhas. Cha’n fhaodar a ràdh gur fìor eadar-theangachadh a tha’n obair “Fhinn.” ’S ann a thug e sgeulachd àbhachdach nan Gall, agus chuir e dreach Gaidhealach oirre air a leithid de dhòigh ’s nach aithnichear idir orra gur air taobh am muigh na Gaidhealtachd a fhuair iad breith. Dlùth air sàilean Iain is Eanruig Mac Gillebhàin thàinig Ian Mac Phaidein. Thòisich esan le òrain àbhachdach, a’ chuid is mò dhiubh freagarrach do mhiann Ghaidheal a’ bhaile mhòir; ach an déidh tamull orra sud, thàinig e g’a ionnsuidh féin agus thòisich e air bhi sgrìobhadh sgeulachd a tha fada air thoiseach air a’ bhàrdachd. Air feadh nam bliadhnachan sin, bha fear no dhà eile nach cead-aich an ùine dhomh an ainmeachadh, a’ toirt am mach sgeul; agus mu sheachd bliadhna roimh an àm so dhùisg Dòmhnall Mac Eacharn as a shuain, agus thug e dhuinn sgeulachd a tha suaicheanta am measg Litreachas nan Gaidheal. Bha Dòmhnall gu math eòlach air an litreachas is fèarr ’sa chànain Shasunnaich, agus bhuilich e an ealain a dh’ ionnsuich e an sin air na sgeòil Ghaidhealach a sgrìobh e; agus tha am blàth ri fhaicinn orra.

O chionn trì no ceithir de bhliadhnachan, thòisich sgeòil ghoirid air tighinn am mach anns

a' phaipear naidheachd d'an goirear "The People's Journal." Tha iad sin math, meadhonach is bochd gu leòir; ach tha iad a' taisbeanadh nach 'eil an ealain air sgeulachd air chall fathast am measg nan Gaidheal. Tha cuid de na sgrìobhadairean ud, agus, ma leanas iad ris an obair, ruigidh iad ionad cliuiteach am measg nan sgeulaichean. Cha tig dhomh an ainmeachadh, ach tha fear no dhà anns a' bhaile so.

Ach tha mi a' meas nach d'fhàinig an sgeulaiche ceart gus an d'fhàinig Iain Mac Cormaic. Cha'n 'eil e riarichte le bhi 'g innseadh sgeòil air nì a chunnaic no chuala e féin; ach feumaidh e dealbh agus suidheachadh math mu'n téid e air aghaidh gu cainnt is ealain a bhuileachadh orra, nì nach 'eil a h-uile sgeulaiche Gaidhealach a' deanamh. Tha e soilleir 'na obair gu'n d'thug e geur bheachd air litreachas na cànan Shasunnaich; agus a dh'aindeoin sin, nach do chaill e comas air a chànan féin a chur sìos leis an t-snas dhùthchasach oirre.

A'cheud uair a thachair dhomh sùil a thoirt, air obair Iain, cha robh ainm féin oirre, agus shaoil mi se gu'm bu neach eile a rinn i; oir bha na litrichean "D. W. Mc K." air taobh am muigh a' phasgain dhuilleagan; agus nuair a dheasaich mi air son A' Chomuinn Ghaidhealaich an leabhran sin d'an goirear "Uirsgeulan," chuir mi an t-ainm cèarr air clàr-innsidh an leabhair. B'ann troimh 'n mhearachd sin a fhuair mi mach có a b' ùghdair do'n sgeul a ghlac m' aire. Sgrìobh mi litir d'a ionnsuidh. Cha'n 'eil cuimhne agam air ciod è bha innte. Ach

fhuair mi freagradh bhuidh anns an d'thubhairt e gu'n robh e an impis gach mìr Gàidhlig a sgrìobh e riamh a thrusadh 's a thilgeil anns an teine. Is coltach gu'n robh e mothachail air an nì so: nach robh a bhudhan mar sgeulaiche air am meas a réir an airidheachd le breitheamhan a' Mhòid—nì a bha da-rìreadh fìor. Thachair gu'm bheil droch làmh sgrìobhaidh aig Iain; agus tha a mi a' meas nach do ghabh na breitheamhan an dragh orra féin a phaipeirean a leughadh. Cha do leugh mi féin trì duilleagan nuair a mhothaich mi gu'n robh sgeulaiche ealanta agam fo m' bheachd. Bho'n àm sin gus an latha 'n diugh thug mi os làimh gach sgrìobhadh a rinn e an Gàidhlig ath-sgrìobhadh 's a chur an clò. Dé thachair? Chaidh leabhar beag eireachdail d'an goirear "Oiteagan o'n iar," anns an bheil seachd sgeòil thaitneach, a chlo-bhualadh am Paislig le Alastair Gardner clo-bhualadair do Sheumas Coats: agus tha samhladh de'n leabhar sin anns na leabhar-lainn a chuir an duine sin air bonn anns a' Ghaidhealtachd. A bhàrr air sin chaidh leabhar fìor thaitneach agus fìor eireachdail d'an goirear "Thug i spéis do'n àrmunn" a thoirt am mach an Struibhle le Aonghas Mac Aoidh. Ged is gràinne-mullaich nan sgeul Gaidhealach an sgeul so, an dà chuid a thaobh feabhas an litreachais agus eireachdais an leabhair, tha e fìor gu'n deach a dhiùltadh le breitheamhan a' Mhòid, agus an duais a thoirt air son sgeòil nach gabhadh idir a chur an coimeas ris.

Thug na leabhraichean sin brosnachadh agus

togail cridhe do Iain agus bho àm cur am mach nan leabhraichean ud, sgrìobh e de sgeòil na dheanadh leabhran eile cho mhór ri “Oiteagan o’n Iar,” agus an ceann ceithir là deug o’n diugh bheir e crìoch air sgeul fada d’an tigeadh an t-ainm “Novel,” a tha tighinn am mach anns a’ phaipear-naidheachd eachd sin, “The People’s Journal.”*

Am meud sin mu thimcheall na buil a thig o bhrosnachadh. Ciod è nis mu thimcheall an dìth brosnachaidh a fhuair e bho luchd-coimhead beò na Gàidhlig anns na Comuinn agus bhuapasan a tha air cùl leabhraichean a tha comh-cheangailte ri cùis na Gàidhlig?

A thaobh breitheamhan a’ Chomuinn Ghaidhealaich, dh’innis mi dhuibh cheana mar a thug iad breith air an làmh-sgrìobhadh an àite bhì toirt breith air an sgeul mar sgeul. Chaidh samhlaidhean air an dà leabhran, “Oiteagan o’n iar” agus “Thug i spéis do’n àrmunn” a chur a dh’ionnsuidh an “Celtic Review,” nuair thàinig iad am mach; ach gus an latha so cha robh an guth is lugha mu’n deidhinn. An roimh-radh an leabhair da’n goirear “Transactions of the Gaelic Society of Inverness,” is cleachdadh bhì ’g innseadh mu gach leabhar nuadh a thig am mach a tha buntainn ri gnothuichean Gaidhealach. Ach cha’n ’eil facal mu’n dà leabhar so le Iain Mac Cormaic ann. Mu dheireadh an Earraich, aig coinneamh bhliadhnail

*Tha ’n sgeul so, d’ an goirear “Dùn-àluinn,” anis ’ga chlà-bhuladh aig Alasdair Gardner am Paislig, le stùil ri a chur am mach an riochd leabhair.

A’ Chomuinn Ghàidhlig ’sa bhaile so, bha na buill air tì duais a thairgseadh uair eile do’n Chomunn Ghaidhealach air son litreachais aig a’ Mhòd, nuair chuir mise ’na aghaidh a chionn nach robh dearbhachd againn nach rachadh a buileachadh air obair nach b’fhiach, mar a chaidh a dheanamh uair no dhà roimhe. Leth-chreid na buill mi, agus rinn iad cùmhnant agus chuir iad air falbh e an cois na duaise. B’e so an cùmhnant: Gu’m b’fheudar am paipear a mheasadh airidh air an duais, a chur a dh’ionnsuidh a’ Chomuinn Ghàidhlig gus am faicteadh e. Dhiùlt an Comunn Gaidhealach aonta a chur ris a’ chùmhnant; agus cha’n fhaodar a ràdh nach robh iad ceart. Ach cha’n e sin a bha fo m’aire, ach so: am feadh ’s a bha sinn deasboireachd ’sa Chomunn Ghàidhlig mu’n chùis, cha d’thàinig e fo m’bheachd gu’m faca a h-aon de na buill—agus bha mu fhichead ’san làthair—a’ cumail am muigh “Fhinn” agus mi féin, a thug stùil air na leabhraichean aig Iain Mac Cormaic; agus tha mi creidsinn nach cuala cuid aca iomradh orra. Thug-aibh fainear gu’n do thachair sin an Comunn a tha rùnachadh cumail suas na Gàidhlig agus am measg dhaoine aig am bheil roinn de bheairteas an t-saoghail. Sin agaibh samhlaidh air a’ bhrosnachadh a tha na Comuinn, agus buill nan Comunn, a’ toirt dhaibh-san a tha deanamh na’s mò na aon dream ’eile a chumail suas agus a chuideachadh air aghaidh na Gàidhlig.

Tha fios agam gu’m bheil sibhse deanamh na’s fèarr na sin; ach am bheil sibh a’ deanamh ar dìcheall as leth nan sgeulaichean?

Nis, tha trì seòrsaichean de sgeòil ann : sgeul air rud a thachair ; sgeul air nì nach do thachair, ach a dh' fhaodadh a chreidsinn gu'n do thachair ; agus sgeul air nì nach gabhadh tachairt. 'S e 'n sgeul air an nì a thachair is duilghe a dhèanamh. 'S e eachdraidh is ainm da nuair is fada an sgeul, agus naidheachd nuair is goirid e ; agus bho na tha 'n sgrìobhaiche air a chuingeachadh leis an fheum a th' ann air bhi firinneach, no coltach ris an fhìrinn, cha 'n 'eil e cho furasda ealain a chur ann. 'S e 'n sgeul air an nì nach gabhadh tachairt is usa a dhèanamh ; ach mur bi sgeul de 'n t-seòrsa sin fìor ealanta, cha'n fhiach e ; a chionn, cha'n eil aobhar ann ach a thaisbeanadh ealain. Bha na seann sgeòil, air a' chuid is mò, de'n t-seòrsa so ; agus a chionn gu'm bheil a' chuid mhór dhiubh a dh' easbhuidh ealain, cha'n 'eil móran maith annta. Tha, gun teagamh, a h-aon no dhà a tha fìor ealanta, agus, air a cheann sin, freagarrach mar aobhar teagaisg do *sgeulaiche*. Ach cha mholainn iad do neach a bha miannachadh comas air a' Ghàidhlig a bhuileachadh le cumhachd air *gnothuichean an latha 'n diugh*. Ach mholainn do gach neach a tha cur roimhe a bhi 'na sgeulaiche, a bhi tòiseachadh air an dara seòrsa de sgeòil a chleachdadh, a roghainn air seòrsa eile dhiubh, a chionn gu'm biodh e saor bho chuing na fìrinn agus an ro-ealain.

Anns a' chomh-dhùnadh, so na theirinn : Cha'n 'eil aon mhodh air comh-chur nan sgeul is fèarr na am *modh dìreach*. 'S e tha mi ciallachadh le sin :

gu'm bu chòir do'n sgeulaiche gach nì a th' aige ri ràdh, a ràdh air seòl goirid dìreach, agus gun a bhi dinneadh na ghabhadh roinn na thrì no 'na cheithir ràidhean, an aon ràdh, a chionn gu'm bheil sin a' fàgail a' chéill ruaimleach agus do-léirsinn. 'S iad an fheadhainn a tha fo bhuidh na cànan Shasunnaich is buailtiche do'n droch chleachdadh sin. Lean àbhaist nam Frangach a roghainn air àbhaist nan Sasunnach 's nan Gearmailteach ; agus, air gaol a' mhathais, na tugadh an Sgeulaiche Gaidhealach oidhirp air nì a chur anns an sgeul a bhuineas do dhìomhaireachd na h-inntinn agus a' chridhe. Cha 'n 'eil math 'sam bith an sin ; agus taing do'n Fhreasdal, cha'n 'eil déidh ar cinnidh—a mheud 's a dh' fhan dìleas d'an cànan co-dhiùbh—air a leithid de bhaoth-fhiosrachadh.

Is coingeis leam féin sgeul a bhi fada no goirid ; ach is beachd leam gu'm meudaich an sgeul goirid àireamh nan leughadairean—agus tha mór fheum ann air sin—na's mò na nì an sgeul fada e. Ach biodh e fada no goirid, 's e 'n sgeul a theasraigeas a' Ghàidhlig bho dhol as, ma ghabhas sin idir a dhèanamh.



Thall 's a bhos.

LE IAIN MAC CORMAIC.



ANN a bhi toirt seachad sgeul thall 's a bhos, 's ann a chur soilleireachd le eisimpleirean air deas-fhaclachas is géiread nan Gaidheal, agus air an doimhneachd a dh' fhaodas a bhi an cuid de abairtean a shruthas am mach a gnàth sheanachas bho bheòil a labhras glé shimplidh an coitcheann, gun oidhirp a thoirt air a bhi geur. Cluinnear seòrsa seanchais eile a dh' fhaodar a thoirt fo 'n cheann ris an fheàrr a fhreagaireas mar ainm "blaomasdaireachd"; ach anns am bheil doimhneachd cuideachd nuair a chriathrar e.

Nis, tha h-uile sluagh, de na h-uile cànan, buailteach do na h-uile seòrsa abairt air am bheil mi dol a thoirt eisimpleir. Ach tha na Gaidheil air an comharrachadh am mach, am measg treubhan eile, air son a bhi deas-fhaclach, geur agus mac-meanmnach. Lean na buadhan sin riutha fad nan linntean a nìos; agus tha iad, air an latha 'n diugh, na's taisbeanaiche, anns a h-uile cùil is leth-oiriche, na tha iad far an d'fhuair càlachadh na h-àirde deis a fhreumhan an greim, agus an do ruag e am mach le chànain 's le litreachas 's le chleachd-ainnean féin, sean chleachdainnean is sean fhàgail nan seana Ghaidheal.

Tha mòran de sheana Ghaidheil an diugh fathast a thig am mach le seanachas simplidh, socrach a' ciallachadh mórain; ach anns an dòigh is coltaiche 'sam bith ris an t-seadh ris an abair sinn "blaomasdaireachd"; agus 's e sin a cheud cheann a ghabhas mi.

Is gann a tha àite beag 'sa Ghaidhealtachd nach 'eil cuideiginn ann a tha comharraichte air son blaomasdaireachd an gnàth sheanachas, agus dòimhneachd mhór anns a' bhlaomasdaireachd sin cuideachd. Tha cuid nach urrainn iad féin a leigeil a thuigsinn ceart ach anns an t-seadh so; agus tha'n dà chuid doimhneachd agus aighear innte, ged 's ann an dòigh ann an seòrsa cho-samhlachdan a tha iad a' bruidhinn.

Thàinig òganach aon uair rathad an Rois Mhuilich a shealg bhéistean dubha, agus fhuair e mar fhear-treòrachaidh an aon sealgair a b' fhèarr 'san Ros air fad, agus a b' eòlaiche measg nan càrn. A' dol tarsuinn am monadh aon latha, bh'aca ri dol seachad air sean chladh nach gabhadh ach gann aithneachadh mar àite thiodhlacaidh, ach gu'n robh seòrsa de chloich chinn r'am faicinn an sud 's an so am measg an fheòir 's an fhraoich.

"Cha deach duine a thiodhlacadh an so o chionn iomadh latha," ars an t-òganach.

"O, cha deachaidh, eudail, o chionn lethcheud bliadhna, duine beò a thiodhlacadh an so; agus 's mór am beud e. Ach nuair a bha mise òg, is iomadh tòrradh mór sunndach aig an robh mi anns a' cheart àite so. Cha'n 'eil cladh eile am Muile is

fallaine na cheart chladh so, no bho 'n fheàrr sealladh."

A nis, cha'n 'eil fhios agam co-dhiùbh is e no nach e, blaomasdaireachd ainm is feàrr air an t-seòrsa seanachais so; ach thug an duine seachad beachd glé mhath anns a' bhlaomasdaireachd féin. Bha a' cheart chladh so uaireiginn an t-saoghail glé mheadhonach am measg an t-sluaigh. Bha e faisg air bailtean a bha làn chroitèaran, ach a chaidh a sguabadh air falbh feadh an t-saoghail gun aon sùil diubh fhàgail; agus b' e sin a bha 'n seann sealgair a' caoidh: tainead an t-sluaigh agus cha b' e gainnead nan tòrraidhean. Agus tha fios againn cuideachd nach robh na Gaidheil idir coma c'àite 'n cuireadh iad duslach ri duslach, agus gu'm biodh iad a' taghadh àitean àrd, tioram, 'sam biodh ùir mhèineil mar dhachaidh bhuan d'an càirdean. 'S e sin a bha 'n sealgair a' ciallachadh leis a' chladh a bhi fallan.

Nis, b' e òganach Gallda a bha 'n seann sealgair so a' treòrachadh feadh còrsaichean is cladaichean an Rois; agus coltach ri móran de Ghoill a théid greis do'n Ghaidhealtachd, bha e làn spagluinn, e smaointinn gu'n robh móran ann féin nach robh idir ann, agus am beachd nach robh dad anns na Gaidheil leis an deach e a chur seachad a làithean féille, ach na chuireadh esan annta fad nan deich làithean a bha e ri bhi 'nam measg. Tha móran Ghall a' smaointinn, bho nach 'eil Beurla loinneil aig na Gaidheil nach d'fhàg an dachaidhean riamh, nach eil sìon eil' annta na's mò; ach mu'n do dheal-

aich am fear so ri Ruaraidh fhuair e shùilean fhosgladh na b'fharsuinne na bha iad riamh, agus cothrom gu leòir air a bheachdan air na Gaidheil atharrachadh cuideachd.

Nuair a bha iad ag imeachd dh' ionnsuidh a chèud chùirn, bha Ruaraidh ag innseadh each-draidh is seann naidheachdan na dùthcha dha, is esan ag innseadh do Ruaraidh naidheachdan mu Ghlascho. Bha 'n gunna caol air a ghuala, is cha robh clach no ploc a chitheadh e nach cocadh e 'n gunna, 's e 'g innseadh do Ruaraidh cho math 's a bha e air gunnaireachd. Bha Ruaraidh 'na dhuine còir, socrach, creideasach, is bha e toirt cluais do gach nì bha 'n gille 'g ràdh.

Ràinig iad an càrn. Chaidh an abhag a chur a steach, agus nuair thuigteadh gu'n robh beist dubh ann, dh' òrduich Ruaraidh an gille a sìos gu oir na tuinne, far an robh an tràigh còmhnaid, agus am faigheadh e an cothrom a b' fhèarr air a' bheist dubh a thilgeadh mu'n toireadh i mach a' mhuir. Thòisich iorghuill gharbh 'sa chàrn. Mu dheireadh thog a' bheist-dubh am mach oirre, 's a h-aghaidh air a dìdeann. Sìos an tràigh ghabh i, 's an cù 'na cliathaich. Chuir an gille an gunna r'a shùil leth-dusan uair; ach bha a' bhéist-dubh a nunn 's a nall, is cha robh e 'g amas air losgadh, is Ruaraidh 'na sheasamh air creig a' tàir air a thaobh a h-uile cothrom a bha e leigeadh seachad. Mu dheireadh, thug a' bheist-dubh am mach a' mhuir, agus an dà chuid a chum an cothrom mu dheireadh gun a chall, agus a chum a chliù féin a

chumail suas an déidh na bòilich a bh' aige greis roimhe sud, choc e 'n gunna is loisg e. Nuair a dh' fhosgail e dhà shùil, mu'n d'thubhairt Ruaraidh féin e, chunnaic e gu'n do bhuaill an luaidh an t-uisge mu dheich slatan bho'n bhéist-duibh. Sheas Ruaraidh a shuathadh aodainn, agus ars esan: "Nach d' aithnich mi. Cuimhnich, 'ille mhaith nach i targaid iarunn a th' agad am béist-duibh idir, is nach dean e feum a faotainn air an amharc, 's an sin losgadh nuair a thàirneas tu t'anail."

Ach thug an gille oidhirp mhath air e féin a sheasamh.

"Cha robh ach dol as caol aig a' chù an uair ud;" ars esan.

Ach gun a bhi feuchainn ri bhi geur no sgait-each; ach a' freagairt 'na dhòigh ghnàthaich féin, arsa Ruaraidh, 's e gàireachdaich: "U, cha robh cùram do'n chù; bha e dlùth gu leòir do'n bhéist-duibh," a' ciallachadh gu'n robh a' bhéist-dubh sàbhailte gu leòir cuideachd, am fad 's a b' esan bu shealgair.

Ach thug an t-òganach oidhirp eile air e féin a thoirt as.

"Cha b' fhuilear gunna dà bharaille an uair ud."

Ach a leigeadh a thuigsinn dà nach b' ann aig a' ghunna bha a' choire, ach aig an t-sealgair, arsa Ruaraidh: "Cha robh gunna dà bharaille gu feum 'sam bith an uair ud na 's lugha na loisgeadh tu am baraille eile an toiseach. Nach fhac thu le do dhà shùil nach robh an còrr cothrom agad."

Chunnaic an t-òganach nach robh toll a dheanadh e a chum e féin a thoirt as, nach cuireadh Ruaraidh cnag ann 'na dhòigh réidh, shocraich, chuimsich féin, agus gu'n robh e anns an àite nach ruigeadh e leas uiread bósd a dheanamh 's a shaoil e 'n toiseach.

Shuidh iad an sin greis air creig, agus fhad 's a bha iad a' gabhail toit de'n phìob, thòisich Ruaraidh air innseadh naidheachd mu nithean a thach-air da féin nuair bha e òg.

"Seall tu am monàdh àrd ud thall?" ars esan. "Tha cuimhne agamsa long Lochlannach a thighinn air tìr aon mhaduinn ghairbh, gheamhraidh air a' chladach cùl a mhonaidh ud. Bha mise air a' cheart turus air am bheil mi'n duigh leatsa, agus thachair sgioba an t-soithich orm an teis-meadhon a' mhonaidh. Cha robh fhios agam o shluagh an t-saoghail ciod è na daoine bh' annta. Bhruidhinn mi riutha an Gàidhlig agus am Beurla; ach facal cha thuigeadh iad, ach a' cocadh ris a' chladach an taobh a thàinig iad. Thòisich mi 'n sin air bruidhinn riutha le mo chorragan mar gu'm bithinn a' bruidhinn ri balbhan; ach cha deanadh iad ach an cinn a chrathadh. Ach rud cho neònach 's a chuala mi riamh, bha iad féin a' tuigsinn a chéile a cheart cho math 's ged a b' i Ghàidhlig a bhiodh aca."

Bha Ruaraidh mar a bha iomadh sean Ghaidheal agus Bana-Ghaidheal am beachd nach bu chòir do dhaoine a chéile thuigsinn cho math an cànan sam bith, 's a thuigeadh iad a chéile an Gàidhlig;

agus eadhon ged a thuigeadh e fein Beurla, bha leithid de bhuidh aig a' chàinain a fhuair e le bainne mhàthar air 's gu'n robh e, mur biodh e 'na mhothachadh, a' smaointinn nach robh càinain 'sam bith coimhlionta ach a phrìomh chàinain féin. Ach gabhaidh na ceart bheachdan cur as leth a h-uile cinneach 's a h-uile treubh mu dheidhinn an càinain nàdurra féin; 's cha'n fheumar e chur as leth nan Gaidheal gur h-ann á aineolas a tha 'm beachd so tighinn an àite bhi tighinn o'n bhuidh nàdurra a th' aig sean fhreumhachd na càinain air an t-sluagh a tha 'ga bruidhinn 'san aon àite fad linntean a tha glas le h-aois, càinain a tha air a lorgadh an cnuic 's an glinn 's an uisgeachan na Gaidhealtachd an dòigh nach gabhar a choidhche a dhubhadh am mach ciod è 'sam bith a dh' éireas dith féin mar chàinain, fo chomaraich nan linntean a tha ri teachd.

Tha mòran naidheachdan air feadh na dùthcha, air fir is mnathan a bha agus a tha fathast a' sealltainn air an càinain am fìor shimplidheachd de'n t-seòrsa so; agus fhad 's a mhaireas iadsan beò cha'n fhaigh a' Ghàidhlig bàs, A dhol ceum beag a bhàrr an rathaid, bha dà chaillich 'nan suidhe a' cnacaireachd taobh an teine, an àit' iomallach de Mhuile aon latha mu àm cogadh a' Chrimeas; agus b' e 'n cogadh féin an cuspair a bh' aca.

“Cha'n 'eil iongantais idir an rioghachd so bhi buidhinn agus a liuthad duine math a tha cur a suas ùrnuigh as leth ar saighdearan.”

“Tha sin fìor, a bhean, ach saoil nach 'eil daoine matha anns an Ruis a' cur a suas ùrnuighean cuideachd.”

“Tha fios gu'm bheil; ach có air an t-saoghal a thuigeadh iadsan?”

Nis, tha e anabarrach nàdurra do sheann daoine aig nach robh móran eòlais air càinain ach air a Ghàidhlig féin am beachd so air an càinain a bhi cho daingeann 'nan inntinnean; agus mar a thubhairt mi cheana 's ann bho shimplidheachd, 's cha b' ann bho aineolas a bha 'm beachd a' tighinn.

Ach a thilleadh gu Ruaraidh. Fhad 's a bha iad a' bleodhadh am pìoban dh' aithris Ruaraidh driadart no dhà, agus bha té dhiubh mu euchd a rinn e féin 's a chomh-oidhirpean, an àm long a thighinn air a' chladach latha stoirmeil geamhraidh, agus an cunnart anns an deach iad a shàbh-aladh sgioba an t-soithich.

“Agus an dà, shàbhail sibh móran diùbh?” ars an gille.

“Shàbhail sinn a h-uile sùil dhiùbh;” ars esan ach bha naoi deug dhiubh bàthte.”

Tha e furasda gu leòir a thuigsinn gu'n robh Ruaraidh a' ciallachadh gu'n d' rinneadh uiread strith a thoirt air tìr nan corp 's a bhàtar a' deanamh a theasairginn na feadhach a bha beò slàn.

Ach co-dhiùbh mu'n d' thàinig crìoch air an latha, thàinig Ruaraidh troimh dhriadart eile, mar is minig a thachras do bhlaomasdair còir mar a bha e. Tha e coltach gu'n do chuir iad beist-dubh an sàs an àiteginn, agus nuair a mharbh iad i, mar a

shaoil iad, thilg Ruaraidh thar a ghuala i, is greim aige air chasan deiridh oirre. Ciod è 'sam bith am preathal anns an robh a' bheist-dubh, dhùisg i gu h-obann, agus shàth i a fiaclan an caol droma Ruaraidh. Bha eagal air leis a' phian a ghreim a leigeadh as mu'm biodh a' chùis na bu mhiosa; agus b' e: rinn e a chulthaobh a thionndadh gus am buaileadh am balach stràc de bhata oirre a chuireadh as dith. Tharruing am balach am bata gu sgairteil bho chùl a chinn; ach mu'n d' ràinig a' bhuille, thug a' bheist a ceann as an rathad agus fhuair Ruaraidh buille anns a chaol druim a thug barrachd péin da na fiaclan na béiste duibhe. Nuair a fhuair e anail thubhairt e: "An dà, na'n do tharruing thu 'm bata cho càmh 's a loisg thu'n urchair roimhe, bhuaill thu a' bhéist-dubh, ged nach b' ann far an do sheall thu."

Ach an oidche sin féin thachair tuiteamas eile a thug air an òganach a bhi smaointinn gu'n robh Ruaraidh air tì pàigheadh mu chlàr a dheanamh air, agus a thug air bonn tuillidh de'n chainnt shocair shimplidh anns an robh Ruaraidh a' leigeadh ris a dhùrachd 's a dhuinealas, is lughaid a ghò.

Nuair a dh' fheannteadh a' bhéist-dubh, chaidh an craicionn a thàirneachadh ri dorus an t-sabhuill. Roimh àm cadaill chaidh am balach am mach, as a dheacaid, a shealltainn nach robh coin a' tighinn an rathad; agus bha dìreach cù breac a bh' aig aon de na coimhearsnaich, an déidh tighinn air fàileadh mu'n cuairt, agus e féin a shocrachadh ri suipeir anmoich nuair a chaidh sgaoim a chur air.

Bha 'n t-òganach 'na chon-shuidhe a' sealltainn ciod è am milleadh a rinn an cù, nuair a thug fòid chruaidh mòna fead seachad air a chluais agus sgaile air an dorus mu choinneamh aodainn. Thuirt e am preathal leis an eagal, agus mu'n d'éirich e, có bha 'na ruith a nìos chuige ach Ruaraidh, 's e 'g ràdh ris féin: "Tha thu 'd bholla, is thoill thu e, agus is math a choisinn thu e." Ach nuair a chunnaic e gu'm b' e a charaid a bh' aige, cha mhór nach do thuit e féin. Bha e an staid chruaidh a' foighneachd c'àite 'n do bhuaill se e, 's an robh e air a dhochann, 's e 'g innseadh gu'n do shaoil e gu'm b' e 'n cù breac aig Cailean a bh' ann.

"An dà," ars am balach; "cha do bhuaill thu idir mi; ach bha 'n cù breac ann dh' aindeoin sin."

"Nach dubhairt mi riut," arsa Ruaraidh; "nach 'eil mi nis air m' aimhealachadh nach do bhuaill mi thu féin, ged is tu féin a bh' ann. Seall tu; na 'm b' e 'n cù bh'ann, cha do bhuaill mi e na bu mhò."

Nis tha móran de dhaoine còire, socrach gun ghò 'sam bith nach urrainn am beachd no 'n dùrachd a leigeadh fhaicinn ach anns an dòigh so; agus tha iad 'gad fhàgail a' meamhrachadh ciod tha iad a' ciallachadh. Gabhaidh an t-simplidheadhd neo-chinnteach so a faicinn anns an fhreagairt a thug seana bhean a bha 'san Ros Mhuileach air a' mhinistear, aon latha, nuair chaidh e g'a faicinn d'a bothan. Nuair dh' iarr e am Biobull, 's e thubhairt i: "An dà, mhinistir, cha'n 'eil Biobull agam an so nach 'eil dad air deireadh air leabhar Iain Bhuinian."

Ged nach robh an t-seana bhean a' cur leabhair 'sam bith an coimeas ris a' Bhìobull, bha i anns an dòigh labhairt ud a' leigeadh fhaicinn an deagh bheachda bh' aice air leabhar Bhuinian mar leabhar a chionn 's gu'n robh e a' mìneachadh dhith móran de 'n Bhìobull.

Cha 'n ionann 's mar a bha fear a thàinig a dh' fhaicinn sail bhrèagha dharaich a fhuair coimhearsnach da air a' chladach.

“Tha mise 'g ràdh riutsa, Dhùghaill,” ars esan, “ma's darach air fad i, gur tusa an duine fortanach.”

Tha mi creidsinn gur h-e sin seòrsa seanchais is coltaiche ri blaomasdaireachd, mar a chluinneas sibh móran a' bruidhinn, 's gun iad féin a' toirt umhail ciod e tha iad ag ràdh, mar a bha bodach còir eile a bha togail tìghe, 's a bha an aghaidh gin de chlachan matha bh' an seann togail faisg air làimh, a chur am balla an tìghe ùir a chionn gu'n b'e “sean chlachan” a bh' annta.

Tha a' ghnè abairt so air a cur as leth nan Eireannach; ach tha móran de sheana Ghaidheil ciontach deth cuideachd, co-dhiùbh 's ann bho ghéiread no bho mhaoilead a tha e tighinn. Ach dòigh 'sam bith 'san robh e tighinn, bha na seann daoine còire, socrach gu'n robh e buailteach, air sealltainn orra mar dhaoine bha làn àbhachd, anns a' choimhearsnachd, agus 'nan reuson a bhi toirt móran fearais-chuideachd do na coimhearsnaich a bh' air an dùnadh am mach an àitean iomallach de 'n dùthaich 's air nach ruigeadh, ach air àman glé annamh, rud 'sam bith a bheireadh togail no

ùrachas d' an inntinnean ach am fearas-chuideachd a dheanadh iad féin am measg a chéile 's air cach-a-chéile. Chuireadh iad seachad an geamhradh trom dorcha le bhi tarruing as a chéile; agus faodaidh e bhi gur h-iad cleachdainnean de'n t-seòrsa so a dh' fhàg cho geur agus cho deas iad am bàrdachd, agus an ùirsgeulan cho làn mac-meanmna; a chionn, ged a bha na bàird 'gam breith, tha móran aig cleachdadh r'a dheanamh ann a bhi ag oilean 's ag àrach a' bhàird bho mheatachd gu inbhe is gu neart.

A nis, bha e 'na cleachdadh 'sa Ghaidhealtachd o shean, fad cheudan bliadhna, math dh' fhaoidteadh, na bàird 's na fir-sgeulachd a bhi siubhal na dùthcha bho cheann gu ceann 's a' falbh bho thigh gu tigh mar luchd-foighe a' faotainn an lòn le bhi gabhail rannan 's ag innseadh sgeulachd, gus an do dh' fhàs iad, mu dheireadh, cho déisneach 's gu'm b' fheudar cosg obann a chur orra leis na reachdan ainmeil sin ris an abairteadh “Reachdan Ithe.” Nis, ged a bha na daoine so 'nan gràin, math dh'fhaoidteadh, cha'n 'eil teagamh nach robh an cleachdadh a bh' aca a' geurachadh am meamhairean 's a' neartachadh an mac-meanma ann a bhi cur sgeulachdan is bàrdachd r'a chéile, linn an déidh linn, 's gach linn a deanamh ath-leasachadh air an linn a bha roimpe. Cha'n 'eil fhios agam nach do leugh cuid de mo luchd-leughaidh na sgrìobhaichean aig an Ruiseanach anabarrach ud, Munchausen. Ach bha seann daoine anns a' Ghaidhealtachd a bha muigh 's am mach ris an

Ruiseanach so am mac-meanmna. Nuair a dh'innseas neach an diugh fathast am Muile naidheachd neo-choltach ag aithris euchdan is driadh-ortan eu-comasach their iad gu'm bheil e cho math ri Calum na Craige féin; agus faodaidh e bhì gu'n robh fear no dhà feadh na Gaidhealtachd cho math mac-meanmna ri Calum 'na latha; agus b' olc airidh nach robh cuid de na h-ùirsgeulan air an gleidheadh. Dh' fhaodadh iad a bhì an diugh cho ainmeil ri sgrìobhaidhean Mhunchausen féin.

Ach, a thighinn gu Calum na Craige; 's e sean sheòladair a bha 'n Calum; agus bha móran de ùirsgeulan comh-cheangailte ri marachd. 'Na shean aois cha robh dòigh aige air a bheòshlaint a chosnadh ach o bhì siubhal feadh Mhuile ag innseadh a dhriodhortan féin, ma b'fhìor; agus bho nach robh móran de a sheòrsa anns an àm, bha bheatha deanta 's gach àite 'san rachadh e, agus céilidh mhór mhath 'sa h-uile tigh 'sam biodh e cur seachad oidhche.

Cha'n 'eil ach glé bheag de ùirsgeulan Chalum air chuimhne an diugh; ach am measg a' bheagain a chaidh a ghleidheadh tha h-aon a bhiodh e ag innseadh mu shoitheach air an robh e féin 'na sheòladair. B' ann air meudachd na luinge a dh'innseadh Calum a sgeul; agus air chomòr 's gu'm bheil na luingeis a thatar a' togail an diugh, cha'n 'eil anns an luing is motha dhiubh ach geòla làmh ri aon té air an do sheól Calum na Craige ri linn òige. Cha d' innis e c'àite 'n do sheòl e leatha; ach tha e coltach, nuair bhiodh i dol an aghaidh na gaoithe,

gu'n toireadh i seachd bliadhna air aon laighe. Dh' fheumadh nach robh a' ghaoth féin cho iomluaineach 's a tha i'n diugh; ach co-dhiùbh, nuair a' bhiodh i dol a dh'atharrachadh gu'n chliathaich eile, bheireadh i seachd seachdainean a' cur an ceann agus aig an àm sin, sgrìobadh i na caoraich bho mhullach nam beann le bàrr a' chroinn-spreidte. Cha'n 'eil fhios co-dhiùbh bha 's nach robh na croinn a' tighinn as an rathad air a ghealaich uair air bith; ach tha e coltach a réir innseadh Chalum féin gu'n robh iad cho àrd 's gu'm biodh am balach òg a rachadh a suas a phasgadh nan seòl air na slatan a b' àirde 'na sheann duine liath mu'n tilleadh e, agus a thoirt tuillidh dearbhaidh air àirde nan crann is meudachd na luinge bha taighean òsda an ullaidean nan crann bheart, agus gàradh càil 'sna crannagan.

Is iomadh teintean air fad Mhuile aig an suidheadh Calum na Craige gu socrach a dh'innseadh nan seòrsa naidheachd so a chur seachad cuid de'n oidhche fhada gheamhraidh. Tha e coltach gu'm biodh naidheachdan móra dol air gach taobh; agus cuid de na bhiodh anns an éisdeachd a' feuchainn ris a' ghaoith a thoirt á siùil Chalum le bhì cur ùirsgeulan anns a' bheairt iad féin. Ach dh' aindeoin na dh'fheuchadh iad bhiodh daonnan clach aig Calum os cionn cloich Mhic Leòid.

Ach tha e coltach gu'n robh aon duine anns an Ros a rinn an gnothuch air Calum aon uair, ach aon uair a mhàin. Bha Calum, aon turus a thàinig e 'n rathad an Rois, a cur seachad na h-oidhche an

àite gle iomallach de'n dùthaich anns an robh móran sluaigh aon uair, ach far nach 'eil an diugh cìobair féin, mur a tig e sgrìob as an ath bhaile. Ach, co-dhiùbh, air an àm so, bha na daoine lìonmhor an Tir-earagoin; agus bha Calum air aoidh-eachd a' cheud oidhche an tigh a' chùbair. Mar bu dual e bhì, far am biodh Calum na Craige cur suas, nuair thàinig àm na céilidh, bha tigh a' chùbair làn bho'n dorus gus an teintean.

Thòisich Calum air na h-ùirsgeulan: feadhainn ùra do'n t-seann luchd-éisdeachd, agus cuid de 'n t-sean fheadhainn do'n òigrìdh nach cuala roimhe iad bho bheul Chaluim féin—is cha b'e h-uile beul a liùbhradh cho math iad. Bha sgeulachd thall 's a bhos, ach cha robh a stigh na chuireadh ite á Calum. Tha e coltach co-dhiùbh mu na ceart àman so gu'n robh daoine a' cheart cho déidheil air dol a rùrach a' chroinn-a-tuath 's a tha iad an diugh féin, agus gu'n robh euchdan nan sonn a bha cur am beatha an cunnart 's 'gan call, cuideachd, cho iomraiteach anns a' Ghaidhealtachd iomallaich 's a tha iad an diugh, ged is lìonmhor paipearan naidh-eachd 'nam measg seach uair an ud.

Air an oidhche so thàinig cuspair a' chroinn-a-tuath air bonn, agus dh' fheòraich an cùbair de Chalum, 's e caogadh ri càch, "cìod e cho fada tuath 's a chaidh thu féin, a Chaluim, ri d' latha." Chart Calum a mhuineal agus ars esan gu simplidh socrach "An dà, chaidh mi aon uair cho fada tuath 's gu'n do chuir mi ceannag chònlaidh an dorus na gaoithe tuaith." Cha robh fianuis aig Calum air

an so na's mò na th'aig cuid a tha tagradh creid-eas as leth gnìomh de'n t-seòrsa 'nar latha féin, agus cha robh ach gabhail ris, ma b' fhìor.

"Ach," ars an cùbair, "an cual thu grìocail ùird an taobh a stigh dheth sin?"

Smaointich Calum, agus gun umhail gu'n robh e ann an rib, ars esan: "An dà, nis bho na tha mi tighinn gu'm chuimhne, saoil nach cuala."

"Sin agad mise, ma ta," ars an cùbair, 's mi cur cearcaill air baraille."

Cha robh aig Calum ach fuireach sàmhach air a' cheist so co-dhiùbh, oir dhearbh an cùbair a réir fianuis Chaluim féin gu'n robh e na b' fhaide tuath.

A nis, cha'n 'eil Calum na Craige ach mar choimeas air neart mac-meanmna nan Gaidheal o shean. Bhiodh e 'na chleachdadh air uairean a bhì dol an comh-fharpuis ri chéile anns a' ghnè sgeulachd so. Dh' innseadh iad cho sgaiteach 's a bha feadhainn mu'n cual iad, leis an t-saighead, mar a bha Iain beag Mac Anndra bho Loch-abar, no Dubh-shìth beag a bha 'n Ile. Bha feadhainn eile a bha barraicht' air a' pheileir, mar a bha fear cìs-sheachnaidh nuair bha'n aona chrannach gu bhì 'n sàs aig luath-luing an rìgh, 's a chuir e 'm pine á ulaid slait an t-siùil mheadhoin leis a' pheileir, 's a thuit an seòl air clàr-uachdair na luath-luinge gus an d' fhuair an aona-chrannach as.

Chualas mu fhear eile bha cho math air a' ghunna 's nuair a bhiodh e dol a chomharrachadh nan uan, nach deanadh e ach seasamh air cnoc,

agus chomharraicheadh e a h-uile fear dhiubh leis a' pheileir: toll 'san dara cluais is eagadh 'sa chluais eile.

Cha robh sìon a bha na seana Ghaidheil a' cleadedhadh nach robh ùirsgeulan mac-meanmnach air an aithris mu fhear eiginn anns gach àite a thug barrachd air càch an ealantachd. Tha coltach nach do thilg duine-dubh riamh gath no sleagh cho cuimseach 's a thilgeadh cuid de na sean Ghaidheil am morghath. Bha na h-aibhnichean mòra làn bradain 's b'e 'm morghath a h-aon de na h-innealan leis am biteadh ag iasgach iasg tarra-gheal a' cham-ghuib ullaimh, agus tha naidheachd-an air cuid a bha cho ealanta air a' mhorghath 's gu'n saoiladh tù gu'n amaiseadh iad am bradan na'm faiceadh iad lùb anns an d' thug e plub.

A réir naidheachd a dh' innis seann duine dhomh féin, tha e coltach gu'm b' e Muileach fear a b' fhèarr an Albainn r'a latha air cath a' mhorghath. Thachair do'n duine so bhi air thurus am Peairt aon uair, agus chual e iomradh mór air bradan a bha r'a fhaicinn a' dol a suas an abhainn Thatha mu'n aon àm a h-uile bliadhna, agus cha robh duine mar mhiltean mu'n cuairt nach robh a' tighinn a fhreiceadan a' bhradain aig an àm a bu chòir fhaicinn, agus a' feuchainn ri breith air an iasg anabarrach so leis an tri-mheuraich; ach air cho math 's gu'n robh muinntir Pheairt air a' mhorghath 's abha iad 'gam meas féin mar na daoine b' ealanta an Albainn, dh' fhairtlich orra riamh am bradan mór a thoirt gu tìr. Thachair gu'm b'e 'n

t-àm a bha fiughair ris a' bhradan, a bh'ann, agus cha robh fear nach robh a mhorghath deas. Aon latha Sàbaid chunnacas am bradan. Bha na ceudan air gach taobh de'n abhainn air tighinn le iongh-nadh g'a fhaicinn agus morghath an déidh morghath toirt plub as a dhéidh; ach gun a h-aon diubh dol a chòir a' bhradain. Bha aon luidealach de bhodach an sin aig an robh sean mhorghath bha glogail air a chois, agus thubhairt am Muileach ris gu'n robh toil aige a làmh fheuchainn air a' bhradan, 's gu'm biodh e 'na chomain na'n toireadh e dha am morghath g'a thilgeil. Thug am bodach dha iarrtas. Bha 'm bradan dìreach a' dol fo dhrochaid Thatha nuair a thog am Muileach, 's na ceudan a' sealltainn air, am morghath os cionn a chinn. Thilg e i. Gu mi-fhortanach dh' fhalbh an t-iarann bhàrr na coise; ach ged a dh' fhalbh, ars am fear a dh' innis an naidheachd, rinn an tri-mheurach nead an cùl cinn a' bhradain. Leum am Muileach gu taobh eile na drochaid, is cas a' mhorghath 'na làimh. Nuair thàinig am bradan ris, thilg am Mhuileach a' chas cho cuimseach 's gu'n do stob e 'n iarann a' mhorghath i cho dìongmhalta 's ged a chuireadh saor ann i. Chaidh breith air a' bhradan mhór mu dheireadh; ach leis an eud a bh' air na Pèairtich ris a Mhuileach, b'fheudar dha am baile a thoirt fo cheann an oidhche sin féin, no cha bhiodh a bheatha sàbhailte.

Tha mi meas gu'n robh barrachd de mhac-meanmna is de ghéiread mar so am measg nan Gaidheal o shean na tha'n diugh. Agus faodaidh

e bhi gu'n robh deanamh barrachd smaointinnean nuair bha iad air an glasadh air falbh bho'n Ghalldachd, is nuair nach robh uiread de litricheas, aon chuid am Beurla nan Sasunnach no an Gàidhlig, 'nam measg 's a tha 'n diugh, nuair, an àite h-uile duine bhi smaointinn air a shon féin, a tha iad leigeil le càch a bhi smaointinn air an son, agus gheibh iad am paipearan 's an leabhraichean a theid chuca as a' Ghalldachd rud tha seasamh na làraich do 'n bhàrdachd is dona h-uirsgeulan a bha aon uair a' srùthadh bras as an cinn féin.

Chuala sinn iomadh uair cho deas-fhocleich 's a bha na bàird féin nuair a thachradh iad air a chéile, agus cho deas 's a loisgeadh iad air a chéile an tionndadh na boise, agus an ranntachd sgait-each geur-mhagaidh. Agus gun a bhi tighinn thairis air cuid de'n t-seòrsa ealantachd so a bha 'n comh-cheangal ri buadhan a' Ghaidheil a leughadh cheana: cha dean mi ach eiseimpleir ghoirid a thoirt an so air géiread cuid de mhuinntir a chinn dùthcha d'am buin mi féin.

Bha aon bhoireannach am braigh Rois Mhuilich ris an abramaid mar fhar-ainm: Curstan nan Gobhar. Bha Curstan iomraiteach feadh ceann iar Mhuile air son géiread is sgaiteachd a teanga. Thachair aon latha do mhnaoi á ceann ìochdrach an Rois dol rathad Bhrolais, agus air an rathad rinn i suas ri té b' aithne dhith. Bha 'n dithis a' coiseachd air an socair a' cracaireachd, nuair có thachair orra ach Curstan nan Gobhar. Sheas iad greis a bhruidhinn, agus nuair dhealaich

iad dh' fharraid a Bhan-rosach de bana-chompanach, am b' i sud Curstan nan Gobhar, 's i 'ga h-ainmeachadh air a far-ainm. Chual Curstan i, agus thionndaidh i air a sàil agus ars ise an tionndadh na boise:

“Cha robh gobhar oirr' a shìlidh,
No mart a dhìreadh ri àirigh;
Ach carbhanaich ghuib an dubhain,
Is lugaiche dubha Cheann-tràghad.”

'S ann á baile beag iasgaich ris an abrar Ceann-tràghad a bha 'n Bhan-rosach; agus b' ann air an sin a bha a' bhana-bhàrd a' tighinn anns an t-sathadh a thug i seachad gun smaointinn thall no bhos, ach tighinn am mach le rann sgaiteach gu réidh, socrach.

Bha aon uair móran dhiasan air feadh an Rois agus Ithe; ach rud a tha sinn an diugh duilich air a shon, cha deach ach gann aon làn dùirn féin diubh a dhìoghlum. Bhàsaich an fheadhainn mu dheireadh d'an do liùbhradh iad, is fhuair an fheadhainn a thainig 'nan déidh a suas ri leughadh, gu sònruichte, litreachais Ghallda, 's nach robh iad aig an dragh a bhi meamhrachadh bàrdachd is rannaidheachd na dùthcha mar a rinn an athraichean.

Cha robh I gun bhàird ged nach eil móran cuimhne orra, mar a bha Aonghas Mac Laomainn agus Am Baistear, bho'n is iad an dithis mu dheireadh a bh' ann; agus bha iad, a réir a' bheagain de'n cuid bàrdachd air am bheil cuimhne,

'nan daoine geur, breathnachail, cùiseil. Bha Aonghas Mac Laomainn féin cho measail anns an rathad sin 's gu'n robh e air a thaghadh le muinntir an Eilein mar sheòrsa dé bhreitheamh, a sgoltadh ceartais nuair dh' éireadh mi-chòrdadh eadar coimhearsnaich. Tha e coltach, ged dh'fheumteadh gabhail r'a bhinn, gu'm biodh mi-rùn cuid ris. Bha e aon latha mar an còrr de na coimhearsnaich a' cairtearachd feamainn, agus uair de na h-uairean, thachair e féin is fear eile air an rathad. Bha cas ghoirt aig Aonghas, agus 'ga sàbhaladh, chuir e bròg ìosal, shracte oirre. A mhagadh air caisbheairt Aonghais, 's gun e an rùn math da co-dhùibh, ars am fear eile :

“ An dara cas is bròg oirre ;
 'S a' chas eil' is bòtainn oirre ;
 'S iongantach an còmhdach e
 Air seòrsa de dhuin-uasal.”

Sheas Mac Laomainn is sheall e tacan 'san làr, agus an sin thubhairt e :

“ Tha iomadh rud nach saoil thu ann ;
 Tha clòich an àite fraochain oirre ;
 'S h-uile h-àite sgaoileas iad,
 Ial chaoraich theid g'a fuaigheal.”

Bha bàta aig Mac Laomainn 's aig a' Bhaisteach eatorra, leis am biodh iad ag iasgach 's ag aiseag mòna as an Ros. Ach bhiodh am Baisteach a' dol glé bhitheanta air an t-Sàbaid thar a' chaoil do'n

t-searmoin ; agus aon fheasgar an sin, 's am Baisteach 'na éisdeachd, thòisich Mac Laomainn, am fealla-dhà air òran a dheanamh do'n droch dhìol a bh' aig a' Bhaisteach air a' bhàta :

“ Coma leam féin do chompanas bàta ;
 Thusa 'ga bristeadh, is mise 'ga càradh ;
 Coma leam féin do chompanas bàta.

Tha e air innseadh gu'n do rinn am Baisteach fonn agus ceathramh gu fhreagradh, agus gu'n robh an dara fear a' fuireach ri ceathramh an fhir eile. Rinn mi dìcheall air cuid a' Bhaistich fhaotainn, ach dh' fhàilnich orm facal fhaotainn ach am fonn a mhàin. Chaidh an còrr far an deach mòran d'a sheòrsa : far nach fhaighear tuillidh e. Ach b' e 'm fonn—agus bha e air an aon seis ri rannan Mhic Laomainn :

“ Coma leam féin luchd-cithein is cànrain,
 Ged nach ann sgìth de'n comunn a thà mi ;
 Coma leam féin luchd-cithein is cànrain.”

Tha cuid Mhic Laomainn de'n òran air faotainn ; ach bho nach urrainn mi cuid a' chompanaich a thoirt seachad, cha do rinn mi ach dà rann a thoirt sìos. A' freagairt a' Bhaistich, thubhairt e :

“ Nuair théid thu do 'n t-searmoin
 A dh' éisdeachd Mhic Fhearghuis,
 Bidh is' an an Deargphort
 Air lamraig gun chàbal.”

“ Nuair bha i fo chomraich
 Do shùil Dhòmhnuille 'ic Dhonnachaidh,

Cha'n fhaiceadh tu guileamain
Bho fòr-dhruim gu h-aparain."

Chaidh am Baisteach do America, agus tha e coltach gu'n robh e ri bàrdachd gus an do bhàsaich, ach gann. Ach, rud a tha glé dhuilich, cha'n 'eil móran d'a bhàrdachd air chuimhne an America na's mò na aig an tigh.

Cuiridh mi crìoch air a' phaipear so le a leigeadh fhaicinn cho deas agus cho sgiobalta 's a rachadh e am bàrdachd le glé bheag de roimh-smaointinn.

Aon uair an sual, mu'n d'fhàg e a dhùthaich reic e reathachan ri coimhearsnach da. Thàinig an duine so air feasgar Sathuirne a phàigheadh nan reathachan; ach bha e tasdan gann, agus gheall e 'm balach a chur leis 'sa mhaduinn Di-luain. Cho math ri fhacal, ràinig am balach leis an tasdan, agus thubhairt e ris a' Bhaisteach gu'n robh athair ag iarraidh sgrìobhaidh air an airgead.

"Gheibh thu sin, a laochain," ars am Baisteach, 's e suidhe ri bòrd sgrìobhaidh; agus an tiota, shìn e do'n bhalach sgrìobhadh anns an dubhairt e mar so:

"Moch Di-luain a fhuair mi tasdan,
Chuir thu nall le d' Mhac Iain ruadh;
Cha leiginn leas a bhi 'n teagamh
Gu'n cumadh tu bheag dheth bhuam.
Bidh so 'na ghnothuch cinnteach,
Bho'n 's e sgrìobhadh a tha bhuaite,
Gu'm bheil na reathachan pàighte;
'S guma slàn a ni iad uain."

Buaidh leis na Seoid.

Le Alasdair Mac Griogair nach maireann a bha
'na mhaighstir-sgoil an Dul, Apuinn nam
Meinnearach.

Gleus Bb.

RANN.

{ : s₁ . s₁ | d : d . r | m : r }
Faighteadh cliù o gach rann-fhear }

{ . d | t₁ : s . s | s }
gu ceòlmhor 's gu binn, }

{ : m . m | f : s . f | m : d }
An Dubh - fhreiceadan Gaidhleach }

{ . m | r : l₁ . l₁ | l₁ }
a dh' àraich na glinn; }

{ : s₁ . s₁ | m₁ : s₁ . s₁ | d : s₁ }
Cuimir, fuasgailteach, finealt- }

{ . s₁ | l₁ : f₁ . f₁ | f₁ }
a, slàinteil 'sa chom, }

{ : l₁ . l₁ | s₁ : d . m | s : r }
Fearail, ceannsgalach, cruadal- }

{ . f | m : d . d | d }
ach, treun agus trom. ||

IS.

{ : d . t₁ | l₁ : f . f | f : m }
'Sgu'n robh buaidh leis na seòid ghuin- }

{ . r | ta₁ : s₁ . s₁ | s₁ }
each, gharg agus bheò }

{ : m₁ : m¹ | f₁ : l₁ . s¹ | s₁ : d . }

Chaidh do bhuillsgean nam Frangach }

{ , r | m : r . r | r }

mar ghaoth dol 'sa cheò ; }

{ : s . s | s : m . r | d : s¹ }

Is nach d'fheuch fathast cùl do }

{ . s₁ | l₁ : f₁ . f₁ | f₁ }

neach riamh nach robh leò ; }

{ : l₁ . l₁ | s₁ : d . m | r : s . }

Oir cha strìochd sliochd nan garb-chrìoch, }

{ , f | m : d . d | d ||

is annta an deò. ||

'S math thig breacan an fhéilidh gu léir do na suinn ;

Osain ghèarr air an calpannaibh, dòmhail, geal, cruinn ;

Agus iteagan dorch air slios gorm-uidheam cheann :

Sud i éideadh nam blàr, 's cha b' i 'n té fhada, theann !

'S iomadh deuchainn a fhuair na fir àrdanach, bhras,

Bho nach géilleadh dhiubh làmh, 's bho nach tionndadh dhiubh cas,

Bho nach fhaodadh gu'n caoch'leadh an dualchas no 'n cleachd,

Leis an d' fhàgadh gun samhladh an sinnsir 'sa ghleachd.

Mar a bhlàth mhaduinn shamhraidh iad ciùin ann an sìth ;

Ach mar gheamhradh nam beann aca searbh ann an strìth ;

Sgaiteach, gruamach, a' luaithreadh an naimhdean le feirg,

'Gan cas-ruagadh 's 'gan sguabadh á àraich-ibh dearg.

Mar is gairge an nàmh, mar is cruaidhe an cath, 'S ann is àirde 'n sin inntinn luchd-thrusgan nan dath ;

Tha 'san dòruinn a' fàs anam mòr dhaibh air fad,

Leis an reub, leis am mill, 's leis an claidh iad gun stad.

Rinneadh gnìomhara leò anns gach tìr chum an deach,

Bhios 'nan ìonghnadh 's 'nam mìorbhuil gu bràth do gach neach ;

Cha leig air dearmad an saoghal an treuntas gu sìor

Fhad 's bhios spéis agus mòr-mheas do shaighdearachd fhìor.



Gaul a' Bhaird.

Is iomadh sgeul iongantach a th' air an aithris mu thimchioll air luchd nan luinneagan anns a' Ghàidhealtachd. Is aon cho tiamhaidh agus cho muladach sa tha dhiubh eachdraidh Ailein Mhic Mhàrtainn, aig an robh aignidhean an fhìor bhàird, agus a chuir ri chéile duanagan sònruichte milis, a th' air an seinn gu minic, eadhoin gus an latha diugh. Anns a' bhothan dhiblidh bidh a' bhean òg ri crònan dhiubh, mar a bhios i a' tàladh a leinibh gu cadal; air raon is air leacainn bidh am buachaille lùth-cheumach 'g an seinn gus am freagair dha mac-talla nan creag; agus am mach air ceann nan lìon bidh an t-iasgair neo-mheata a' togail le mór shunnd nam fonn binne, blasda aig Ailean bochd.

O òige bha'm bàrd so sgaomach, neo-stéidheil. Shiubhail e air seabhaid ach beag gach ceum de'n Ghàidhealtachd, a' cur ri chéile dhànaibh grinne ris an do ghabh cridhe an t-sluaigh gu grad. Bha e sunndach, suairce, soirbh 'na dhòigh, agus choisneadh e càirdean agus companaich dha fhéin anns gach àite san deanadh e tathaich. Cha robh e riamh duilich dha cuid na h-oidhche fhaighinn o bhoichd no o bheartach, agus dh' fhaodadh e a ràdh mar a thuir am fear roimhe—

“Chan eil baile beag sam bi mi
Nach toir mi greis ann a' cur mo sgìs dhìom,

Is bheir mi làmh air mo leabhar roimhach
A' gabhail dhanag 'sa' buaireadh nìonag!”

Thachair dha a bhi air chuairt sa' Ghleann Ghorm am feadh a bha banais a' dol 'na h-uidheam an aon de thaighean na tuatha. Mar bu dùth is mar bu dual, fhuair e cuireadh. Mu'n robh a' chuideachd fada cruinn, laidh a shùil air an aon ghnùis bu bhòidhche, ar leis, a chunnaic e riamh. Aon phlathadh fhuair e de'n ìomhaigh Iuraich ud, agus, an tiotadh, chaidh i às an t-sealladh mar a bha'n dannsa dol gu luath, aighearrach air aghaidh. Ged a rinn e rannsachadh dìchiollach ré an fheasgair, dh' fhairtlich air an t-ath shealladh fhaighinn de'n nìonaig àillidh, no foirbhis sam bith a thional m'a déighinn. Ach, anns an tiotadh a bha i m'a choinneamh, lìon gaol domhain agus trom a chridhe, agus fois so socair cha b'urrainn dha fhaighinn gus an tachradh e a rithisd air an òighe mhaisich—bàrr-gheug an dannsaidh.

Dh' fhàs e luaineach agus neo-shuidhichte. Ma bha e gaolach air siubhal is falbhan roimhe, bha an tubaisd uile nis air. Bu duilich dha fuireach ro fhad an aon àite. Bha a ghaol ga fhògradh an còmhnuidh air aghaidh. Thriall e roimhe, o chlachan gu clachan, a chuid bàrdachd a' fàs na bu bhinne agus na bu tùrsaiche mar a bha a spiorad a tuiteam na b' ìsle le dìbheil misnich. Aig a' cheart àm, chinn an sluagh na bu mheasala agus na bu déigheala air a chuid dhàn, oir bha an cridheachan féin briste, brùite, leointe an déigh gach

sgiursaidh agus ainneart a dh' fhuiling iad féin agus an sìnsre an lorg dhroch laghanna fearainn.

Latha de na laithean, thill Ailean air ais do'n àit às an d' fhalbh e—do'n Ghleann Ghorm. Thachair e air neach do'm b' aithne Flòiridh Ni'e Leoid, an ainneir cheutach air an robh e an tòir. Dh' iarr agus fhuair e seoladh an rathaid dh' ionnsuidh an ionaid san robh i an tàmh. Tharruing iad ri chéile an còrdaibh càirdeis, blàth agus fìorghlan, agus bu tric leo sràidean fada ghabhail còmhla. Uidh air n-uidh, thuit ise cheart cho trom an gaol air-san agus a bha esan cheana oirre-se.

Gun dàil bha gealladh pòsaidh eatorra, agus ré laithean, sheachdainean agus mhìosan bha cupan an sòlas agus an sonais air tìth cur thairis. Bha crìdhe Ailein a' snàmh an cuan gràidh, agus, air leis nach robh tuillidh nì air thalamh a bha comasach air campar no dorran a chur air a spiorad. Biodh ann bàs no beatha, b'i chuid san Flòiridh, agus b'i'n uaigh a mhàin a dheanadh an dealachadh.

Bu ghearr an t-àm, ged bu bheag a dhùil ris, gus an robh a dhòchas agus a shuaimhneas ri'n tilgeadh bun os ceann. Air dhaibh a bhi aon fheasgar a' gabhail cuairt, dh' innis i dha gu'n robh i an ùine ghoirid ri bhi pòsda ri fear eile. Bhòidich i gur ann aige-san a bha gaol a crìdhe; ach, thuirte i—

“Ailein, a luaidh nam fear, chan fhaod sinn a chéile fhaicinn gu bràth tuillidh. Is duilich lean

ri ràdh gu'm bheil, o so suas, do rathad féin agadsa agus mo rathad féin agamsa.”

Thuit am buille air Ailean is gun e 'na earalas. Ré tamuill cha robh fios aige ciamar a labhradh e. Thionndaidh e cho bàn ris an anart, agus thàinig tuainealaich 'na cheann. An sin bhrùchd fhearg am mach mar thuil nan eas. Las a shùilean le corruich, agus theann e ri Flòiridh a chrathadh gu garg, neo-chaoimhneil air ghalainn.

“A bhuidseach dhubh an uile agus na foill,” ars esan, “gu'm mallaicheadh an Dia Uile-chumhachd ach thu féin, do chuid agus do chàirdean, gus an treasamh agus a' cheathramh glùn, agus gu'm b'e lasraichean teangach, teinntidh a bhios dhuit nan deise bhainnse. Sin agad mo ghuidhe agus mo dhùrachd. Gu'm b'e deamhain bu chompanaich dhuit ré tìm agus bithbhuantachd!”

Air dha na briathran eagalach so a chrìochnachadh, mhaidh e air a leannan gu borb, nàimhdeil le a dhòrn dùinte. An sin thionndaidh e air falbh, agus ghreas e às a fianuis.

Làn de uamhas agus de bhreislich, agus a' cligeadh roimh gach duilleig a thuiteadh o chraoibh—b'e am foghar a bh'ann—theich Flòiridh dhachaidh agus thug i a leaba oirre. Cha b'e cadal a bh' air a h-aire, oir bha cruth agus dealbh Ailein a ghnàth fa chomhair a sùl, agus a mhallachd a' seirm gun tàmh 'na cluasan.

Dh' fhuirich Ailean Mac Mhàrtainn anns a' choimhearsnachd. Bhuail an t-aithreachas gu h-ealamh e air son cho searbh sa labhair e, agus bha

toil aige facail bhruidhne fhaighinn a rithisd de Fhlòiridh. Bha dhìth air cùisean fhaighinn air am mìneachadh.

Tacan an déigh na h-iorghuill, bha Flòiridh air falbh o'n taigh ag amharc chàirdean dhi. Bha i greasad dhachaidh am beul-na-h-oidhche. Bha braonaibh móra troma de uisge a' teannadh ri tuiteam. Bha gaoth làidir a' séideadh le sgál eagalaich troimh na bealaichean, agus chluinnte riaslaich ghàbhaidh an tràsda sa rithisd mar a bha craobhan aosda, daraich air an spionadh às am freumhan agus air an tilgeadh gu làr. Am bailbhe bhig a thàinig air an doininn chuala Flòiridh lapan coise tighinn gu dlùth 'na déigh, agus, a' trusadh a cleoca na bu sgiobalta mu'n cuairt dhi, thar i às an deannaibh nam bonn. Cha b'fhada ruith i an uair a dh' fhairich i làmh air a gualainn, agus na b'fhaide cha b'urrainn dhi dol. Thionndaidh i, agus chunnaic i aodann bruidleanach an leannain ris an do chuir i cùl. Ach, O! bu mhór am mùthadh a bh' air tighinn air o'n choinnich iad roimhe. Bha shùil, a b'abhast a bhi dearrsadh le dealas agus gràdh, a nis air fàs fiamhach agus luaineach. Bha a ghruaidhean air teannadh a staigh agus air seachdadh mar gu'm b'ann le aois, agus bha fhalt ceutach, bàn 'na chròic gun chireadh a sìos m'a ghualne. Cha robh fios aig Flòiridh dé a theireadh no dheanadh i. Cha robh e an comas dhi ceum a thoirt no glaodh a dheanamh, agus bha cobhair fad o làimh.

“A Fhlòiridh,” deir Ailean agus crith 'na ghuth, “na crup air falbh uam. Cha robh mo chiall agam an oidhch ud. Abair rium, a cheist is a thasgaidh, gur ann ri feala-dhà a bha thu.”

Cha d'thuirt ise diog, ach dh' fhalaich i a h-aodann 'na basan agus thòisich i ri gul. Thaom esan am mach a chridhe dhi, ach cha b'fhada gus an do thuig e gu'n robh a bhriathran an dìomhain.

“A Fhlòiridh, an ann mar so a tha?” dh' éigh e gu h-àrd; “an e so duais mo ghaoil dhuit? Nach innis thu dhomh.”

Cha d'thug i freagradh air ach guileag chaoinidh.

“A Fhlòiridh,” ars esan a rithisd, “amhairc orm, mo chaileag bhòidheach. Seall air an fhear do'n do gheall thu gaol do chridhe. Dh' fhadaich d'aghaidh mhàlda ann mo chom gaol gun cheann, gun chrìch, ach air leam a nis gu'm bheil sealladh do shùl air tionndadh gu teine ifrinn no beithir bhorb nan speur. Thàinig mùthadh mór agus iongantach ort, 'eudail nan nighean. Chaill do ghuth a chiuine agus a chaoine, agus is amhuil a nis e ri sgread neo-chaoimhneil a' chlamhain. C'ait am bheil an suairceas? c'ait am bheil am banalas? agus c'ait am bheil an t-eireachdas a b'abhast a bhi 'g ad chuartachadh, eadhoin mar fhalluing? Tha mo shùilean air at le deuraibh—deuraibh a tha diultadh sìleadh. Tha mo chridhe fo phràmh agus fo iomaguin. Tha m'anam air cromadh a sìos fo bhròn agus fo mhulad nach urrainn mi chur dhìom. Tha m'inntinn agus mo bhuanan air fàilneachadh. Och is duine truagh mi, ciod a dh' éireas dhomh!

Chlaidh thu mi, mheall thu mi, mhill thu mi. Le d' bhòidhchead agus le d' bhrìodal dh' fhoghainn thu dhomh. Bòidhchead agus brìodal mo dhunach! Tharruing thu truaighe neo-chrìochnach air mo spiorad. Is coma dé dh' éireas dhomh tuillidh, is coma de'n tràigh air an tilgear mi. Dh' fhalbh mo shonas, dh' fhalbh mo shòlas, agus b'e latha mo dhóruinn a cheud latha fhuair mi sealladh dhiot. Is ann aig an Uile-fhiosrach a mhàin tha brath cho mór is a thug mi gaol dhuit. Gu'n tugadh Esan maitheanas dhuit air son do chuid meallaidh agus do chuid foill."

Dh' fhàg e i, agus thog e air an àird am bruthach le ceum frith-leumach, tuisleach. Bha a shùilean air an làr, agus cha d'amhairc e 'na dhéigh gus an deachaidh e às an fhradharc thar guala na beinne.

Agus chum an t-uisge air tuiteam, a' ghaoth air séideadh agus na craobhan cràcach, daraich air greim nan iomadh linn a chall de'n talamh. Chaidh rìgh nan soirbheas gu dhùbhlan.

Gus an deachaidh Ailean thar faobhar an t-sléibhe chum Flòiridh gu geur a sùil air. Mar a b'fhaide bha e dol air falbh uaipè b' ann bu mhò a bha a cridhe a' fàilneachadh 'na com. Mu dheireadh chaill i sealladh air. An sin leig i i fhéin 'na sìneadh air an raon fhliuch, fhuar; thóisich i air gul, agus ghlaodh i gu h-àrd 'na dhéigh e a thilleadh. Bu diomhain a caoidh agus a h-ochanaich. Cha toir aithreachas agus bròn daonnan air an ais na sochairean a chaill sin le'r coire agus le'r n-amaideachd féin. Bha Ailean a' siubhal gu luath,

astarach, agus bha e cheana còrr is mìle air falbh. Agus chum a' ghaoth air séideadh.

O'n uair sin am mach, thàinig caochladh mór agus comharraichte thairis air giulan, caithe-beatha, agus bàrdachd an òganaich. Bha an spiorad aige air a bhriseadh, bha inntinn air a meatachadh, agus bha rùintean olc agus dìoghaltach air dùsgadh 'na chridhe. Dh' fhàs na h-òrain aige tiamhaidh agus buaireasach thar tomhais, agus b'fhurasd a thoirt fainear gu'n robh iad air an cur ri chéile le neach aig nach robh sìth no suaimhneas. Sgaoil a chuid bàrdachd air feadh na Gàidhealtachd gu léir, agus chinn i gu h-ealamh am meas is am miadh. Bha an sluagh, mar a thuirt mi cheana, déigheil air òrain mhuladach, oir b'ann muladach an iomadh dòigh a bha'n suidheachadh agus an crannchur féin. Air an aobhar sin, ghabh iad le mór dheothas ri duanagan agus dànaibh Ailein. Chuir esan a chlàrsach thùrsach air ghleus agus dh' éisd iadsan.

Chaidh mìos no dhà seachad, agus thàinig an oidhche san robh Flòiridh ri bhì air a pòsadh ris an fhear ud eile a roghnaich a muinntir air a son. Cha robh e 'na rud ùr no anasach a chluinntinn anns an àm ud am measg Gàidheal no Ghall gun d'thug nìonag seachad a làmh gun a cridhe aig iarrtus agus combairle a pàrantan. Tha'n cleachdadh so nis air sgar gu mór am measg na tuatha agus an t-sluaigh chumanta, ged a gheibhear fhathasd e am measg mhaithean agus dhaoine saibhir. Is e "gaol-an-airgid" is freumh dhà. Chan eil aobhar air a chumail suas far nach eil

pailteas maoin. Tha e gu tric a' tachairt an uair a thig àm pòsaidh nach culaidh-fharmaid idir ise a rugadh le spàin airgid 'na beul.

Bha'n dubhar cheana air tuiteam. Bha'n geamhradh fadalach, cianail air tighinn. Bha aogasg nan speur gruamach agus bagarrach. Thàrlaidh gu'n robh Flòiridh car tiotain 'na h-aonar an taigh a h-athar, a bha mu'n cuairt de mhìle am mach às a chlachan. Mar a bha glé nàdurra, bha a smaointean agus a h-aignidhean luaineach, siubhlach. Bu tric a bha iad a' socrachadh air "Ailean Amadan," mar a theirte nis ri a seann leannan. C'àit an robh e? no ciod a dh' éireadh dha? An deachaidh i ceart no cearr an uair a thréig i e, agus a thug i a cùlaobh ris air àilgheas a h-athar agus a màthar? Am biodh i na bu toilichte an taobh a bha i dol no bhiodh i le fuireach dìleas do Ailean Mac Mhàrtainn? Am biodh soirbheachadh agus sonas oirre sa char a bha i los a chur dhi?

Am feadh a bha i mar so 'na h-aonar agus a' sìor mheomhrachadh air Ailean, chaidh an dorus a bhualadh le buillean làidir, troma a thug oirre leum agus clisgeadh. Có air an t-saoghal a bhuaileadh cho dàna, cabhagach? Bha e ro thràth do na h-aoidhean fhathasd a bhi cruinneachadh. B'fhearr leatha gu'n robh cuideiginn eile a staigh leatha.

Bha'n seomar anns an robh i gu h-àrd an staidhir. Thug i leatha coinneal, agus theirinn i dh' fhaicinn có a bha 'g iarraidh a staigh. Bha bròn agus iomaguin an déigh cuid de a sgèimh a

ghoid uaipe; gidheadh, 'na deise ghil bhainnse, bha i ag amharc cho lurach agus cho maiseach is gu'n saoiladh neach gur aingeal agus nach bu bhoireannach talmhaidh a bh' innte.

Dh' fhosgail i an dorus; agus bu mhór a mìghean agus a h-uamhas an uair a thuit a sùil air gnùis agus cruth Ailein Mhic Mhàrtainn. B'e a bh'ann gun teagamh; ach, air chinnt, bha e air atharrachadh cho mór is gur iomadh aon glé eolach a rachadh seachad air gun 'aithneachadh. Cha robh Flòiridh idir air a mealladh. Dh' aithneachadh i e am measg fhearaibh an domhain. Ach, có dhiubh b'e féin a bh'ann no a spiorad, cha b'urrainn dhi gu grad a dheanamh am mach. Bha làn chreideas aice, a réir nòs an àma, an iomadh gnè ghisreag; agus b'asa leatha a chreidsinn gu'm b'e thaibhse bha mu coinneamh na gur e féin a bh'ann gu corporra. Chriothnaich i air a casan, agus thionndaidh a sùilean 'nan lagan le eagal agus oillt. Thug i sgiamh aisde, dhùin i le sad an dorus, agus theich i a suas d'a seomar. An sin thuit i an laigsinn air an ùrlar. Chuir a' choinneal a bh'aice 'na làimh teine ris an deise fhada, ghil san robh i sgeadaichte, agus am prioba na sùla bha teanganann leathan de lasraichean dearga ag iathadh guineach mu'n cuairt dhi. Chaidh Flòiridh an laigsinn às nach do dhùisg i; agus, fada mu'n d'fhàinig neach a dh' fheuchadh ri cobhair a dheanamh oirre, bha a h-anam air itealaich an àird fada os ceann nan neulaibh troma, dorcha, gruamach. B' iad lasraichean da-rìreadh bu deise-

bhainnse dhi, a réir a ghuidhe a rinn Ailean 'na dheifir.

Cha d'thug mealltaireachd agus geallana briste am mach toradh math riamh. Cha bhi soirbheachadh air fleasgaichean no air maighdeanan aig nach bi suim d'am briathran agus d'am bóidean. Tha bròn agus mì-sheilbh a' leantainn gu dlùth an déigh cuilbheartan agus cluaineireachd. Cha seas a' bhreug gu bràth air a leth-chois.

Ach, ciamar a dh'éirich do Ailean bochd an déigh bàs Flòiridh?

Mhòthaich e gu math gu'n robh e 'na mheadhoin air ciorram eagalach. Ghreas e air falbh o thaigh na bainnse—a bha nis air a thionndadh gu taigh bròin—ceart mar gu'm biodh an tubaisd às a dhéigh. Cha robh seachnadh aige air allt no abhuinn, air meall no monadh, ach air aghaidh dh'fheumadh e dol. Dé an rathad a ghabh e, no c'uin a stad e, cha d'fhuaireadh riamh am mach. An uair a chunnacas a rithisd e, bha a choltas air mùthadh deich uairean na bu mhò na bha e riamh roimhe. Bha a chiall agus a reusan gu buileach air a thréigsinn, agus cho robh umhail aige do nì no do neach. Bha tàlant na bàrdachd, a bh'aige cho pailt, air a toirt gu buileach air falbh uaithe. B'ionmhuinn leis fhathasd a bhi tadhal nan coireachan agus nan coilltean, ach cha robh suim aige do'n àillidheachd no do'm maise. Thigeadh earrach agus samhradh, foghar agus geamhradh mu'n cuairt, aon an déigh aoin, a réir cùrsa nàduir, ach cha

togadh gin dhiubh fonn no sunnd 'na chridhe. Có a shaoileadh gu'm b'e so esan a chuir ri chéile cuid de na duanagan bu mhilse agus bu ghrinne a chaidh riamh a sheinn an Tir nam Beann?

Mar a dh'fhalbh a reusan, dh'fhalbh mar an ceudna a chuimhne. Dh'fhaodadh neach labhairt ris m'a thimchioll Flòiridh, ach cha lasadh a shùil, agus cha ghluaiseadh a spiorad. Bha gach comas breathnachaidh air teicheadh, agus, gu cinnteach, b'e sin an dà latha.

Air maduinn shònruichte thàinig e, agus gun fhios ro mhath aige c'àite an robh e dol, am fradharc an taighe san do chaochail Flòiridh, agus san robh a pàrantan fhathasd an tàmh. Air dhòigh air chor-eiginn, thug sealladh na fàrdaiche so air ais boisgeadh d'a chuimhne. Thog e an àird a làmhan agus dh'éigh e—

“A Fhlòiridh, a ghaoil, a ghaoil, faic t'Ailean a nis!”

Le so a ràdh, thuit e air ais gu trom air an talamh, agus an sin laidh e, gun làmh no cas a ghluasad, no eadhoin osna a tharruing.

Laidh e an sin fad móran uairean, gus m'a dheireadh am facas e le cuideiginn a bha gabhail an rathaid. Bha e fuar, marbh, amhuil mar phloc de'n talamh. Cha do leig an sluagh às an inntinn an cabhaig gach allaban a dh'fhuiling e. Cha mhò a leig iad air dì-chuimhn am mallachd searbh a thug e agus a chaidh a choimhlionadh air mhodh cho iongantach agus cho soillear. Is tric a dh'aithris-ear fhathasd an taigh na céilidh eachdraidh Ailein

Mhic Mhàrtainn, agus sgeul a' ghaoil a thug e òg.
 Cho fhad sa bhios Gàidhlig air a labhairt, bidh
 a chuid òran air an seinn gu minic le iarmad
 Oisein agus Fhinn.

L. M. U.



Clann an Rìgh fo Gheasaibh.*

BHA uaireigin ann an tìr fad as, Rìgh
 agus Banrìgh, agus bha aca trì mic
 agus nighean, agus mu'n robh an
 nighean ach òg, dh' fhàs a'Bhan-
 rìghinn tinn, agus ghabh i am bàs d'a
 h-ionnsuidh féin, agus chuir i fios
 air té as am b'urrainn i earbs a chur, gus i
 bhi 'na muime-chìche aig an nìghinn. Thàinig an
 té a bha a' Bhanrìghinn ag iarraidh, a ghabhail
 cùram de'n nìghinn. Thuirt a' Bhanrìghinn ris
 a' bhan-altrum, "Ma's e 's gu'n tig bàs ath-
 ghiorra orm-sa, tha mi a' cur mar chomraich
 ort-sa, gu'n gabh thu cùram de mo nìghinn 's
 gu'n toir thu foghlum di," 's gheall a' mhuime-
 chìche gu'n deanadh i sin. An ceann beagan
 laithean, fhuair a' Bhanrìghinn bàs, agus bha an
 nighean air chùram a muime-chìche.

An ceann beagan bhliadhnachan, smaointich an
 Rìgh air pòsadh a rithisd, agus chuir e a thri mic
 's a nighean agus luchd-freasdail a ghléidheadh an
 gnothuichean an òrdugh dhaibh, a stigh do dh'àite
 d'am b'ainm an Lùchairt Eibhinn.

Air chùl na gaoithe 's ri aodann gréine,
 Le an dìol deoch 's an leòir de bhiadh,

*Is ann am measg a cho-chruinneachaidh ainmeil sin aig I. F.
 Caimbeul nach maireann a fhuair e an seann-sgeul so. Faodar a
 ràdh nach deach a chur an clò riamh roimh so. Fear *An Sgeulaiche*.

Far am faiceadh iad gach neach,
'S chan fhaiceadh a h-aon idir iad,

agus bha trian de'm biadh, 's trian de'n deoch, 's trian de gach ni a bha air a thoirt do thigh an Rìgh, ga chur a stigh an sin, 'nan ionnsuidh a h-uile latha, agus bha a muime-chìche comhla ris an nighinn, a' toirt foghlum di.

Phòs an Rìgh bean eile, agus ri tìm, bha aice trì mic, agus bha farmad mor aig a' Bhanrighinn dheireannaich ri clann na ceud mhna a bha aig an Rìgh, agus aig ceann na h-uibhir do bhliadhnachan, an uair a bha a clann fhéin a 'fàs suas, bha i ro thoileach nam faigheadh i dòigh air clann na ceud Bhanrighinn a chur as an rathad. Dh' innis i a sgeul do Chailleach nan Cearc. Thuirt Cailleach nan Cearc, gu cinnteach gu'm bu mhòr an anstruigh a bhi 'gléidheadh suas dà theaghlach. Thuirt a' Bhanrighinn gu'n tugadh i ceannach air iad a bhi as an rathad. Dh' innis Cailleach nan Cearc gu'n robh druidheachd aig an Eachalair-Ùrlair, 's gu'm b'urrainn di-se an cur air dòigh nach cuireadh iad tuilleadh dragh uirre.

Chuir a' Bhanrighinn fios air an Eachalair. Thàinig i. Dh' innis a' Bhanrighinn do'n Eachalair Ùrlair gu de bha i 'g iarraidh. "Chan urrainn domh ni air bith a dheanamh orra, am fad 's a bhiodh iad a stigh 'san Lùchairt Eibhinn: ach nam faighinn a mach iad, dh' fheuchainn gu de a ghabhadh deanamh." Rinn iad cumhnant ri chéile.

'Na dhéidh sin, a' cheud uair a fhuair a' Bhan-

righinn tìm air a bhi 'cainnt ris an Rìgh, ghabh i fàth air, ag radh,

"Tha clann na ceud mhna a bh' agad,
Anns an Lùchairt Eibhinn,
Air chùl gaoithe 's ri aodann gréine,
Le'n diol deoch, 's an leòir de bhiadh,
Far am faic iad-san na h-uile duine,
'S chan fhaic duine idir iad.

B'fhearr leam fhéin gu'n robh iad a mach còmhla ri mo chloinn fhéin; oir, am fad 's a bhiodh iad a stigh 'san Lùchairt Eibhinn, chan fhaigh an dà chloinn fàs eòlach air a chéile. Bidh mise cho maith do'n cheud chloinn a tha aig an Rìgh, 's a bhithinn do mo chloinn fhéin; agus rachadh rian na b'fhearr a dheanamh air gach biadh 's deoch, agus air gach ni eile, a bha mu thigh an Rìgh. Tha trian de gach ni a tha tighinn do'n tigh mhòr, air a chur a stigh do'n Lùchairt Eibhinn, agus is beag nach fòghnadh sin do'n dà theaghlach; agus gu'm bitheadh an dà theaghlach mar aon." Bha leis an Rìgh gu'n robh sin ceart, 's gheill e do'n mhiodal aice. Chaidh a'chlann a thoirt a mach as an Lùchairt Eibhinn, far an robh iad air chul gaoithe, etc., agus an uair a fhuair am muime a mach iad, ghabh i uirre gu'n robh i ro phrìseil umpa, ré tìm bhig an tòiseach; gus gu'm b'eigin do'n Rìgh dol air thurus fad as. An uair a bha an Rìgh air falbh, thòisich clann na Banrighinn mu dheireadh air a bhi peasanach air clann na ceud Bhanrighinn. Thug a h-aon de'n fheadhainn bu shine sgailc do

a h-aon de na bràithrean a b' òige; ghabh a' Bhanrighinn fearg ri a dalta, agus thog i oirre, agus chaidh i do thigh na h-Eachalair Ùrlair, agus chasaid i a dalta, agus thuirt gu'm b' fhearr leatha gu'n robh clann na ceud Bhanrighinn a bha aig an Rìgh, far nach faiceadh i iad, agus far nach cluinneadh i iomradh orra.

"Airson duais bhig," thuirt an Eachalair Ùrlair, "chuirinn as an rathad iad, far nach deanadh iad tuilleadh dragh ort." Rinn a' Bhanrighinn agus an Eachalair Ùrlair cumhnant. "An uair a bhios tusa 'dol a chìreadh cinn do chloinne, cuir do dhaltachan aon an déidh aoin, a dh' iarraidh na cìre mìne, 's cuiridh mise gach aon mar a thig ris a' bheinn am measg nam fiadh."

An ath latha, thòisich a' Bhanrighinn air cìreadh cinn na cloinne agus dh' iarr i air an aon bu shine de chloinn na ceud Bhanrighinn e a dhol sìos do thigh na h-Eachlaraiche Ùrlair, 's a'chìr mhìn a thoirt a nìos. Chaidh e ann, agus an uair a ràinig e an tigh, dh' iarr an Eachalair Ùrlair air tighinn a stigh, agus thuirt i ris, "An tàinig thu, a'ghaoil? Mur bhith bior 'nam chois, cnaimh 'nam leis, 's cath-chclair mo leanaibh bhig 'nam uchd, dh' eirinn 's ghabhainn duit le pògan!" "Do leithsgeul gabham, a' bhean bhoichd," ars esan, "is ann a chuir [mo] mhuime a nuas mi a dh' iarraidh na cìre mìne." "So a' chìr aig roinn mo choise, 's tog leat fhéin i." Ach an uair a chrom esan e fhéin, a thogail na cìre, bhuaill ise e thar mullach a chinn leis an t-slacan druidheachd aice. Bha an uinneag

fosgailte, 's leum esan a mach air an uinneig, 's chuir e a mach tri bruchdan de fhuil a chridhe, agus chaidh e ann an riochd féidh, 's dh' fhalbh e fiadhaich do'n bheinn.

An uair nach robh e 'tighinn, dh' iarr a' Bhanrighinn air an ath mhac aig an Rìgh, e a dhol sìos do thigh na h-Eachalar Ùrlair, 's a chìr mhìne a thoirt a nìos. Agus chaidh e ann. An uair a ràinig e, dh' iarr an Eachalair air e a tighinn a stigh, 's thàinig e. Thuirt i ris, "An tàinig thu, a'ghaoil? Mur bhith bior 'nam chois, cnaimh 'nam leis, agus cath-chliar mo leinibh bige 'nam uchd, dh' éirinn 's ghabhainn duit le pògan." "Do leithsgeul gabh-te, a' bhean bhoichd," ars esan, "is ann a chuir mo mhuime mi a nuas a dh' iarraidh na cìre mìne." "So i aig roinn mo choise," etc., etc., 's dh' fhalbh e ris a' bheinn cho fiadhaich ri fiadh.

Dh' iarr a' Bhanrighinn air an treas mac, etc., etc., 's dh' fhalbh e ris a' bheinn cho fiadhaich ri fiadh.

Agus an sin dh' iarr a' Bhanrighinn air Nighean na ceud Bhanrighinn, i a dhol sìos thun an tighe aig an Eachalair, agus i a thoirt an àird na cìre mìne d'a h-ionnsuidh. Dh' fhalbh i. Choinnich a muime-chìche uirre, agus dh' fharraid di, caite an robh i a' dol. Dh' innis an Nighean di, gu'n robh i 'dol a dh' ionnsuidh tigh na h-Eachalair Ùrlair a dh' iarraidh na cìr mìne, agus thuirt a muime-chìche rithe, i a dh' fhaotainn na cìr réidhtich, agus i a thoirt na cìr réidhtich sìos 'na [h-]ionn-

suidh, agus mu'n togadh i a' chìr mhìn, i a thairgs-eadh na cìr réidhtich do'n Eachlair-Ùrlair, agus mur gabhadh an Eachlaraich a' chìr uaipe, i 'ga tilgeadh uirre.

Phill Nighean an Rìgh, 's thug i leatha a' chìr réidhtich, 's chaidh i do thigh na h-Eachlaraiche. Thuirt an Eachlaraiche rithe mar a thuirt i ri a bràithrean, "An tàinig thu, a' ghaoil?" etc. "Do leithsgeul gabham," etc. "Sin i aig roinn mo choise, 's tog fhéin leat i."

"So dhuit-se a' chìr so an tòiseach," thuirt nighean an Rìgh.

"Thoir thusa leat an dà chìr," thuirt an Eachlaraiche.

Thilg Nighean an Rìgh a' chìr réidhtich air an Eachalair Ùrlair, 's bhuaill i anns an t-sùil i, agus thuit an Eachlaraiche mar gu'm bitheadh i marbh, agus thug Nighean an Rìgh leatha a' chìr, agus chaidh i a dh' ionnsuidh na Banrighinn leatha.

Dh' iarr a muime-chìche air Nighean an Rìgh, i a dhol a sìos far an robh tigh na h-Eachlair-Ùrlair, a sheall am faiceadh i a bràithrean. Thuirt a muime-chìche rithe gu'm faca i a bràithrean aon an déidh aoin diubh a' dol do thigh na h-Eachlaraiche, agus nach fhaca i a h-aon diubh 'tighinn air an ais. Chàidh an Nighean a sìos, 's chan fhaca i gin diubh, agus dh' innis i sin do a muime-chìche. Thuirt a muime-chìche rithe gu'm bu chòire dhaibh dol a dh' ionnsuidh an fhiosaiche a dh' fheuchainn an innseadh esan daibh, gu de thàinig ri ceud mhic an Rìgh. Chaidh Nighean an Rìgh

agus a muime-chìche a dh' ionnsuidh an fhiosaiche, a sheall am faigheadh iad fios gu de thainig ri Mic an Rìgh, agus dh' innis am fiosaiche dhaibh gu'n do chuir an Eachlaraiche-Ùrlair iad ann an riochd féidh, 's gu'n d'fhalbh iad fiadhaich (sic) ris a' bheinn, 's gu'n do chuir iad, gach aon diubh, tri bruchdan de fhuil an cridhe a mach mu choinneamh uinneag na h-Eachalair-Ùrlair, 's gu'm bu chóir do am piuthair, sin a thogail, agus fuil gach aoin diubh, a chur air leth ann am breid, agus a ghléidheadh gus am faiceadh i iad, agus a thoirt daibh ri òl, agus an sin, gu'm b'urrainn daibh féin an uireasan innseadh. Chaidh an sin, Nighean an Rìgh, agus a muime-chìche a dh' ionnsuidh thigh na h-Eachlaraiche. Sheall iad aig taobh a mach na h-uinneige, agus chunnaic iad fuil nan cridheachan aig Clann an Rìgh; agus thog am piuthair an fhuil, agus ghléidh i fuil gach aon diubh air leth ann am breid. Chaidh i fhéin agus a muime-chìche air an ais a dh' ionnsuidh an fhiosaiche, a dh' fhaotainn tuilleadh sgeòil air Mic an Rìgh, agus dh' innis am fiosaiche daibh, gu'n deach a' Chlann aig an Rìgh do bheinn d'am b'ainm a' Bheinn Àrd; gu'n robh creag àrd aig iochdar na beinne, agus gu'n robh famhair ann ris an canadh "Famhair nan seachd bliadhna," agus gu'n robh fàradh aig an Fhamhair, 's gu'n cuireadh e am fàradh ris a' chreig uair anns na seachd bliadhna, agus an uair a gheabhadh na bha gu h-àrd a' sireadh a nuas tighinn a nuas, agus na bha gu h-ìosal a' sireadh an àird dol an àird, gu'n

tugadh am famhair air falbh am fàradh, agus nach fhaigheadh a h-aon air bith dol an àird no a nuas gu ceann seachd bliadhna tuilleadh.

An uair a thàinig an Rìgh dachaidh 's a thuig e mar a thachair d'a chuid Mhac, chaill e trian d'a thùr, 's trian d'a chòiseachd, 's trian de a fhradharc, agus dh' fhalbh e air feadh nam fàsaichean a dh' iarraidh a chuid Mhac. Cha robh fios aig an Nighinn c'àite an deach e. Bha i ro aonaranach, 's i gun athair, gun mhàthair, gun phiuthair, gun bhràthair a dheanadh cainnt rithe. Bha a muime 's a leth-bhraithrean a' tàir uirre, agus coma ged a dheanadh iad cron uirre.

Chaidh i fhéin 's a muime-chìche a rithisd a dh' ionnsuidh an fhiosaiche a dh' iarraidh comhairle air, agus fhuair iad a chomhairle, agus chuir a muime-chìche mar chroisean 's mar gheasan air Nighean an Rìgh nach robh i gu pòsadh no gu tàladh ri fear air bith gus am faigheadh i a bràithrean air an ais a rithisd gu an riochd fhéin. Rinn an Nighean aig an Rìgh i fhéin deas, agus thug a muime-chìche a beannachd dhi, 's dh' fhalbh i a dh' iarraidh a bràithrean.

Latha dhi air feadh nam monaidhnean, thàinig ceò air, agus cha robh fios aice c'àite an robh i 'dol, agus aig dorchadh nan tràth aig tòiseach oidhche, thàinig i air tigh, air a thubhadh le fraoch. Chuir i a làmh ris an dorus, 's dh' fhosgail an dorus air thòiseach uirre agus chaidh i a stigh. Bha smùchan de theine beó air, 's cha leasaicheadh e,

's cha rachadh e as, ach dìreach mar a bha e airson a h-aoin air bith ach an t-aon a chuir air e. Shuidh i sìos ri taobh an teine gus an tàinig an oidhche. Is e famhair a thàinig thun taobh a mach an doruis, agus ghlaoidh e, "Hi, ho, hu, huagaich, tha mi mothaichinn fàileadh an fharbhalaich a stigh."

"Sìth biodh eadarunn," arsa Nighean an Rìgh.

"Is e sìth a th'ann," thuirt am famhair. Thàinig e a stigh, agus leasaich e suas an teine, 's leig e air làr sìthionn a bha aige, 's dh' iarr e uirre biadh a dheanamh deas. Dh' fhuin i bonnaich, agus chuir i iad dh' an gréidheadh ris an teine gus gu'n robh iad deas, 's ròiste; 's bhruidh i cuid de'n t-sithinn, 's rinn i eanbhruich, 's chuir i an clàr bidh comhdaichte air beul an Fhamhair, 's ghabh i féin a cuid 'sa' chuil. Dh' ith am famhair a chuid a dh' aon bheum, 's dh' òl e a dheoch a dh' aon sùpaig.

Agus an uair a ghabh Nighean an Rìgh a suip-ear, thuirt am Famhair rithe, "Chan fhaca mi riamh na bheireadh bàrr ort ann am bòidhchead. Nan robh thu fhéin deònach, gheabhainn sagart 'sa' mhaduinn a dheanadh ar pòsadh."

Ach thuirt ise,

"Tha bòidean is geasan orm-sa, nach pòs mi fear air bith, ach an aon fhear sin a dheanadh dhomh air luirgnean chailleachan marbha, se fichead dealg de fhiodh, 's iad cho cruaidh, geur, ruighinn, 's gu'n rachadh iad a stigh ann an aodann cruaidh, creige, cho furasda 's a rachadh iad a stigh ann an talamh bog creadh."

“Mur 'eil de dh' fhuireachd ort ach sin, chan fhad' is fuireachd e.” Agus ghlac e a thuagh 'na laimh 's leum e an àird air an fhàradh. Chaidh ise a chadal. 'S bha esan air an fhàradh a' deanamh nan dealgan gu maduinn.

Agus an uair a thàinig an ath latha rinn ise biadh deas air a son féin agus airson an Fhamhair. Ghàbh ise a biadh. Thàinig am Famhair a nuas bhàrr an fhàraidh, 's thug e dhi dà fhichead dealg, a bha cho cruaidh, ruighinn 's cho geur, is gu'n rachadh iad a stigh ann an aodann cruaidh creige, cho furasda 's a rachadh iad a stigh ann an talamh bog creadh. Thug i leatha iad, 's dh' fhalbh i air a turus; agus bha i fad an latha sin a' fàrrsan air feadh na beinne, gun aon air bith fhaicinn, gus an tàinig an oidhche. Aig beul na h-oidhche' chunnaic i tigh beag, is e air a thubhadh le bein bheothaichean fiadhaich. Chaidh i d'a ionnsuidh, 's chuir i làmh ris an dorus, 's dh' fhosgail an dorus roimpe, s chaidh i a stigh. Bha smùchan de ghealbhan beag air, agus cha leasaicheadh 's cha rachadh e as, etc. Thàinig am Famhair (=an dara Famhair), etc. “Is e sith a th'ann,” etc. Dh' itheadh am Famhair a chuid a dh' aon teum, 's dh' òl e a dheoch a dh' aon sùbaig, 'us dh' fharraid e de Nighean an Rìgh cia as di, agus ciod fàth a turuis. Dh' innis i dha cia as a thàinig i, 's gu'n robh i a' dol a dh' iarraidh a braithrean, agus mar a chaidh an cur ann an riochd féidh leis an Eachlaraiche Ùrlair. Dh' innis am Famhair di, gu'n deach iad seachad o chionn trì làithean, 's an taobh a chaidh iad. An uair a fhuair

iad sgeul o a chéile, thuirte am Famhair, “Chan fhaca mi riamh na bheireadh bàrr ort ann am bòidhchead. Nan robh thu fhéin deònach, gheabhainn sagart 'sa' mhaduinn a dheanadh ar pòsadh.” “Tha boidean 's croisean 's geasan orm-sa, nach talaidh 's nach téid mi le h-aon air bith gus gu'm faigh mi fear a dheanadh dhomh se fichead dealg de fhiodh cruaidh 's iad cho cruaidh, geur, ruighinn, etc.”

“Mur 'eil de dh' fhuireachd ort ach sin, chan fhad an fhuireachd e,” etc. Thàinig e bhàrr an fhàraidh 'sa' mhaduinn 's thug e di na dealgan a rinn e 'san oidhche. Bha dà fhichead ann, 's dh' fhalbh i leò air feadh a' mhonaidh leatha fhéin. Thàinig ceò air 's bha i air faondradh air feadh a' mhonaidh, 's am beul na h-oidhche, thàinig i air tigh beag, 's e air a thubhadh le itean eun, etc. Thàinig am Famhair, etc. “Sith biodh eadarunn,” etc. Dh' innis i dha mar a thachair do a bràithrean, agus dh' innis e di gu'n deach iad seachad air-san là dhe'n robh e 'sa' bheinn; gu'n deach iad gu beinn àird aig cùl na Creige Mòire, 's gu'n seòladh esan i a màireach an taobh a bu ath-ghiorra gu dol d'an ionnsuidh. Rinn i deas bonnaich 'us sithionn 'us eanbhruich, etc., etc. Thuirte i ris, “Tha mar chroisean 's mar gheasan 's mar bhòidean orm-sa, nach talaidh mi ri fear air bhith ach am fear a dheanadh dhomh air luirgnean chailleachan marbha, sé fichead de dhealgainean de dh' fhiodh, 's iad cho cruaidh, etc.”

“Mur 'eil de dh' fhuireachd ort ach sin, chan

fhad is fuireachd e.” Thog e an tuagh 'na làimh, 's leum e an àird air an fhàradh, 's fhuair e fiodh cruaidh 's luirgnean chailleacha marbha, 's thòisich e air deanamh nan dealgan. Chaidh ise a chadal; ach bha am Fàmhair 'g obair air deanamh nan dealgan gu latha; thàinig e an sin a nuas bhàrr an fhàraidh, thug e a nuas leis dà fhichead dealg, 's thug e do Nighean an Rìgh iad, 's bha aice an sin sé fichead dealg. Thug i taing do'n Fàmhair, agus thuirt am Fàmhair,

“ A tha agad a nìs, sé fichead stop,
 'S cha diùlt iad cruaidh no bog,
 'S iad gu cruaidh, ruighinn, geur,
 Gu dol ann an creige mar ann an creadh,
 'S bu mhaith gu'n deanadh iad dhuit stath,
 Gu dol gu mullach na creige àird,
 'S gu'm bu slàn a théid thu stàn,
 'S a rithisd, thig thu a bhàn.”

Thog i uirre, agus chaidh am Fàmhair leatha mar iùil, 's ghiulain e na stuip air a son am fad 's a chaidh e. Leig e fhaicinn di tigh, 's dh' iarr e uirre bhi an sin mu'n tigeadh an oidhche, agus i a dh' fhanuinn 'san tigh sin re na h-oidhche, 's gu'n leigeadh fear an tighe sin fhaicinn di an rathad a dh' ionnsuidh na creige àirde. Leig i a sgios tacan beag, dh' éirich i a rithisd, 's chaidh a dh' ionnsuidh an tigh; 's an uair a ràinig i, dh' fharraid am Fàmhair a bha anns an tigh sin di, cia as a bha i, 's ciod fàth a turuis. Dh' innis i dha mar a thachair do a bràithrean leis an Eachlaraiche, 's

mar a bha i a' falbh air an luirg. Ghléidh am Fàmhair an sin i fad na h-oidhche, 's an àth latha, leig e fhaicinn di a' chreag mhòr aig beulaobh na Beinn Aird, 's ghiulain e na dealgan air a son. Tra ràinig iad a' chreag, thuirt am Fàmhair rithe, “ Is e so an t-àite far an àbhaist do'n Fàmhair am fàradh a chur a suas ris a' chreig, ach bidh e teann air seachd bliadhna mu'n tig e dh'a cur suas a rithisd, agus is truagh leam do chor, ma bhitheas tu an so ré na tìme sin.” Thug i taing do'n Fàmhair air son a shuairceis; 's ghabh i na stuip agus stopadh i aon 'sa' chreig, 's rachadh i an àird ceum; 's stopadh i a h-aon eile ann, 's mar sin, gus an robh i an àird thar mullach na creige.

Dh' fhalbh i air a h-aghaidh air aodann na Beinne, ach bha a h-uile fiadh a bha i a' faicinn, a' teicheadh uaipe. Thàinig i a dh' ionnsuidh àite far an robh buthan ri taobh sruthain. Chaidh i a stigh; leig i a sgios dhi tacan beag, 's chaidil i. An uair a dhùisg i, bha an t-anmoch ann, 's bha na féidh air gabhail gu tàmh. Chaidh i am measg nam fiadh, ach cha d'fhuair i a bràithrean.

An ath latha, chaidh i a stigh do bhuthan beag a thachair uirre, 's bha fiadh an sin a rinn cainnte rithe, 's a dh' innis c'àite an robh a bràithrean, 's bha i 'sa' bhuthan sin fad na h-oidhche. An ath latha, chaidh i do'n àite far an robh fiughair aice a bràithrean 'fhaicinn. Thàinig i air buthan beag 's e ri taobh sruthain; 's chuir i a làmh ris an dorus, 's dh' fhosgail an dorus roimpe, 's chaidh i a stigh, 's fhuair i air bòrd a bha an sin, buillionn

arain, agus cuman làn fìona. Dh' ith i pairt de'n aran, 's dh' òl i balgum de'n fhìon, agus chaidh i am falach fo mheasair nigheachain a bha a stigh, 's dh' fhuirich i an sin.

Agus an uair a bha i an sin ré greis, thàinig trìùir fhear a stigh, 's bha croic féidh air na cinn aca, 's thuirt am fear bu mhó dhiubh, "Ma tha mo phiuthair mhòr beò fhathasd, is i thug an teum mu dheireadh as a' bhuilinn so": agus thuirt an ath fhear, "Ma tha mo phiuthair mhòr beò fhathasd, is i a thug am balgum mu dheireadh as an fhìon so," agus thuirt an treas fear, "Ma tha mo phiuthair mhòr beò fhathasd, tha i a stigh fo'n mheasair nigheachain so," agus thog iad a mheasair nigheachain 's fhuair iad ise ann a sin. Chaoin i gu goirt, air dhi a bràithrean fhaicinn, 's cròic féidh air ceann gach fir dhiubh.

Dh' innis iad di, gu'n robh iadsan gu h-iomlan an riochd féidh an tòiseach, gus an do bhuail am piuthair an Eachlaraiche Ùrlair leis a' chìr, ach 'na dhéidh sin, gu'n robh fios aca ciod a bha iad a' deanamh. Gu'n do choinnich an athair orra anns an fhàsach, 's gu'n d'fhuair e [iad?] le feartan buadhach a fhuair e o fhamhair a rinn comhnadh ris: 's 'na dhéidh sin, gu'n robh iad an riochd dhaoine, 's cinn agus cròic féidh orra. Gu'm faigheadh iad té a dheanadh dhaibh leintean air an deanamh air canaichean.

Ghabh ise fos làimh sin a dheanamh, 's thug i beannachd leò, 's dh' fhalbh i.

Ràinig i a muime chìche, 's dh' innis di gu de bha i dol a dheanamh. Dh' innis a muime chìche do'n fhiosaiche. Thuirt esan gu'm feumadh i na leintean a dheanamh gun ghean [?] gun ghuth, gun ghàire, 's gu'm b'e a chomhairle-san di, i a dhol do'n fhàsaich far nach biodh gin a chuireadh buaireadh uirre. Thug i taing dha, 's beannachd leis, 's dh' innis i do a h-athair c'àite an robh i 'dol. Dh' fhalbh i, 's chaidh i do'n fhàsaich, 's bha i an sin 's i leatha fhéin, 's i a' trusadh a chanaichean.

Latha di an sìod, thàinig trì rìghrean a bha 'sealg seachad uirre, 's an uair a chunnaic iad i, chuir iad stad air na h-eich aca, 's thòisich iad air bruidhinn rithe. Ach cha duirt ise diog, 's cha do ghabh i uirre gu'n robh i 'gan cluinntinn. Dh' fhalbh iad an latha sin, ach thàinig iad an rathad latha eile, 's chaidh aon seachad, ach stad dithis, 's rinn iad cainnt rithe, ach cha duirt ise diog, 's cha do ghabh uirre gu'n robh i 'gan cluinntinn. Dh' fhalbh iad an latha sin cuideachd, 's thàinig latha eile. Chaidh dithis dhiubh seachad, ach sheas an treas fear dhiubh a dheanamh cainnte rithe. Ach chan abradh ise diog, 's cha ghabhadh i uirre gu'n robh i 'ga chluinntinn no 'ga fhaicinn. Ghabh esan gaol mòr uirre aig cho bòidheach 's a bha i 's thug e leis i air a chulaobh air muin an eich agus thug e leis dachaidh i, agus phòs e i airson a bòidheachid. Bha i ann an tigh mòr an Rìgh, 's bha am pailteas de luchd-freasdail aice, ach chan abradh i diog, ach sméideadh le a làimh nuair a bhiodh ni air bith a dhìth uirre, agus chìr 's shniomhaich i

an canaichean. Ri tìm cheart, dh' fhàs i torrach, 's an uair a bha tìm a h-asaid dlùth a làimh, bha aig an Rìgh ri dol air astar mu phairt de ghnothuch na rìoghachd. Dh' fhàg e an dà chuid, luchd-freasdail 's luchd-frithealaidh gu feitheamh uirre. Agus aon de na h-oidhchean, tra bha na mnathan mu'n cuairt air a' Bhanrighinn, thàinig an aon cheòl bu bhinne chualas a riamh, agus thuit a h-uile h-aon de na mnathan 'nan cadal, 's trà dhùisg iad, chunnaic iad gu'n do rugadh an leanabl 's gu'n robh e air a thoirt air falbh, 's cha robh fios aca ciod a dheanadh iad. Ach smaointich an té aig an robh cùram a' ghnothuich, gu'n deanadh ise dòigh, 's air eagal's gu'm marbhadh an Rìgh iad, is e mar a rinn iad, fhuair iad greim air piseag chait, 's mharbh iad a' phiseag, agus chuir iad an fhuil 's an gaorr mu bheul 's mu fhiaclan na Banrighinn.

An uair a thàinig an Rìgh dhachaidh, 's a dh' fharraid e gu de mar a bha, thuirt a' bhean-ghlùin, "Marphaisg air a' Bhanrighinn mhosaich, dhona, dholaich! Cha b'ionann i 's a' Bhanrighinn shona, shòlach! Cha robh aice ach piseag chait, 's cha bu luaithe a rug i a' phiseag, na dh' ithich i féin a rithisd i." Thuirt an Rìgh, "Tha a' cheud choire gus a leigeadh leatha."

An uair a dh' éirich a' Bhanrighinn, thòisich i 's shníomh i an canaichean le cuigeil 's dealgan: 's trà a bha e sníomhte, thòisich air deilbh eige, agus a chion beairt, b' éiginn di féin loinn a dheanamh, agus an snàth a chur air, agus figheadh le bhi

togail nan snàithnean le snàthad, 's rinn i dà eige mu'n robh i torrach a rithisd. Trath thuig an Rìgh mar a bha i, chuir e i a stigh do'n tigh, 's mnathan a thoirt an fhaire uirre; bha na dorsan glaiste, 's dh' fhalbh an Rìgh e féin bho'n tigh. Bha na mnathan a' suidhe suas leatha anns an oidhche a thoirt an fhaire uirre. Ach thàinig an ceòl . . . 's an uair a dhùisg iad, bha a' Bhanrighinn air a h-aisead, 's an duine cloinne air a thoirt air falbh. Bha eagal orra, an uair a thigeadh an Rìgh dhachaidh, gu'm marbhadh e iad, 's fhuair iad greim air cuilean coin, etc., etc. Thàinig an Rìgh dachaidh, etc., etc. "Leigear a' choire so leatha fhathasd." Dh' iarr na mnathan gu'n rachadh a losgadh, ach cha leigeadh an Rìgh sin a bhi.

An uair a dh' éirich i, thòisich i air a h-obair, agus rinn i eige eile, agus an sin thòisich i air deanamh nan leintean, agus bha iad gu inbhe beag deante mu'n d'fhàs i torrach a rithisd. Tra bha a tìm aig làimh, chaidh a cur a stigh do thigh, agus am pailteas de gach ni a dh' fheumadh iad agus gu leòir do luchd fritheal 's do luchd freasdail, agus dh' iarr an Rìgh orra an fhaire shònruichte a thoirt uirre, 's dh' fhuirich e féin aig an tigh an uair sin, ach an oidhche a bha fiughair aca i bhi aig laimh, bha iad dlùth m'a timchioll, ach mar a b' àbhaist, thàinig an ceòl, 's chuir an ceòl a chadal iad. Mharbh iad uircean muic, etc. Thuirt a' bhean-ghlùin ris an Rìgh, "Nach fhaic thu do Bhanrighinn dhona, dholach, cha b'ionann 's a'

Bhanrighinn a bhiodh gu sona, sòlach, etc. Cha bu chòird dàil a thoirt di, ach a losgadh."

"Tha duil agam fhéin," thuirt an Rìgh, "gu'm bheil i gle fhada agam a' breith chat, 's chon, 's mhuc, 's 'gan itheadh a rithisd." Rinn na h-uaislean coinneamh mu dhéidhinn na Banrighinn: 's thug iad a mach breith gu'n robh a' Bhanrighinn gus a bhi air a losgadh. Chaidh tulach mòr connaidh a thrusadh, 's teine chur ris, gus a' Bhanrighinn a losgadh air; chaidh a toirt a mach. Trà bha iad a' dol dh'a cur air an teine, chuala iad glaodh, 's thuirt an Rìgh, "Stadamaid, a sheall gu de is brìgh do'n ghlaodh so."

Agus bha aon de na leintean deante aig a' Bhanrighinn, 's rinn i gàire, 's chaidh an teine às.

Thòisich iad, 's bheothaich iad an teine a rithisd, 's thuirt iad ris an Rìgh gu'm bu chòir a cur air, nach robh brìgh air bith aig a' ghlaodh ud. Agus [anns an fhacal] bha leine eile deante aice, 's rinn i lachadh mòr ghàire. Tra bha iad a' dol dh'a cur air an teine chuala iad glaodh mòr eile. "Stadamaid beagan fhathasd, a sheall gu de is brìgh do'n ghlaodh so," ars an Rìgh. Stad iad tacan beag, 's chan fhac iad ni air bith; agus thòisich cuid de na h-uaislean agus na mnathan air a radh ris an Rìgh nach b' fhiach da bhi a toirt tuilleadh dàlach di; gu'm b' fhearr a tilgeadh 'san teine. Ach an uair a bha iad a' dol dh'a cur ann, chuala iad glaodh. Sheall iad, 's chunnaic iad tri marcaichean, 's iad

* Cotton-sedge or cat's-tail—*eriphorum vaginatum*, and *eriphorum polystachyon*. *Faclair MhicDhomhnuill*, s, 159.

a' marcachd an cùrsa (?) gu dian, agus [ri linn sin,] bha an treas léine deante aig a' Bhanrighinn, 's rinn i lachanaich de ghàireachdaich. Thàinig na marcaichean air an aghaidh. "Faiceamaid," ars an Rìgh, "ciod iad na marcaichean so a thàinig oirnn." Thuirt na mnathan gu'm b' iongnadh leò féin gu'n robh an Rìgh a' toirt na h-uibhir dàil di, 's i cho dona. Chaidh na marcaichean dìreach an taobh a bha a' Bhanrighinn, agus bha cròic féidh air gach fear dhiubh, 's ghabh an sluagh gu leir iongnadh a bhi 'gam faicinn. Bha, aig an fhear bu mhó, tuaiream aois dà bhliadhna de phàisde aig a bheulaobh air muin an eich, 's aig an ath fhear, aois aona bhliadhna de phàisde, 's aig an treas fear leanabh cìche air a bheulaobh. [Ach bha na marcaichean a' sior-dheanamh dìreach air a' Bhanrighinn, 's bu ghoirid a mhoill daibh a ruigsinn, 's an uair a ràinig,] thug i na leintean daibh, 's thug iad-san di-se a' chlann; 's chuir na fir orra gach aon dhiubh a leine fhéin air; thuit a' chròic bharr nan cinn aca, 's bha iad mar dhaoine eile, agus iad ro bhreagh. Agus thuirt a' Bhanrighinn ris an fhear bu mhó, "Gu'm meal thu do leine, a' bhràthair mhòir!" Agus thuirt esan, "Gu'm meal thusa do shlàinte, a' phiuthair!" Thuirt i, "Gu'm meal thusa do leine, a bhrathair mheadhonaich," etc. "Gu'm meal thusa do leine, a' bhràthair a's òige," etc. Thuirt na tri bràithrean, "Gu ma slan do d'chloinn, a' phiuthair!" agus thuirt ise, "Gu ma slàn dhuibh, a thrìuir bhràithrean."

Thàinig an Rìgh an sin far an robh iad, agus

thuir a' Bhanrighinn ris, "So dhuit do thrìuir mhac," agus dh' innis da mar a thachair, agus an reuson nach faodadh i cainnt a dheanamh gus gu'm bitheadh na léintean deante: 's gu'm b'e na tri fir a thàinig, a tri bràithrean. Chuir an Rìgh agus a bhràithrean-cheile fàilte air a chéile, agus dh' òrduich an Rìgh na mnathan a bha los a' Bhanrighinn a losgadh, iad fhéin a bhi air an cur air an teine a chaidh a chur air airson na Banrighinn a losgadh; chaidh an tilgeil air an teine agus ghlaoidh iad-san air maitheanas, 's ghuidh a' Bhanrighinn air an son 's chaidh an leigeil as.

Rinn an Rìgh cuirm mhòr airson na Banrighinn, agus a bràithrean: 's rinn iad gairdeachas mòr bho'n a fhuair iad buaidh air druidheachd na h-Eachlaraiche Ùrlar. An uair a bha sin seachad, thug na tri bràithrean beannachd le am piuthair, 's leis an Rìgh, 's dh' fhalbh iad dachaidh, do an dùthaich fhéin. Choinnich an athair iad, agus fhuair e a rithisd an trian a bha dhith air de a thùr, de a choiseachd, 's de a fhradharc. Chaidh an seann Rìgh 's a Mhic dachaidh do'n dùthaich fhéin, 's cha b' fad' a bha iad aig an tigh, gus an deach greim fhaotainn air an Eachlaraiche Ùrlair agus a losgadh. Cha d'fhuair a' Bhanrighinn mu dheireadh a bha aig an Rìgh a chead gnothuch a ghabhail ri ni sam bith, ach clann na ceud Bhanrighinn a' cumail smàdaidh uirre, 's cha robh diog aice ri ràdh a ghabhail a leithsgeul fhéin, 's an déidh bàs an t-seann Rìgh, cha robh moran meas uirre, 's chaidh crìoch air an sgeul le sin.

Na Seanganan.

CAIB IV.


Ceann-bhaile nan Seanganan.

GEANN-BHAILE nan Seanganan! Nach iomadh cuimhne thaitneach a tha tighinn orm, nuair a bheir mi smuain-eachadh air a sin, ged is làtha no dhà a nis o na chuir mi cas a staigh ann. Samhlaich leat féin, a leughadair, baile mór briagha a bha a chuid taighean uile air an snaidheadh as a'chreig, agus iad uile, eadar beag is mór, a'dealradh fo ghathan blàth na gréine cho boidheach glan agus a dhealras dealt an athar i féin air maduinn shoilleir an t-samhraidh.


Bha sràidean móra farsuing aig a' bhaile, agus cuid de na h-aitribh a bh'ann cho math cruthail sa chunnaic mi riamh. Bha na sràidean uile cho glan ri mèis, air chor is nach diùltadh fear air bith a bhiadh a ghabhail bàrr aghaidh orra: cha mhó bha nì r'a fhaicinn ann a chuireadh diomb no gràin air neach sam bith. Bha fuaran-uisge an sud san so, agus a h-uile fear dhiubh air an cuairteachadh le sreathan an déigh sreathan de fhlùran, is iad fo bhlàth is boidhiche dàth is cruth. An teis-meadhon a' bhaile, bha Ionad mór farsuing ann, cuairtiche air fad le taighean briagha, agus le iomadh aitreabh comharraichte

de 'n t-seòrsa sin a thàtar a'togail fa chomhair luchd-riaghlaidh na Stàide; agus b'ann bho'n Ionad mór so a bha na sràidean uile a'ruith am mach gu iarchrìochan a'bhaile, dìreach mar a ruitheas sreathan miotailt bho chop no meadhon sgéithe. Cha robh taigh ann nach robh am mullaichean air an sgeadachadh le gàraidhean anabarrach briagha ri amharc orra, o na bha iad so làn de na fùran is boidhiche agus is neònaiche air an do dhearg sùil duine riamh. Ged a bha na taighean féin car cosmhuil ris an fheadhainn sin a th' againne, gidheadh cha robh iad uile gu lèir mar sin, oir bha an taobh am muigh dhiubh cho math maisichte le nìthean a chuireas tlachd air an t-sùil is sunnt air an aigne agus am bi an seòmar is boidhiche agus is cruthaile maisichte a th' againn féin. Rinneadh so le dealbhan-balla air chaochladh dàth a bha ruith fo anainn gach taigh a bh'ann, agus, eadhon a shìos bho mhullach gu bonn ri aogais snaidhichte móran dhiubh. Barrachd air na dealbhan-balla so, bha cuid de na taighean air am maiseachadh a thaobh an taobh am muigh le suaicheantais air chaochladh brìgh—mar tha, “Is i an obair dàn ionmhalta an t-Sangain,” “Chan eil nì is mò is airidh sìorchochadh ris na an t-Ionracas,” agus an leithidean. Bha, cuideachd, a ghàrradh féin aig gach taigh, ge b'e air bith cho beag no mór sa bhiodh e; agus do bhrìgh so, cha robh caol-shràidean idir ann, cha mhò coslas air bith de'n domhladas cronail mosach déisneach sin r'a fhaicinn a tha cho cumanta


anns an dùthaich againn. Bha Ionadan eile an sud san so air feadh a' bhaile, is ged nach robh na h-Ionadan ud cho mór, ni mò cho briagha, sa bha an tì sin air an d'thug mi iomradh mar tha, agus a bha suidhichte an téis-meadhon a'bhaile, gidheadh bha iad-san farsuing gu leòir, agus anabarrach goireasach cuimseach fa chomhair an dearbh bhuil sin air son an deach an togail a suas—se sin ri ràdh chum soluis is blàths, aileadh ùr is sunnt a leigeil a staigh do'n bhaile. Tha dealbh-crutha fathast agam a rinn mi air ceann-bhaile nan Seanganan, àm dhomh bhi tuineachadh ann; agus leis gu'm bheil mi de'n bheachd nach bi so cùis uile gu lèir gun mheas gun taladh do chuid de mo cho-luchd-dùthcha ni mi samhladh dheth an so:—



MINEACHADH AIR AN DEALBH.



Sraidean.



An t-Ionad Mor.



Na h-Ionadan Beaga.



A.—Leth-chearcaill air iar-chrìochan a' bhaile.

A thaobh cruth nan taighean a bh'anns a' bhaile, cha robh móran eadar-dhealachadh eadar na taighean ud agus na tha againn féin anns an Aird-an-ear rathad nan nithean ceudna; ach a mhàin so, gu'n robh an fheadhainn a bh'aig na Seanganan car na's fhàide agus na's iosaille thaobh an dreach—cha mhò bha iad-san cho neo-ghoireasach ri amharc orra, ach, a réir coltais, uile gu lèir na's aotruime, finealta. Thuir mi mar tha gu'n robh a leithid de choslas orra uile agus a thug e sin orm a ràdh gur ann as a' chreig i féin a chaidh an snaidheadh; ach, an da rìreadh, cha robh cùisean idir mar so, mar a leigeadh thuigsinn domh mu'n robh mi móran làithean anns a' bhaile ud. An da rìreadh, chaidh na clachan air an robh na taighean air an deanamh a suas—se seòrsa marmor a bh'ann a réir mo bheachd-sa—a snaidheadh as a' chreig; ach na clachan féin, chaidh an gearradh agus an cur an àite leis an Seanganan, a bha cho fuathasach teòma mar fhir-togail aitreabh agus gu'm b'urrainn iad clach a chur air bàrr cloich, is sin gun leigeil chaigneadh air bith eatorra a bhi faicsinn-each. Tha so, cuideachd, ri innseadh mu na ceart taighean so, gu'n robh boghachan de mharmor a' sineadh eadar móran dhiubh—nì a ghinn buil an-barrach taitneach do'n t-suil, ge b'e air bith an taobh sin bho am biodh tu a'sealtuinn orra. Bha na camagan-cloiche so ag éiridh rud beag os cionn mullachan nan taighean, agus leis gu'n robh an dà ghàirdean aca a' comhlachadh ri chéile am bior no ruinn os cionn téis-meadhon na sràide, ar leam

nach chunnaic mi riamh innleachd ealaine-togail-aitribh a bu dòcha leam. Os bàrr, bha na boghach-an marmorach so 'nan dachaidhean aig miltean an déigh miltean de eòin canntaireachd, a bha, a latha sa dh' oidhche, a' dùsgadh mac-talla nan creag mu'n cuairt air a' bhaile le ceòl fonnmhor snasmhor an guthan binn guaineach. Bha flùran, fòs, air gach gnè is dath a' fàs gu ro phailt an dà chuid fo chromadh nam boghachan so agus air gach mullach is taobh a bh'aca, ionnus gu'n d'thug an seal-ladh briagha anabarrach taitneach so orm a chan-tuinn latha de na làithean, "Chan e Ceann-bhaile nan Seanganan a th'againn an so, ach Priomh-ionad nan eun is nam flùran."

B'ann air mullach beinne nach robh ach meadh-onach àrd a chaidh ceann-bhaile nan Seanganan a thogail; agus bha monaidhean móra biorach dubh-gorm ga chuairteachadh air gach taobh. Bho chuid de Ionadan is de shràidean a' bhaile, gheibheadh tu seallaidhean nach chunnaic mi an coimeas riamh roimh sud air son farsuingeachd agus bòidhchead an gnè thairis air an dùthaich a bha sineadh am mach bho'n bhaile gu'n astar dìreach mar a shineas sèan-fhairge air falbh gu muir bho chòrsachan eilean nan sìth. Bha buinn is taobhan glacan is cnocan cuid de na monaidhean so air an sgeadachadh le coilltean tiugha, agus le doireachan dosach a bha an coslas car mar òr; agus bha feadhainn eile ann a bha an slios an agus am bruthaichean cho math breach-naichte le daithean agus a tha 'm bogha-frois e

féin. B'e aobhar da so gu'n robh am feur agus na luibhean a bha ginntinn orra uile air an dath d'a réir sin, air chor is gu'n d'thug an fhàgail annas-ach, ach anabarrach briagha, so air fear de na Seanganan, is e 'na bhàrd, a ràdh an aon de na rannan aige:—

“ O Dhùthaich nan dath!
 O Thìr nan gath!
 Ciod e ris a choimeas mi thu,
 Mur e bogha-frois nan speur,
 'S e loma làn de eun canntaireachd ? ”

Cha robh fàsaichean, cha mhò ionadan fiadhaich neo-àitichte déisnach duaichnidh idir r'am faicinn, mar a tha iad cho tric a'tachairt oirnn anns an t-saoghal againne; ach sìth agus suaimhneas, bòidhchead agus siolmhorachd air gach taobh. Bha na h-achaidhean, far an robh iad (agus cha robh móran dhiubh so ann a réir coltais) tuilleadh is cosmhuil ris na gàrraidhean againne na rud air bith eile de'n cheart ghnè sin air an do leig mise sùil riamh roimh sud. Agus, O na measan a bh'ann an sin! Nach pailteas iad! Nach briagha thar aithris beoil an coslas a bh'orra! O nach iomadh craobh is preas a bha an cuid geugan fo chromadh eadhon gu'n talaimh le truimead a' bhàrra a bha fàs gu ro phailt orra! Agus iad so uile, gun teagamh, a' còrdadh cho math do'n bhlas sa bha iad a'toirt tlachd do shùil an fhir-amhairc. O nach iomadh seòrsa de mbeasan a bh'ann—cuid dhiubh air am breachachadh mar

iteach an eòin is bòidhiche sgeadaichte, no an dealan-dé is maiseiche thàinig riamh am mach á com nam flùran; agus feadhainn eile a bha an coslas làmh ri clachan priseil air an ùr uidheamachadh fo inneal an fhir-liomhaidh. A thaobh nan craobh-mheasan so, tha'm bàrd ainmeil ceudna air an d'thug mi iomradh mar tha ag ràdh an aon de na dànan aige:—

“Mar choslas na h-iarmailt aig druim na
h-oidhche,
Tha na liosan 's na h-achaidhean againne:
Miltean air muin miltean de mheasan
annt',
'S gach aon dhiubh mar reannag,
A' boillsgeadh gu soilleir gu h-àrd.”

Bha craobh-mheas ann an sin a bha a bhun is a gheugan air dath a'choireil, agus a dhuilleagan mar mhàthair-na-niamhnaide, agus barr trom air a bha a choslas mar gu'm b'iad cuinnsean de òr is de airgiod a bha fàs air a sin. An àite eile de'n dùthaich chunnaic mi seòrsa de chrannfiona, is e fo bharr is fo bhlàth aig an aon àm, agus a dhuilleagan uile air dath nan stuadhan lannaireach nuair a bhios iad a' siubhail os cionn gruinn de shligean geala miona. Aig bun, cuideachd, cuid de na beanntain a bh'ann, bha treud mhór de chrodh geal ag ionaltradh gu ciùin sìtheach, agus nuair a bhiodh a'ghrian a'dealradh orra so le lànnachd a neirt aig meadhon-latha, b'ann ceart mar sneachd air ùr thuiteam air barr nan

stùc is àirde dreach a bha iad a'sealtuinn. Bha truid móra de fhéidh, de chaoirich is de ghobhair air an de'n leth-bhreac dath an sud san so, mar an ceudna, agus fhad sa bha mi anns an dùthaich bheannaichte shunndaich ud, cha thachair mi riamh air creutair a snàigeas no air beathach a cheumas a chuireadh oillt no cron air neach air bith. Gu fìor, b'i sud an tìr a bha sruathadh le bainne agus mil.

“Tha mi mothachadh gu'm bheil thu smuaineachadh air mar cho cosmhuil is, fathast, air mar cho eu-cosmhuil, sa tha ar dùthchannan do gach a chéile,” ars an Seangan.

Ghabh mi clisgeadh.

“Agus ciamar a bha fhios agad air a sin, a charaid?” fhreagair mise, “gu dearbh, cha b'urrainn mi mi féin mo smuaintean a chur an riochd dad na's soilleire na tha thusa deanamh as mo leth-sa, ged nach d'thuirt mi diog.”

“Coma leat sin,” ars an Seangan. “Ach tha dòigh no dhà againn air gluasadan an inntinn a leughadh is a chur fo riochd againn nach gabh mineachadh an so. Ach, cum air t'aghaidh, a charaid. Tha fadal orm Ceann-bhaile nan Seanganan a nochdadh duit.”

A nis, b'e an nì is mò bha cur de iongantas orm am feadh a bha sinn a'siubhail còmhla tre shràidean Ceann-bhaile nan Seanganan a dh' fhaicinn mar cho buileach dripeil deanadach sa bha a h-uile fear a'sealtuinn a thachair oirnn. Bha sunnd agus aighear air gach aogas, ach ged a bha, cha robh

anns a sin féin ach aiteas na saothaireachd, agus aoibhneas na dìcheallachd, agus cha b'ann idir drochd aiteas na leisgeineachd, no subhachas fìor chonail luchd-na-sòghalachd. Bha a rathad féin aig gach Seangan, agus, gun teagamh, ceann uidhe airidh air choireiginn d'a réir sin aige cuideachd. Cha robh domhladas neo-iomchuidh, cha mhò purradh is pùcadh mi-mhodhail a chéile idir r'a fhaicinn anns a'bhaile; ach bàighealachd agus deagh-ghean air gach taobh, is a h-uile fear fa leth a'gabhail a rathaid féin gun an aire is lughadh a thoirt do chàch, ceart mar gu'm biodh e leis féin an téis-meadhon pairc, an àite siubhail tre shràidean domhladach ceann-bhaile a dhùthcha. Cha chunnaic mise a leithid de shealladh taitneach iongantach riamh roimh sud, agus, leis an ionghnadh a bh'orm, air m'fhocal, cha mhór nach do thuit na sùilean agam glan as mo cheann, nuair a thug mi fainear nach robh aon aca a bha toirt an aire is lughadh d'a leithid de shealladh neònach ainneamh agus is gann a chreidsinn e nach robh mise toirt seachad daibh mar a bha mi gabhail nan sràidean aca an cuideachd mo chòmpanaich. Coma co-dhiùbh, cha do ghabh iad clisgeadh nuair a choinnich sinn, cha mhò a rinn iad stad orra féin gus amharc orm, mar is tric a ni na Persiaich nuair a chì iad dad no neach air bith is ainneamh leo; ach, an àite sin, se a thachair gu'n gabhadh iad san uair gu math rianail cùrteil seachad oirnn, is sin gun smiod à beul no gluasad iongantais o làimh—ach dìreach focal no dhà de fhàilteachadh cumanta na dùthcha,

no cromadh cinn gu math caoimhneil modhail duinn.

“Is cùis fìor iongantach leam a dh' fhaicinn mar cho beag aire sa tha na Seanganan a'toirt domh féin,” arsa mise.

“Cha ruig thu leas a bhi toirt ionghnaidh as a sin” fhreagair mo chòmpanach. “Sa cheud àite, tha muinntir a'bhaile so tuilleadh is cùrteil r'a leithid de nì a dheanamh agus amladh no imcheist a chur air coigreach air bith le bhi dearcadh an clàr an aodainn aca, a réir dòigh mhi-mhodhail nan daoine. Rud eile; tha sinne daonnan tuilleadh is dripeil deanadach r'a leithid de ghiulan neo-fheumail neo-thoingisgeil a ghnàthachadh. Ach, cum air t'aghaidh, a charaid. Chan eil cead againn air stad no màirneal a dheanamh an so.”

Mar sin, chum sinn air ar n-aghaidh feadh shraidean is ionadan a'bhaile, agus O nach robh gach dàra sealladh a dh' éirich dhomh an sud a' tighinn gu math rium! Bha, mar a thuir mi cheana, taighean móra briagha air gach taobh dhìom, is lùchaistean nan uaislean—ma's ceart e a leithid de fhocal a charachadh d'an leithidean—air an rìomhachadh a thaobh an taobh am muigh air dòigh cho maiseach agus is urrainn do inntinn duine is beothachaille stuigte a thaobh aigne a mhac-meanachadh; ach, cho fad sa bha mo léirsinn féin a'dol, cha robh buthan ann, cha mhò taighean-tasgaidh de sheòrsa air bith—rud a thug orm fa dheòidh, a ràdh,

“Nach tur neònach an gnothach, a charaid, nach bi mi faicinn buthan an so, cha mhò taighean-tasgaidh, no aitreabh sam bith eile a chaidh a thogail a dh’ aon obair air son malairt is co-cheannachd a ghiulan air an aghaidh?”

Thuirt an Seangan, “Cha neònach idir an gnothach sin, do bhrìgh nach eil iad ann; agus an rud sin nach eil ann, ciamar is comasach an gnothach gu’m biodh tu-sa, no creutair air bith eile, ga fhaicinn? Chan eil buthan is an leithidean againn a chionn nach eil aon chuid cèird no marsantan a’ tighinn beò nar measg. Anns an dùthaich so againn, tha gach gnothach malairt is meur ceannachd uile gu lèir an làn glac aig na Stàide, agus, mar sin, chan eil cead aig ar muinntir air co-cheannachd a dheanamh. Tha taighean-tasgaidh agus an leithidean de aitreabh am pailteas againn—mar a chì thu, gun teagamh, air do shon féin mu’n ruith móran aimsir seachad—ach tha iad so uile an seilbh is fo bhuidh na Stàide, a tha os cionn a h-uile nì is neach anns an t-saoghal so, agus a tha riaghladh a h-uile gnothach—ge b’e air bith cho beag no mór sam bi e—chum leas ar muinntir air fad. Ach, cum daonnan air t’aghaidh, a charaid, eagal gu’n tuit sinn fo mhi-thlachd aig na freiceadan.”

Mar sin, ghabh sinn air ar n-aghaidh aon uair eile, is comhra gu math taitneach eadaruin a h-uile ceum de’n rathad. Ach, an ceann ùine bhig, se a thachair gu’n d’thuirt mo chòmpanach rium,

“Feumaidh mi nis dealachadh riut car seal. Tha gnothach àraidh agam ri thoirt gu gnìomh anns an taigh ud shuas nach gabh idir seachnadh air an àm. Ach, cha bhi mise ach mionaid no dhà air falbh bhuat. Lean thusa, matà, ri deanamh sraidimeachd gu tapaidh clis a suas sa sìos na sràide so, gus am bi mi air m’ais. Bidh mise cho ealamh agus is urrainn domh a bhi.”

Dh’ fhalbh mo charaid; ach cha robh mise leam féin ach ùine glé ghoirid, nuair a thug mi mothachadh do dhithis Sheangan, is treud mhór anabarrach briagha de’n chrodh geal a chunnaic mi roimh rompa. Bha na Seanganan gan iomain air an aghaidh tre shràidean a’ bhaile, agus rinn mise stad am chois eachd chum amharc orra. Is gann a rinn mi sud nuair a chuala mi fead àrd guaineach nan Seanganan làmh rium, agus an ath rud a dh’ fhiosraich mi, b’e sin cleòca no bréid mhór air choreiginn gu math trom tiugh a chur mu m’ cheann, agus mo ghiulan air falbh gu ro luatha le cuideiginn nach robh idir faicsinneach dhomh.

RUARaidh ARASCAIN IS MHAIRR.

(R’a leantuinn.)



Moid na Cloinne.

THA iomadh bliadhna bho'n thòisich aifh farum "Suas leis a' Ghaidhlig" ri bhi air eigheach air fad agus leud na Gàidhealtachd, agus 's iomadh dòigh a bhla daoine cur air chois airson na crìche sin a thoirt gu foirfeachd.

Cha' n' eil teagamh sam bith agam nach' eil caochladh dhòighean 'g an cleachdadh aig an là 'n diugh airson cùisean ar cànan a chur air bonn ceart, agus nach 'eil toraidhean mòra leantuinn nan oidhirpean sin, ach 's e mo bheachd mur bi 'Ghaidhlig air a teagasg gu ceart do'n òigridh 's na sgoiltean Gàidhealach nach bi adhartas a' chànan sin ach bochd truagh agus gun bheatha. 'S e glé bheag 'tha chuid as motha do'r Gàidheil a' saoil sinn do'ti Ghaidhlig. 'S e chanas iad, "Tha Gaidhlig gu leor againne. 'S e tha dhìth oirnn Beurla." Cha'ti urrainn cuid aca 'thuigsinn am feasd nach gabh a' Bheurla 'bhi air a h-ionnsachadh leosan aig nach eil ach a' Ghaidhlig ach troimh chladhan a' chànan sin air am bheil iad eòlach bho'n àige. Tha sean-fhacal ag ràdh, "An car a tha 's an t-seana mhaide 's duilich a thoirt às," agus ged do bheirte às e, 's dòcha gu'm briseadh e 'n a dhà leth, agus mar sin, 's ceart cho math dhuinn leigeadh leis na bodaich agus na cailleachan agus ar smuaintean a thionndadh a dh' ionnsuidh sgoilearan ar Gaidhealtachd,

agus fiachainn dé ghabhas deanamh riu-san 's a' chùis so.

Cha d'thàinig an là beannaichte air ar sgoilean Gàidhealach fhathast anns am bi maighstir-sgoile Gàidhlig 's gach gleann agus srath, agus fuaimean binn a' chànan sin air an uisneachadh ann a' bhi teagasg uile leasain an là. Ged nach d'thàinig 's iomadh maighstir-sgoile a th' againn 's a' Ghàidhealtachd, agus faodaidh iad uile feum cubhaidh a dheanamh do'n Ghaidhlig ann a' bhi brosnuchadh inntinnean na cloinne gu smaoinachadh. Faodaidh iad òrain Ghaidhlig a theagasg dhoibh, agus tha fhios againn uile air an sùrd leis an seinn a' chlann na h-òrain sin, an coimeas ri fuinn bhlian nan òrain Bheurla, nach 'eil iad gu ceart a' gabhail gu cridhe. Faodaidh iad cuideachd cuid de oibrigh nan bàird Ghàidhealach a thoirt dhoibh airson ionnsachadh air an teangaidh, agus tha leabhran glé laghach, do'n ainm *Dàin Thaghte* air a chur a mach leis a' Chomunn Ghàidhealach airson na crìche so. Cha'n 'eil maighstir-sgoile Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd, tha mi creidsinn, nach 'eil a' teagasg do'n chloinn am Biobull Gàidhlig a' leughadh, agus tha mi toilichte gu'm bheil "Dileab ionnsachaidh na Gaidhealtachd agus nan Eileanain" (Highland and Islands Trust), a' toirt seachad duais airson sin. Ma tha chlann fileanta ann an leughadh a' Bhiobull Ghaidhlig far am fosgail e, cha dh'fhoich sgoilearain Gàidhlig iad, agus tha e gu tric a' tìchairt ma tha neach sgibealta ann an leughadh cànan gu'm bi e math air a sgrìobhadh aig

an aon àm. Tha mi comasach air a ràdh bho'm oidhirpean beaga féin ann an teagasg sgrìobhaidh na Gàidhlig, nach 'eil mòran saothair sam bith ann, sgrìobhadh na Gàidhlig a theagasg do chlann aig am bheil i mar chànain mhaithreil. Na'm biodh eadhon deich mionaidean de'n leasan Bhiobuill gach là air a chur air leth airson beachachadh air litrichean na faclan, agus an dòigh anns am bheil cuid diubh air am briseadh sìos troimh chleachdadh, cha b' fhada gus am biodh a chuid mhòir de'n chloinn gu math fileanta ann an sgrìobhadh an cànain.

Ma dh' fhaodas gach maighstir-sgoile Gàidhealach an uibhir so a dheanamh airson teagaisg na Gàidhlig le ùghdarras agus cead Tighearnan Fhòghluim an Sassin, carson nach biodh Mòd beag aig gach aon aca 'n an sgoilean féin. Cha chosgadh e ùine 's cha chuireadh e ann am fiachan iad, agus bheireadh e misneach mhòr do'n chloinn. Cha bhiodh pàrant nach d' thoireadh dha sé sgillinn no tasdan airson dhuaisean do'n chloinn, agus nach bu thaitniche leo uile oidhche chiuil a' bhi aca 's a' chlachan, agus tasdan no ochd-sgillinn diag a phàigheadh airson sin, agus cha b' fhada gus am biodh airgid gu leòr an làmhnan a' mhaighstir-sgoile airson dhuaisean. Tha mòran mhinistearan 'n ar Gàidhealtachd a bhiodh deonach agus toil-each breith a thoirt aig Mòd beag mar so, agus ged do bhiodh na duaisean beag an toiseach agus na comh-fharpuisean tearc, 's ann a' tighinn ris a bhiodh iad gach bliadhna. Bu ghlé mhath an

toiseach tòiseachadh comh-fharpuisean 's na nithean a dh' ainmich mi mar tha, leughadh a' Bhiobuill, eadar-theangachadh bho Ghàidhlig gu Beurla agus bho Beurla gu Gàidhlig, meomhair, seinn, agus 's dòcha sniomh airson nan caileagan. 'N uair a dh' fhàsadh a' chlann fileanta ann an sgrìobhadh na Gàidhlig, dh' fhaodadh duais a' bhi air a' toirt airson sgrìobhaidh litreach Ghàidhlig, no airson cùntais an Gàidhlig air cùspair sam bith air am bheil a' chlann eòlach.

Tha fhios agam gur cubhaidh gu'm bi gach maighstir-sgoile Gàidhlig a' deanamh a dhleasdanas 's a' chùis so, agus tha mi cinnteach nach 'eil dòigh air an talamh is fheàrr airson blas a' thoirt do'n chloinn air a' Ghàidhlig, na na Mòid bheaga, agus duaisean beaga 'n an cois.

I. N. M.



BUTH-LEABHRAICHEAN GAIDHLIG GHLASCHO.

Folk Tales and Fairy Lore (Gàidhlig is Beurla),	...	6/0	postachd	4sg	
Am Fear-ciuil, Dàin, Orain, is Sgeulachdan, le Maceacharn,	...	3/6	"	4sg	
Robert Burns, Dàin is Luinneagan, esdar-theangaichte do'n Gàidhlig Albaunnach,	...	7/6	"	4sg	
An Cath Spioradail, le Lorenzo Scupoli,	...	1/6	"	1sg	
Sàr-obair nam Bàrd,	...	2/3	"	4sg	
Caraid nan Gaidheal, clo bhualadh ùr, N. Macleoid,	...	5/0	"	5sg	
Orain is Dàin, le Donnachadh Bàn, clo-bhualadh ùr,	...	1/6	"	3sg	
Laoidhean, le Peadair Grannd,	...	1/6	"	3sg	
Clarsach an Doire, clo-bhualadh ùr, Niall Macleoid,	...	3/6	"	4sg	
Eisereigh na seann Chanain Albannaich,	...	2/0	"	3sg	
Laoidhean is Dain Spioradail, le Murchadh Mac-leoid,	...	2/0	"	2sg	
Filidh nam Beann,	...	6sg	"	1sg	
Luinneagan Luaineach, le Coirneal Iain Mac-Ghriogair	...	3/6	"	4sg	
Dàin Iain Ghobha (dà leabhar: coimhionta)	...	7/0	"	6sg	
Laoidhean is òrain nan Gaidheal, le Mac-bheathainn,	...	2/6	"	4sg	
Gaelic Psalmody, roghainnean, le Mac-bheathainn,	...	1/0	"	3sg	
The Celtic Lyre (Gàidhlig is Beurla),	...	3/0	"	3sg	
Orain Ghàidhlig, le C. R. Baptie,	...	1/0	"	2sg	
Ceòl nan Gaidheal, comhdaichte le tartan de shioda, Mac-an-t-saoir,	...	1/6	"	1sg	
An t-Oranaiche, le A. Mac-na-ceardadh,	...	10/6	"	5sg	
Dana Oisein Mhic Fhinn, fo làimh an Oil: Mhic-Lachlainn	...	2/0	"	3sg	
Dàin is Orain, le Mairi Chamshron,	...	3/6 air	2/8	"	3sg
Orain Ghàidhlig, le Uilleam Ros,	...	1/6	"	2sg	
Eachdraidh a'Phrionnsa, no BliadhnaThearlaich, clo-bhualadh ùr	...	5/0	"	4sg	
Na Daoine Sidhe, is Uirsgeulan eile, comhla ri eadar-theangachadh gu Beurla,	...	1/6	"	4sg	
Gu'n d'thug i speis do'n Armunn, le Iain Mac-Cormaig,	...	1/0	"	2sg	
Cuairt an Eilthirich, le Iain Buinian,	...	1/6	"	3sg	
Baxter's "Call to the Unconverted,"	... } an	1/0	"	2sg	
Boston's "Four-fold State" (clo-bhualadh ùr),	Gàidhlig	3/6	"	4sg	
Sgeulaiche nan Caol, le Iain Mac-Phaidein,	...	2/6	"	3sg	
Oiteagan o'n Iar, le Iain Mac-Cormaig,	...	2/6	"	3sg	
Naidheachdan Firinneach ("Fionn"), dà leabhar, am fear	...	3/6	"	4sg	
Leabhar nan Cnoc,	...	2/6	"	3sg	
Eachdraidh-beatha Iosa Chriosda, leis an Urr: Iain Mac-Ruaraidh nach maireann	...	1/6	"	4sg	
Na h-Oidhchean Arabach (eadar-theangaichte gu Gàidhlig), 'nan trì roinnean (paipear),	...	3/0	"	5sg	
Biobaill, Leabhraichean-ùrnaigh, etc., air prìsean glé iosal.					

Cuir fios an diugh air a'Chlàr-leabhair againn. Tha e air a dheanamh a suas de cheithir-taobh-duilleig-thar-fhichead, is gheibhear a nasguidh is saor leis a' phost e. So an Clàr is coimhionta agus is fhèarr a th'ann.

Alasdair Mac-Labhrunn agus a Mhac

Leabhar-reiceadairean Gàidhlig,

360-362 SRAID NAN EARRAGHAIDHEAL, GLASCHO.

BOOKS FOR SCOTSMEN.

THE CELTIC DRAGON MYTH, in Gaelic and English, <i>Henderson</i> , ...	6/0	-postage	4d
HISTORY OF THE HIGHLANDS OF SCOTLAND, <i>Skene and Macbain</i> , ...	4/0		4d
THE HIGHLAND CLANS: Their History and Traditions, <i>Skene</i> , ...	4/0		4d
THE HIGHLANDERS OF SCOTLAND: Origin, History and Antiquities, Manners and Customs. New edition. In 2 vols., ...	7/6		6d
HISTORY OF THE HIGHLANDS AND WESTERN ISLES, <i>Gregory</i> , ...	4/6		4d
HISTORY OF THE HIGHLANDS AND GABLIC SCOTLAND, <i>Mitchell</i> , ...	12/6		6d
SHORT HISTORY OF THE HIGHLANDS AND WESTERN ISLES, <i>Mackenzie</i> , ...	5/0		4d
MANNERS, CUSTOMS, AND HISTORY OF THE HIGHLANDERS, <i>Sir W. Scott</i> , ...	1/9		4d
SCOTTISH CLANS AND THEIR TARTANS, 96 full-page plates, ...	2/6		4d
SCOTTISH CLANS, SEPTS, AND REGIMENTS, 114 coloured tartan plates, ...	15/0		6d
FAMOUS BATTLES OF SCOTLAND. By <i>Tytler</i> Special price, ...	1/0		3d
HISTORY OF CLAN MATHESON. By <i>A. Mackenzie</i> . 2nd edition, ...	15/0		6d
HISTORY OF CLAN LINDSAY. By <i>Mackay</i> . Now out of print, ...	16/0		5d
HISTORY OF CLAN CAMERON. By <i>Mackenzie</i> , ... 25/- for 15/0			6d
GLOOMY MEMORIES: or, Scottish Highland Clearances, <i>Macleod</i> , ...	1/0		3d
DEIRDRE: or, The Tale of the Clan Uisne. By <i>John Carmichael</i> , ...	3/6		3d
EVIL EYE IN THE WESTERN HIGHLANDS. By <i>E. C. MacLaggan</i> , ...	3/9		4d
PROPHESIES OF THE BRAHAN SEER. By <i>Mackenzie</i> . New edition ...	1/0		3d
HIGHLAND SUPERSTITIONS. By <i>Alex. Macgregor</i> . Cloth, gilt top, ...	2/0		3d
HIGHLAND STORIES OF SECOND SIGHT, DREAMS, CLAIRVOYANCE, &c., ...	2d		3d
OLD SCOTTISH CUSTOMS, Local and General. By <i>Guthrie</i> , ...	2/1		4d
UNIQUE TRADITIONS OF THE SOUTH AND WEST OF SCOTLAND, ...	1/6		4d
THE LAIRD OF LOGAN, Tales of Wit and Humour, 364 pages, ...	1/6		4d
HUMOROUS AND AMUSING SCOTTISH READINGS. By <i>A. G. Murdoch</i> , ...	2/0		4d
ESSAYS: The Old Highlands. Introduction by Neil Munro, ...	6/0		4d
THE LITERATURE OF THE HIGHLANDS. By <i>Magnus Maclean, M.A.</i> , ...	7/6		5d
THE LITERATURE OF THE CELT. By <i>Magnus Maclean, M.A.</i> , ...	7/6		5d
DAYS OF DEERSTALKING IN THE SCOTTISH HIGHLANDS, <i>Scrope</i> , ...	5/6		5d
SPORTSMAN'S AND NATURALIST'S TOUR IN SUTHERLAND— <i>St. John</i> , ...	2/6		3d
LIFE AND TIMES OF PRINCE CHARLES STUART. By <i>A. C. Ewald</i> , ...	1/9		3d
SONGS AND TALES OF ST. COLUMBA AND HIS AGE, ...	6d		1d
FEARCHAIR-A-GHUNNA, the Ross-shire Wanderer, paper cover, ...	1/0		3d
LYRA CELTICA: an Anthology of Celtic Poetry. <i>E. A. Sharpe</i> , ...	6/0		4d
POEMS OF OSSIAN, English translation. By <i>James Macpherson</i> , ...	2/0		3d
THE CENTENARY OSSIAN. Notes. Edited by <i>Fionna Macleod</i> , ...	5/0		4d
SONGS AND POEMS OF ROB DONN. New edition. By <i>Hew Morrison</i> , ...	6/0		5d
SCOTTISH SONGS. Staff, piano accompaniments, 2/6. In tartan, ...	3/6		4d
PIPING FOR BOYS. A piper's primer to learn the bag-pipes, ...	1/6		3d
<i>MacIain's</i> COSTUMES OF THE SCOTTISH CLANS, 74 plates, ...	6/0		4d
<i>MacIain's</i> HIGHLANDERS AT HOME, 24 plates. A great work, ...	6/0		4d
<i>Hately Waddell's</i> PSALMS IN BRAID SCOTS, ...	1/6		3d
A GUID ANGLO-SCOTS DICTIONARY, bound in tartan, ...	2/3		2d
<i>Jamieson's</i> DICTIONARY OF THE ANGLO-SCOTTISH LANGUAGE, new ed., ...	12/6		7d

Gaelic and English Dictionaries and Grammars.

We have these at all prices. Full details of these and many other books not mentioned here, will be found in our Catalogue of Highland and Gaelic Books, which will be sent to you free on receipt of address.

ALEX. MACLAREN & SON,

General Booksellers,

360 and 362 ARGYLE STREET, GLASGOW.

Air a chur
am mach



Deas
gu leughadh

An Cath Spioradail

Le LORENTZO SCUPOLI.

Leugh na tha na paipearan ag radh m'a thimchioll.

"The translation is a masterpiece. The Gaelic is excellent throughout, the orthography and the grammar being all that could be desired. The book is in shape and size handy enough to be quite conveniently carried in the pocket."
—*Highland News*.

"We have no doubt the work will meet with a hearty reception. It is clearly printed on good paper, in a handy size for the pocket."
—*Glasgow Evening Times*

"This translation is careful and scholarly, the rendering being throughout into idiomatic and readable Gaelic. The Book is neatly got up, and reflects credit on writer and publishers alike."
—*Aberdeen Journal*.

"It is a valuable addition to Gaelic literature. . . . It is admirable reading, and should receive the support of all Gaelic readers."
—*The Buteman*.

"The Gaelic of this little volume is pure and idiomatic. The translation has been faithful to the Latin original, and under the distinguished editorship of Ruairidh Arascain is Mhàir, the Scottish Catholic Press has issued at the modest price of 1s. 6d., a volume which ought to be of interest to all Gaels—Catholic and Protestant alike—who love a language, which lends itself, as do few others, to the aspirations of devotion."
—*Argyllshire Herald*.

"The *Cath Spioradail* is a good little book, which anyone might read with advantage; and it is pretty sure to have a wide class of readers amongst Catholics and Protestants."
—*Oban Times*.

A phris, aon tasdan is sè sgillinn, no sè cents-deug thar fhichead, am fear, saor leis a' phost.

CUIR FIOS AIR SON FIR AN DIUGH FÉIN.

Faodar a cheannach, mar an ceudna, bho

A. MAC-LABHRUINN AGUS A MHAC,
360-362 Sraid nan Earraghaidheal, Glascho.

Tiodhac na's fearr agus na's Freagarrache air son caraid thall no bhos chan eil ann.

AN CLÒ-CHLAR CAITLICEACH

26 AN T-SRAID ARD, PEAIRT.

GUTH NA BLIADHNA

Leabhran raitheil da-theangach.

Is e cuspair an leabhraìn so cùisean cudthromach an là'n diugh, a' t' chum tairbhe nan Gàidheal, a dheasbud. Tha sin ga dheanamh dà chuid an Gàidhlig sam Beurla nan Sasunnach.

Bu chòir do gach neach a tha cur ùigh anns a' Ghaidhealtachd is an a' Ghàidhlig an leabhran so a leughadh do ghnàth.

Tha còrr is ceud taobh-duilleig anns an leabhran ainmeil so is gann té dhiubh a' giùlan nan smuaintean is luachmhoire anns a' chainnt ealanta.

Tha GUTH NA BLIADHNA air a chur am mach uair san ràithe, agus i a' phris bhliadhnail 5s., no \$1.24 saor leis a' phost.

Ach faodar a cheannach aig ceann gach ràithe bho leabhar-reicead no bho reiceadair phaipear-naidheachd.

CLÀRAMAIS (An Geamhradh, 1911).

EIRINN IS ALBAINN.

AM FEARANN AGUS CISEAN, LE A. M. E.

CEOL-SEINN NA TUATHA, LE C. M. P.

THE SCOTTISH NATIONAL DRESS, BY THE HON. R. ERSKINE.
COMHAIRLE AN ATHAR CEANNT, LEIS A'CHRAOIBHIN AOIBHINN.
AN STAID GHAIDHEALACH, LE RUARAIDH ARASCAIN IS MHAIRR.

THE ANCIENT FAITH OF THE WELSH, BY THE

REV. FATHER THOMAS P. KANE, S.J.

"AN COILEACH CRAOBHACH."

A GOOD GAELIC SOCIETY.

CORRESPONDENCE.

"Guth na Bliadhna has the saving grace of never being dull."—*Oban Times*.

"Fascinating reading."—*Highland News*.

"The articles throughout are of great interest and brilliantly written."—*Aberdeen Journal*.

"The Editor of *Guth na Bliadhna* has enlisted the services of a body of contributors of marked ability. They are doing yeoman service in forming public opinion."—*Dundee Advertiser*.

"Is gasda e ri leughadh o'n cheud dhuilleig gus an té mu dheireadh."—*Oban Weekly News*.

"Guth na Bliadhna is, I have no hesitation in saying, superior to all the Gaelic periodical literature at present being published. It is impossible not to recognize and admire the virility of its articles."—"Q" in *Stirling Sentinel*.

GUTH NA BLIADHNA

Air a chur am mach le

AONGHAS MACAOIDH, 43 Murray Place, Struibh

THE *HM* PATENT
Velvet Grip
BOSTON GARTER
KNOWN & WORN
ALL OVER THE
WORLD
LOOK FOR THE
PATENT RUBBER
BUTTON



"Boston" Plain, Check, and Striped Cotton Elastic, 1s. p. pair Plain Silk, 2s. p. pair.
Postage 1d. per pair extra.
If unable to obtain from your Hawker's, write to
THE VELVET GRIP MANUFACTORY,
Hackney Rd. Works
London, N.E.

HARDY'S BROMPTON CONSUMPTION AND COUGH SPECIFIC.

Sìnuighear an sgambhain.

An aghaidh Casdaich, A' Chnatain, agus Galair Cleibh.

Bheir e faothachadh grad agus leigheas cinnteach. Fhuair e moladh mòr bho na Léighean an coitcheannas. 'B' ann le Seoras Hardy (a bha uair an Spideal Bhrompton), a chaidh a' chungaidh so a thionnsgnadh. Air 1/1¹/₂ agus 2/9 aig luchd-reic chungaidh leigibh, no saor leis a' phost.

HARDY'S BROMPTON COUGH LOZENGES.

A' phrionh chungaidh agus a' chungaidh cheart air a reic am bocsaìn a mhàin—cha'n ann idir am pasgain. Bidh gach bocsaìn air a shuaineadh an teistean na flaitheachd, agus a' giùlan fuagrachd Hardy e féin. Air 1/1¹/₂.

Depot—42 Waterloo Road, S.E.

Air a ghabhail leis na mor-uaislean.

Air a reic anns gach buth a th' aig BOOT.

Luchd-deanamh Cocoa agus Chocolate, fo ughdarras Sonruichte—

DO'N RIGH.

DO'N BHAN-RIGH.

agus DO PHRIONNSA NA CUIMRIDH.

Fry's PURE CONCENTRATED Cocoa

Is deoch irèachaidh bharrail i so mu choinneamh ceud-longaidh agus lòn-feàsgair. Cha'n 'eil chungaidh ann nach 'eil a chum beathachadh agus beothachadh na coluinn air feadh, no an déidh, obair latha. Tha e sìr-bhlàsda, agus is fàth sin air an fharraid mhóir a tha air. So na thubhairt an Saol Tearlach A. Camshron, C.B., M.D., a bha uair 'na Ard-cheann air Colaiste Rìoghail nan Leigh an Eirinn, as a leth:—"I have never tasted Cocoa that I like so well."

Bu Luchd-deanamh iad

DO'N RICH, DO'N BHAN-RIGH, DO PHRIONNSA NA
CUIMRIDH,

AGUS DO'N T-SLUAGH, AM FAGUS AIR 200 BLIADHNA.



“Saoil an deanadh Hall's Wine math air bith dhomhsa ?”

Chi mi gu'm bheil móran iomraidh air; ach cha'n 'eil fhios agam co-dhiùbh tha no nach 'eil éifeachd ann.”

Sin na chuala léigh a tha 'na charaid do HALL'S WINE, bean-
usal ag ràdh an là roimhe; agus an uair a bha e 'ga innseadh
dhuinne, ars esan: “Tha e cur ionghnaidh orm uiread de dhaoine
d'an deanadh HALL'S WINE sàr chòmhnadh 'nan càs, na'n rachadh
iad m'a cheannach 's m'a ghabhail.

So agaibh cliù HALL'S WINE. Fhuair e dearbhadh a sheas còrr is fichead
bladhna. Tha e air aideasachadh le léighean agus le mnathan-altruim gur
miorbhuleach mar chungaidh-leighis e a dh'aiseag slàinte do'n cholunn
bhreòite, fhann. Tha sinn 'ga thoirt am follais mar so, cha'n e mhàin a
chum buannachd dhuinn féin, ach a chum leas an t-sluaigh gu coitcheann,
mar an ceudna. Ach, ged is e an dearbh fhìrinn a tha sinn ag innseadh,
tha iad ann nach dean uiread is aon bhotul a dh'fheuchainn, ged is mòr
am feum air.

Feadhainn tha fann, airtneulach a ghnàth. Feadhainn aig am bheil fuil
thana. Feadhainn nach 'eil a' faighinn an sàth cadail. Feadhainn a tha
a ghnàth iomaguineach. Feadhainn nach urrainn am biadh a chnàmh gu
ceart. Fanaidh iad mar tha iad fo'n luchd dòlais, nuair nach 'eil aca r'a
dheanamh a chum togail a chur fodhpa, ach fios a chur air toir botull
de HALL'S WINE.

Nochdaidh a' cheud làn gloine de HALL'S WINE an cumhachd a th' ann.
Feuch thusa.e. Iarr am botul mòr úr air 3/6. 'S e is féarr agus is saoire.

89, HALL'S WINE, BOW, LONDON.